



Marker, Viktoria Luise (2019) *Litreachas na Gàidhlig à Sealann Nuadh*. MPhil(R) thesis.

<https://theses.gla.ac.uk/40943/>

Copyright and moral rights for this work are retained by the author

A copy can be downloaded for personal non-commercial research or study, without prior permission or charge

This work cannot be reproduced or quoted extensively from without first obtaining permission in writing from the author

The content must not be changed in any way or sold commercially in any format or medium without the formal permission of the author

When referring to this work, full bibliographic details including the author, title, awarding institution and date of the thesis must be given

Enlighten: Theses

<https://theses.gla.ac.uk/>  
[research-enlighten@glasgow.ac.uk](mailto:research-enlighten@glasgow.ac.uk)

# Litreachas na Gàidhlig à Sealann Nuadh

Viktoria Marker  
M.A. Urramach (Glaschu)

Air a chur a-steach mar riarachadh airson feumalachdan  
ceum Maighstireachd (MPhil (R))

Sgoil nan Daonnachdan  
Oilthigh Ghlaschu  
Dàmhair 2018

## Geàrr-chunntas

Tha an rannsachadh seo a' sgrùdadh eilthireachd agus tuineachadh ann an Sealann Nuadh eadar 1850 agus 1914 tro phrosbaig Ghàidhealach. Thathar a' cleachdadh phrìomh-thùsan Gàidhlig à Sealann Nuadh airson anailis a dhèanamh air fèin-fhiosrachadh nan Gàidheal ann a bhith a' siubhal gu, a' tuineachadh ann an Sealann Nuadh. Chaidh prìomh-thùsan a chleachdadh a ghabhas cruth colbhan irisean, litrichean, leabhranan, agus cairt-phuist. Gus dealbh iomlan fhaighinn air an litreachas Gàidhlig a tha ann agus so-ruigsinneach ann an Sealann Nuadh, thèid sùil a thoirt air na culaidhean-brosnachaidh a tha air cùl stèidheachadh a' chorpais-litreachais. Tha susbaint an litreachais ga mheasadh a thaobh na buaidhe a bha aig an t-seann dùthaich, buaidh na dùthcha ùire, agus buaidh eilthireachd air inntinn nan Gàidheal. Tha an dòigh-obrach sin ga dhèanamh comasach amas an litreachais a sgrùdadh. Cuirear gu deuchainn trì coltachdan; 's i a' chiad dhiubh gun deach litreachas Gàidhlig a chruthachadh ann an Sealann Nuadh mar thoradh air iomairt mearachdan agus aimhreit a bha air èirigh ann am Breatainn tron 18mh agus 19mh linn a sheachnadh; tha an dàrna coltachd a' cur mun aire gum b' i an dùthaich ùr, freagarrachd a h-àrainneachd agus pailteas a goireasan nàdarra, a thug an t-saorsa do na Gàidheil litreachas a chruthachadh agus am fèin-aithne a dhaingneachadh; mu dheireadh thall, thathar a' deasbad gur e eilthireachd, thairis air a h-uile factar eile, a dheimhinnich stèidheachadh agus cuspair litreachas na Gàidhlig ann an Sealann Nuadh.

## Clàr-innse

Geàrr-chunntas	2
Buidheachas	4
Ro-ràdh	6
- Lèirmheas Litreachas	10
- Dòigh-obrach	23
Caibideal a h-aon: Buaidh Na Seann Dùthcha	26
- Ro-ràdh	26
- Colonaidh stèidhichte air strì is aimhreit	28
- Gaisgich ùra	31
- Fèinealachd no fèin-eisimeileachd?	33
- Beachdan ùra an t-Soillseachaidh	36
- Foghlam – tidsearan Gàidhlig ann an Sealann Nuadh	38
- Slàinte spioradail – ministearan Gàidhlig ann an Sealann Nuadh	41
- Co-dhùnadh	44
Caibideal a dhà: Buaidh Na Dùthcha Ùire	46
- Ro-ràdh	46
- Sealann Nuadh – pàrras an fhir-imrich mhisneachail agus oidhirpich	47
- Ro thrang airson sgrìobhadh – atharrachadh phrìomhachasan	52
- Oidhirpean ath-chuimhneachadh	53
- Coire nan eilthireach Gàidhealach	59
- Bho ath-chuimhneachadh gu ath-dhùsgadh	63
- Colbhan an <i>Southern Cross</i>	64
- Co-dhùnadh	67
Caibideal a trì: Buaidh Eilthireachd	70
- Ro-ràdh	70
- Arcadia	72
- Atamachadh	75
- Co-chruinneachadh nan Gàidheal	79
- An strì airson fèin-aithne Gàidhealach	81
- Olc an atamachaidh	88
- Co-dhùnadh	92
Co-dhùnadh	94

Earr-ràdh	99
Clàr-leughaidh	108

## Buidheachas

Tha mi ag iarraidh taing a thoirt do Sheila Kidd agus Aonghas MacCoinnich airson an sàr-stiùiridh a thug iad dhomh a thaobh an tràchdais seo, tagradh PhD, agus tagradh mo chiad cho-labhairt.

Bha e comasach dhomh an rannsachadh seo a dhèanamh air sgàth na taice fiadhlaidh a fhuair mi bho Sgoileireachd MhicIlleathain. Bu mhath leam taing a thoirt do theaghlach MhicIlleathain agus do dh'Oilthigh Ghlaschu airson sin.

Cuideachd, mar phàirt dhem rannsachadh, bha cothrom agam siubhal gu Sealann Nuadh gus tadhal air diofar leabharlannan agus tasglannan. Tha mi an comain Urras Catherine MacCaig, Tochradh Eachdraidh na h-Alba, agus Duais-taice Rannsachaidh airson a' mhaoineachaidh a chaidh thoirt dhomh. Às aonais an turais gu Sealann Nuadh, cha bhitheadh pàirt mòr, cudromach de na prìomh-thùsan Gàidhlig, a bhiadhas mo thràchdas, agam.

## Ro-ràdh

Nam ‘fògarraich thoileach’<sup>1</sup> no nam baoghlairean dàna, thug na h-eilthirich Ghàidhealach an cainnt leotha thar a’ chuain gu ruige an dachaighean ùra. Ann an òran, ‘Moladh Na Gaelic,’ thog Aonghas Cameron Robertson air uile-làthaireachd na Gàidhlig, ‘Tha i ’n torman an t-sruthan a steallas le beinn, / ’S air sgiathan na gaoidh, ag osnadh ’s a seinn; / Mactala nan creagan ’ga togail thar chuan, / ’S gach ait a bhìel Gaidheal a’ duthaich nam buadh.’<sup>2</sup> Tha òran Robertson a’ toirt fianais do mhairsinneachd na Gàidhlig ann an Sealann Nuadh gus an 20mh linn. Tha an tràchdas seo a’ toirt sùil air litreachas na Gàidhlig à Sealann Nuadh. ’S e amas an rannsachaidh leudachadh air sgoil eòlais an *diaspora* Ghàidhlig le bhith a’ sgrùdadh litreachas nan Gàidheal a thuinich ann an Sealann Nuadh eadar 1850 agus 1914.

Le bhith a’ dèanamh anailis air làthaireachd agus susbaint litreachas Gàidhlig à Sealann Nuadh, thathar a’ cur gu dùbhlán a’ bheachd choitcheinn gun deach Gàidhlig à sealladh ann an Sealann Nuadh às dèidh don chiad ghinealach de dh’eilthirich Ghàidhealach bàs fhaighinn.<sup>3</sup> Tha prìomh-thùsan Gàidhlig a chaidh a chruthachadh tron 19mh linn agus aig toiseach an 20mh linn a’ dearbhadh nach i a’ Ghàidhlig a chaidh à sealladh ann an Sealann Nuadh, ach eachdraichean le comas Gàidhlig aithneachadh agus a leughadh. Gu ruige seo, chaidh eachdraidh Sealainn Nuaidh innse le taic prìomh-thùsan Beurla. Tron phrosbaig Ghàidhealach, ge-tà, tha eileamaidean a bharrachd gan cur ri sgeul na dùthcha agus a sluaigh. Mar fhrèam-obrach, tha an rannsachadh seo stèidhichte air teòiridhean eachdraidheachd William Pemberly Reeves<sup>4</sup>, William Ball Sutch<sup>5</sup>, agus Miles Fairburn<sup>6</sup>. Chuir an triùir eachdraichean leasachaidhean ann an Sealann Nuadh as leth chumhachdan eadar-dhealaichte. Na chunntas air eachdraidh Sealainn Nuaidh, chuir Reeves cuideam sònraichte air buaidh na dùthcha ùire air gnìomhan agus co-dhùnidhean luchd-tuineachaidh Sealainn Nuaidh. Air an làimh eile, sgrìobh Sutch gum b’ e Breatainn, an seann dùthaich, a thug air an luchd-tuineachaidh a bhith air tòir

1 Rebecca Lenihan, *From Alba To Aotearoa – Profiling New Zealand’s Scots migrants 1840-1920* (Dunedin 2015), 60.

2 Angus Cameron Robertson, *Echoes from Beyond the Wave*. (Dunedin, 1912), 22. Bha Robertson na bhàrd do Chomann Gàidhlig Sealainn Nuaidh aig toiseach an 20mh linn. Eadar 1910 agus 1940, chaidh grunn cruinneachaidhean bàrdachd agus òran (cuid dhiubh ann an Gàidhlig) fhoillseachadh fo ainm Robertson. Tha òrain Robertson a’ dèiligeadh ri caochladh de chuspairean; nam measg tha poilìtigs, àite breith (an t-Eilean Sgitheanach) cultar agus cànan nan Gàidheal, agus Ìmpireachd Bhreatainn. (faic Evelyn Entwistle, *The History of the Gaelic Society of New Zealand – 1881 – 1981* (Dunedin, 1981), 59.)

3 Tha rannsachadh Rebecca Lenihan air eilthirich Albannach ann an Sealann Nuadh a’ sealltainn gun tàinig na Gàidheil chun na dùthcha ùire cho tràth ri 1840 (no fiù ’s ron a’ sin air bàtaichean-seilge na muice). Thar cheann, bha na h-eilthirich eadar 23.5 agus 26.4 bliadhna a dh’aois nuair a ràinig iad Sealann Nuadh. (Rebecca Lenihan, *From Alba To*, 38 & 113.) Uime sin agus a rèir Tom Brooking, bhiodh Gàidhlig air dol à sealladh mu na 1880an. (Tom Brooking, “Sharing out the Haggis”, ann an Tom Brooking and Jennie Coleman, *The Heather and the Fern; Scottish Migration & New Zealand Settlement* (Dunedin, 2003), 49-65. (54).)

4 W.P. Reeves, *The Long White Cloud* (London, 1898).

5 W.B. Sutch, *The Quest For Security in New Zealand 1840-1966* (Oxford, 1966).

6 Miles Fairburn, *The Ideal Society and its Enemies* (Auckland, 1989).

leasachaidhean nach do dh'ath-aithris an t-ana-cheartas a dh'fhuiling iad san t-seann dùthaich. A rèir Miles Fairburn, b' e eilthreachd, agus na droch bhuidhean a dh'adhbhraich i, a thug cumadh don cholonaidh agus don t-sluagh. Le bhith a' co-theacsachadh litreachas na Gàidhlig sna teòiridhean eachdraidheachd sin, sgrùdar na h-amasan a bha aig na Gàidheil le bhith a' cruthachadh agus a' taisbeanadh litreachas ann an Gàidhlig; tuigear carson a thòisich na Gàidheil litreachas Gàidhlig a chruthachadh agus a sgaoileadh ann an Sealann Nuadh; tuigear carson a thug e nas fhaide dhaibh litreachas cunbhalach a chruthachadh; agus tuigear carson a chrion litreachas na Gàidhlig ann an Sealann Nuadh beag air bheag.

Dh'fhàg tachartasan a dh'èirich ann an Alba san 18mh agus san 19mh linn na Gàidheil le fèin-fhiosrachadh a bhuilich an t-aithneachadh 'an dream an-fhoiseil' orra is iad air an sgaoileadh agus a' tuineachadh air feadh an t-saoghail.<sup>7</sup> Air sgàth èiginn teachd an tìr a thàinig air a' Ghàidhealtachd mar thoradh air ath-structaradh àiteachais agus malairteachadh talamh-àitich sna 1830an agus sna 1840an, lùghdaich cothroman airson sgalagan agus searbhantan adhartachadh bho obair-thuarastail gu teanantachd.<sup>8</sup> Le fortan nan tuathanach màil gu tìr an eisimeil air an uachdaran, chunnacas eilthreachd mar an t-aon dòigh neo-eisimeileachd agus co-ionannachd a choileanadh.<sup>9</sup>

Mar cheann-ùidhe eilthreachd, bha Sealann Nuadh gu sònraichte tarraingeach do dh'eilthirich a bha air tòir fearann agus neo-eisimeileachd. Suidhichte aig oir na h-Ìmpireachd Bhreatainn, agus nas fhaide air falbh na gin de na colonaidhean Breatannach eile, dh'fhàs Sealann Nuadh gu bhith na shamhla airson Tìr a' Gheallaidh. Cha b' e pailteas ghoireasan nàdarra, an t-side chàilear, agus an talamh torrach a-mhàin a thàlaidh na Gàidheil gu Sealann Nuadh, ach cuideachd gealladh an toisich às ùr agus a' chothroim seann mhì-cheartasan a chàradh agus a leasachadh. Ann an co-theacs eachdraidh Sealainn Nuaidh, tha àireamh bheag de Ghàidheil ga chleachdadh le eachdraichean mar 'Ghàidheil shuaicheanta'.<sup>10</sup>

Tha e deatamach pàirt nan eilthreach Gàidhealach ann an Sealann Nuadh ath-sgrìobhadh. Airson beatha Gàidheil Sealainn Nuaidh agus làthaireachd

7 Marjory Harper, *Adventurers & Exiles; The Great Scottish Exodus* (London, 2004), 1.

8 Ibid., 61 & 63.

9 Ibid., 62-63.

10 Mar eisimpleir, chithear gu tric ainm Iain MhicCoinnich a' nochdadh ann an eachdraidhean Sealainn Nuaidh. (Faic td. 40 airson cunntas air beatha is obair MhicCoinnich. Tha sgeul beatha MhicCoinnich comharraichte le a ghràin agus a stri an aghaidh mi-ghnàthachadh cumhachd nan uachdaran-fearainn is e air droch bhuaidh nam Fuadaichean fhidir mus tàinig e gu Sealann Nuadh ann an 1860. Bha MacCoinnich gu math an sàs ann an saoghal poilitigeach na dùthcha ùire. Ged a bha MacCoinnich na cheannard do Chomann Gàidhlig Sealainn Nuaidh eadar 1894 agus 1901, bha e air bacadh a chur air a theaghlach bho bhith a' bruidhinn Gàidhlig aig an taigh. B' e a b' adhbhar do shìn gum faca e a' Ghàidhlig mar chnap-starra da chuid Bheurla agus da chothroman adhartachadh ann an Sealann Nuadh.<sup>10</sup> (Eric Richards, "The Last of the Clan and Other Highland Emigrants", *The Heather and the Fern*, 33-47 (35). Faic cuideachd Tom Brooking, *Lands For The People? The Highland Clearances and the Colonisation of New Zealand – A Biography of John McKenzie* (Dunedin, 1996).)



litreachas Gàidhlig Sealainn Nuaidh a mheasadh gu h-ìomchaidh, feumar coimhead thar sgeul-beatha ‘Ghàidheal suaicheanta’. Chàin Michael Newton gu h-ìomchaidh an droch chleachdadh a bhith a’ comharrachadh dìleab nan eilthireach Albannach le bhith a’ trusadh agus a’ sgeadachadh liosta de Ghàidheil a bha buadhmhor air sgàth an cumhachd poiliteigeach, an soirbheas ionmhasail, an comasan mar luchd-gnìomhachais, agus an coileanaidhean ealanta.<sup>11</sup> Tha an rannsachadh seo a’ feuchainn ris a’ chleachdadh sin a sheachnadh le bhith a’ sgrùdadh sgrìobhaidhean Gàidhlig a chaidh a dhèanamh le sgrìobhadairean neo-ainmichte agus a dh’amais air a’ choimhearsnachd Ghàidhealaich gu h-àraidh.<sup>12</sup> Ann a bhith a’ sealltainn agus a’ sgrùdadh an litreachais Ghàidhlig a tha an làthair à Sealann Nuadh, chan eilear a’ feuchainn ri eachdraidh an luchd-tuineachaidh Eòrpach ann an Sealann Nuadh ath-mhìneachadh. Chan e amas an tràchdais seo fèin-eòlas nan Gàidheal ann a bhith a’ tuineachadh agus a’ stèidheachadh sòisealtas ann an Sealann Nuadh a shuidheachadh fa leth bho fhèin-eòlas an luchd-tuineachaidh Eòrpach eile. Bha na Gàidheil, cuideachd, an sàs ann an colonachadh na dùthcha ùire; mar phàirt den phròiseas colonachaidh, ghabh iad pàirt ann am fuadachadh nam Māori agus cur-às do chultar agus do chànan nam Māori. Tha an t-ana-ceartas a dh’fhuiling na Māori fo làimh nan Gàidheal gu tric ga fhalach le cunntasan air an dàimh shitheil eadar Māori Eilean a Deas agus Gàidheil a thuinich ann an Otago agus Tir a Deas. Tha Angela McCarthy a’ tiort iomradh air cunntasan Albannach a thuinich ann an Otago ann an làithean tràtha a’ cholonaidh a chanas, ‘*The natives are quiet, peaceful, harmless creatures.*’<sup>13</sup> Is math dh’fhaoidte gun robh dàimh luchd-tuineachaidh Eilean a Deas agus Māori Eilean a Deas nas sìtheile. Mhòthaich Jim Hewitson gun do dh’fhàs Māori agus na h-Albannaich gu math dlùth, gu h-àraidh ann an Otago. Bha dàimh cho dlùth eatarra gun tug e ioghnadh air Albannaich a thàinig bho Eilean a Tuath gus tadhal air Eilean a Deas blas làidir, Albannach a chluinntinn air cainnt nam Māori ionadail.<sup>14</sup> Tha colonachadh sìtheil fhathast na cholonachadh, ge-tà, agus tha crìonadh cultar is cànan nam Māori na fhianais air sin. Gu minig, thathar a’ sgrìobhadh mu ìoranas suidheachadh nan Gàidheal ann an Sealann Nuadh. Leis gun deach na Gàidheal fhuadachadh far tìr an àraich, bidh e a’ cur ioghnadh air cuid de dh’eachdraichean gun do dh’aontaich na Gàidheil ri bhith a’ fuadachadh nam Māori bhon fearann.<sup>15</sup> Bidh sgrùdadh thùsan Gàidhlig nach deach a thoirt gu follais gu ruige seo a’

11 Michael Newton, *Seanchaidh na Coille: The Memory-Keeper of the Forest: Anthology of Scottish-Gaelic Literature of Canada* (Sydney, 2015), 1.

12 Gu tric, cha do chuir sgrìobhadairean an ainmean fon sgrìobhaidhean. Tha sin a’ leigeil leis an rannsachadh aire a thoirt air subsaint agus amas an litreachais seach beatha agus buaidh nan sgrìobhadairean.

13 Hocken Library, *Letters from Otago, 1848-1849* (Dunedin, 1978), p.12, in A. McCarthy, *Scottishness and Irishness in New Zealand since 1840* (Manchester, 2011), 187.

14 Jim Hewitson, *Far Off In Sunlit Places – Stories of the Scots in Australia and New Zealand* (Edinburgh, 1998), 163.

15 Ibid., 161.

sealltainn dòigh-obrach agus dòigh-smaoineachaidh nan Gàidheal a bha air  
tòir stèidheachadh agus glèidheadh coimhearsnachd Ghàidhealach air taobh  
eile an t-saoghail.

## Lèirmheas Litreachais

Tha Tom Brooking a' cur crìoch air a' chaibideal, 'Sharing Out the Haggis: The special Scottish contribution to New Zealand history,' le iomradh air a 'liosta-miann' airson cuspairean ùra rannsachaidh.<sup>16</sup> San àm ri teachd, bu mhath leis rannsachadh fòcusaichte fhaicinn air Gàidheil nan Eileanan Siar agus Gàidheil Chaitligeach ann an Sealann Nuadh. Chan e dìreach gu bheil rannsachadh fòcusaichte air sgeulachd Gàidheil Sealainn Nuaidh gann, ach cuideachd, tha rannsachadh air buaidh chultarail, phoilitigeach, agus eaconamach nan Albannach ann an Sealann Nuadh dìreach air nochdadh o chionn goirid. Ann an sia leabhraichean a chaidh fhoillseachadh sna trì deicheadan mu dheireadh, gheibhear pàirt mòr de dh'fhiosrachadh sgoileireil mu bhuaidh nan eilthireach Albannach ann an Sealann Nuadh.

Tha sgoileireachd mu bhuaidh nan eilthireach Albannach gu mòr an eisimeil air Tony Simpson.<sup>17</sup> Ann an *The Immigrants – The Great Migration From Britain To New Zealand, 1830 – 1890*, tha Simpson ag ràdh gu bheil dà dhiofar feallsanachd eachdraidheachd ri fhaicinn ann an tuigse sgoileirean air freumhan sòisealtas Sealainn Nuaidh. Tha a' chiad mhodh eachdraidh stèidhichte air ro-innleachd an sgoileir, W. P. Reeves. A rèir Reeves, 's e pròiseasan nàdarra a dh'adhbhraich leasachaidhean ann an Sealann Nuadh. Tha na pròiseasan sin rin cur às leth '*colonial immigrant society*' a bha ga stiùireadh le '*creative political forces*' na dùthcha ùire, saoire.<sup>18</sup> Tha an dàrna modh eachdraidh a' tarraing air sgoileireachd W. B. Sutch. Sgrìobh Sutch nach e pròiseasan nàdarra a dheimhinnich leasachaidhean poilitigeach, eaconamach, agus sòisealta, ach pròiseasan strì.<sup>19</sup> Leis na dearbh adhbharan a thug orra an dùthaich mhàthaireil fhàgail air an cur romhpa, mar eisimpleir luchd-fearainn uasal, chuir na h-eilthirich taic ri leasachaidhean a rinn diofar do bhun-stèidh Sealainn Nuaidh.<sup>20</sup> Fhad 's a tha a' chiad mhodh eachdraidh a' gabhail a-steach fhactaran leithid an àrainneachd ùr agus feallsanachd an 'tòisich as-ùr', tha an dàrna modh eachdraidh a' toirt barrachd for don bhuaidh a bh' aig an t-seann dùthaich air àrd-amasan, prìomhachasan, agus gnìomhan nan eilthireach san dùthaich ùir.

Chaidh an dà theòiridh a chur gu dùbhlán le teòiridh eachdraidheachd eile o chionn goirid. Mhol an eachdraiche Miles Fairburn gur e '*responses at a much more private and personal level to the individual distress caused by*

<sup>16</sup> Brooking, 'Sharing out the Haggis', ann an Brooking and Coleman, *The Heather and the Fern*, (64-65).

<sup>17</sup> Tony Simpson, *The Immigrants – The Great Migration From Britain To New Zealand, 1830 – 1890* (Auckland 1997).

<sup>18</sup> W.P. Reeves, *The Long White Cloud* (London, 1898).

<sup>19</sup> W.B. Sutch, *The Quest For Security in New Zealand 1840-1966* (Oxford, 1966);

W.B. Sutch, *Poverty and Progress* (Wellington, 1969).

<sup>20</sup> Simpson, *The Immigrants*, 10.

*the atomisation which is part of the colonial experience,*’ a thug buaidh do leasachaidhean ann an Sealann Nuadh.<sup>21</sup> Tha Fairburn a’ togail air iomallachd shòisealta, structaran lag aig ìre coimhearsnachd, dìth bhannan sòisealta, misg, agus fòirneirt. ’S iad seo feartan a bha cumanta ann an Sealann Nuadh san 19mh linn.<sup>22</sup> An àite a bhith a’ coimhead air Sealann Nuadh air neo Breatainn airson anailis shòisealtas Sealainn Nuaidh, tha Fairburn a’ toirt prìomhachas do bhuidheann colonachd.<sup>23</sup>

Tha Simpson fhèin a’ gabhail steall à gach teòiridh. Bho iomradh air staid Bhreatainn san 18mh agus 19mh linn, an Tionndadh Gnìomhachais agus an Tionndadh Àiteachais, gu cunntasan pearsanta nan eilthireach san dùthaich ùir, tha Simpson a’ toirt for do chùisean a bhuin don t-seann dùthaich agus don dùthaich ùir. Tha fòcas Simpson air tachartasan an ama a dh’fhalbh a dh’adhbhraich staid Sealainn Nuaidh san latha an-diugh. Le adhartas agus staid làthaireach na dùthcha air aire Simpson, chan e iongnadh a th’ ann nach eil e a’ toirt iomradh air Gàidheil mar bhuidheann eilthireach fa leth.

Tha an leabhar *The Heather and the Fern – Scottish Migration & New Zealand Settlement* a’ sealltainn atharrachadh ann an dòigh-sgrùdaidh buaidh nan eilthireach ann an Sealann Nuadh.<sup>24</sup> Fhad ’s a chleachd Simpson sgeulachdan pearsanta nan eilthireach gus deasbad air cuspairean farsaing leithid staid Bhreatainn, comhdhail gu Sealann Nuadh, na diofar àitichean-tuineachaidh, agus na mòr-roinntean adhartachadh, tha *The Heather and the Fern* ag amas air eòlas agus mothachadh air na h-eileamaidean Albannach ann an eachdraidh agus cultar Sealainn Nuaidh a chomharrachadh.

Tha John MacKenzie a’ ceartachadh a’ mhiotais choitcheann gum b’ e fògarraich a bh’ anns a’ mhòr-chuid de dh’Albannaich a thàinig gu Sealann Nuadh san 19mh linn. Tha e a’ comharrachadh gun do bhuin Albannaich Sealainn Nuaidh do bhuidheann de dh’eilthirich roghnachail seach èignichte.<sup>25</sup> Tha am beachd-smuain sin air a leudachadh le Eric Richards a tha ag aithneachadh, ‘*The Highlanders and Islanders were certainly amongst the most historically photogenic of British exiles.*’<sup>26</sup> Tha an tuigse gur e fogarraich a bh’ anns na h-eilthirich Ghàidhealach a’ cluich leis a’ bheachd nach b’ e an roghainn a bh’ ann. Na alt, ‘The Last of the Clan and Other Highland Emigrants’, tha Richards a’ feuchainn ri sgeul agus caractar

---

21 Miles Fairburn, *The Ideal Society and its Enemies* (Auckland, 1989).

22 - agus ann an colonaidhean eile, faic Robert Dunbar, ‘The poetry of the emigrant generation’, *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* Vol. 64 (2008), 22-125.

23 Simpson, *The Immigrants*, 11.

24 Chaidh an leabhar fhoillseachadh còig bliadhna às dèidh co-labhairt Bamforth. Chaidh a’ cho-labhairt a chumail aig Oilthigh Otago ann an 1998. ’S e eilthireachd Albannach gu Sealann Nuadh an cuspair a bha aig cridhe na co-labhairte. Tha an leabhar, *The Heather and the Fern – Scottish Migration & New Zealand Settlement* a’ tarraing air na pàipearan a chaidh a thaisbeanadh aig a’ cho-labhairt. Le caibidealan an leabhair a’ sgrùdadh sgeulachdan agus thùsan eadar-dhealaichte mu na h-eilthirich Albannach, tha an leabhar a’ cur ri eachdraidheachd Sealainn Nuaidh agus eachdraidheachd na h-Alba.

25 John M. MacKenzie, ‘A Scottish Empire? The Scottish diaspora and interactive identities’, ann an Tom Brooking and Jennie Coleman, *The Heather and the Fern – Scottish Migration & New Zealand Settlement* (Dunedin, 2003), 17-32. (25)

26 Eric Richards, ‘The Last of the Clan and Other Highland Emigrants’, *The Heather and the Fern*, 33-47.

an eilthirich Ghàidhealaich a leudachadh rud beag. Air sgàth na buaidhe mòire is oillteill a bh' aig na Fuadaichean air na Gàidheil agus a' Ghàidhealtachd, tha e na chleachdadh am measg cuid de dh'eachdraichean eilthireachd nan Gàidheal a chur as leth nam Fuadaichean. Tha Richards a' togail air a' bheachd choitcheann sin, a thaisbeanas eilthirich Ghàidhealach mar fhulangaidhean dàn cruaidh is iad gan sgaoileadh air feadh an t-saoghail gun mhiann is gun deòin. Ged a tha an t-eachdraiche ag aithneachadh nach eil e airson, '*disturb or dispense with this moving picture,*' tha e a' cur '*other shades*' ris a thabhainneas dealbh nas iomlaine air na h-eilthirich Ghàidhealach.<sup>27</sup> Tha an rannsachadh aige a' sealltainn gun robh ìre de roghainn aig na h-eilthirich Ghàidhealach. Tha e a' dearbhadh gun robh daidhneamaigean eadar-dhealaichte ag obair air eilthireachd roghnachail an coimeas ri eilthireachd èignichte, gu h-àraidh a thaobh glèidheadh cultar. Tha sin gu h-àraidh cudromach gus làthaireachd litreachas na Gàidhlig ann an Sealann Nuadh a mhìneachadh. Tha Richards ag argamaid, '*The more successful the emigration, the less likely the maintenance of cultural forms.*'<sup>28</sup> Tha e a' cur taic ris a' bheachd gur e comharra soirbheas a bh' ann an co-aonadh leis a' chultar chumhachdail. Tha Richards a' tabhann tuairisgeul air beatha cuid de theaghlaichean aithnichte, Gàidhealach a rinn eilthireachd gu Sealann Nuadh agus Astràilia, leithid Tormod MacLeòid.<sup>29</sup> Ach a-mhàin sgeul farsaing turas agus tuineachadh nan eilthireach, chan eil Richards a' tarraing air fiosrachadh pearsanta nan eilthireach. 'S e 'fiosrachadh cruaidh', stadastaigeil agus oifigeil, a tha ri fhaighinn bho chlàraidhean leithid liostaichean luchd-siubhail, clàraidhean pòsaidh agus bàis, agus *Leabhar mòr-eòlais Sealainn Nuaidh*<sup>30</sup> a tha nan cnàimh-droma do alt Richards. Le bhith a' sgrùdadh dìleab sgrìobhte nan eilthireach Gàidhealach, gabhaidh dathan a bharrachd a chur ri dealbh an luchd-tuineachaidh Ghàidhealach agus a' bhuidhe a bh' aca air sòisealtas Sealainn Nuaidh. Ged a tha Tom Brooking ag aithneachadh miann nan Albannach co-choslachadh leis an t-sòisealtas ùir cho luath 's a ghabhadh, tha e cuideachd a' mìneachadh gun robh na h-Albannaich airson am fèin-aithne a

<sup>27</sup> Ibid., 33.

<sup>28</sup> Richards, 'The Last of the Clan and Other Highland Emigrants', ann an *The Heather and the Fern*, 34.

<sup>29</sup> Threòraich MacLeòid buidheann de dh'eilthirich bho Ros an Iar gu Baile Anna, Ceap Breatainn, ann an 1817. Chùm creideamh MhicLeòid a' choimhearsnachd Ghàidhealach sin còmhla tro aonadh cràbhach agus sòisealta. Tritishead bliadhna às dèidh a' chiad thuras, ann an 1847, chuir na *Normanists* romhpa eilthireachd a dhèanamh uair eile, '*in almost Noah-like formation.*' Às dèidh oidhirpean tuineachaidh mhi-shoirbheachail ann an Astràilia a Deas agus Victoria, thuinich MacLeòid agus a choimhearsnachd ann an Waipu ann an 1854. Tha Richard a' togail air cho annasach 's a bha dilse agus dlùth-chomann na coimhearsnachd sin ann an eachdraidh eilthireachd Bhreatainn agus Ghàidhealach. Na rannsachadh, "'No Inclination To Mix With Strangers": Marraige Patterns Among Highland Scots Migrants To Cape Breton And New Zealand, 1800-1916', tha Maureen Molloy a' togail air dlùth-chomann Gàidheil Waipu. Tha a rannsachadh a' sealltainn gun robh pòsadh '*kin-group endogamous*' cumanta am measg cho-oghaichean agus bhràithrean is pheathraichean. Gus na 1870an, cha b' e ach glè bheag de dh'eadar-phòsaidhean a dh'èirich eadar Gàidheil Alba Nuadh agus luchd-tuineachaidh bho thaobh a-muigh na coimhearsnachd. (Richards, 'The Last of the Clan and Other Highland Emigrants', ann an *The Heather and the Fern*, 45.

<sup>30</sup> *The Encyclopedia of New Zealand*, <https://teara.govt.nz/en>.

ghleidheadh.<sup>31</sup> 'S e an staid ioma-fillte sin a tha a' dèanamh eilthireachd agus buaidh nan Albannach ann an Sealann Nuadh nas toinnte na bhathar a' saoilinn gu ruige seo. Fhad 's a tha sgrùdadh chunntasan a dh'fhàg na Gàidheil ann am Beurla a' toirt fianais don oidhirpean co-choslachadh, bidh sgrùdadh nan cunntasan Gàidhlig a' freagairt cheistean mu iomairtean glèidheadh dualchais agus chleachdaidhean traidiseanta. Tha cothrom a' nochdadh bunait teòiridhean Reeves agus Sutch a cheasnachadh. An do nochd litreachas na Gàidhlig ann an Sealann Nuadh air sgàth leasachaidhean a bha pròiseasan nàdarra air adhbhrachadh (leithid saorsa agus cothroman comharraidhean cultarail a thaisbeanadh agus ath-bheòthachadh)? Air neo, an ann air sàillibh bhacaidhean cultarail agus cànanach a dh'fhidir na Gàidheil ann an Alba a chaidh glèidheadh agus cruthachadh litreachas na Gàidhlig a chur air adhart ann an Sealann Nuadh? A thaobh àireamh nan Gàidheil ann an Sealann Nuadh, tha Terry Hearn a' tabhann dealbh reusanta slàn na rannsachadh air mèinneadairean Albannach ann an raointean òir eadar 1861 agus 1870.<sup>32</sup> Mhothaich Hearn gu bheil clàraidhean companaidhean bhàtaichean, liostaichean luchd-suibhail, agus clàraidhean nan sgèamaichean a' dèanamh chùisean nas fhasa eilthirich aithneachadh agus an ciad cheumannan ann an Sealann Nuadh a leantainn. Gidheadh, a bharrachd air an eòlas gun robh na raointean òir ann an Otago agus Costa an Iar tarraingeach do dh'in-imrichean Gàidhealach ann an 1860, chan eil mòran fios ann orra.<sup>33</sup> Tha Angela McCarthy air mìneachadh nach deach rannsachadh a dhèanamh air cunntasan pearsanta nan Albannach ann an Sealann Nuadh san 19mh linn.<sup>34</sup> Tha McCarthy a' cur mun aire gur e tùs sònraichte a th' ann an cunntasan pearsanta. Le bhith gan cleachdadh, gabhaidh sgeul toinnte eilthireachd ath-thogail. On a chaidh leabhar Simpson fhoillseachadh, dh'adhartaich beachdan agus dòighean-obrach sgoileirean a thug sùil air buaidh nan eilthireach Albannach. Gu follaiseach, cha ghabh na h-eilthirich a làimhseachadh mar bhuidheann aon-seòrsach. Tha ùghdaran *The Heather and the Fern* nas fhosgailte don a bhith a' cleachdadh meanbh-eachdraidh. Tha alt Richards fhathast a' cleachdadh teòiridh sàr-fhir, ge-tà. 'S e bhith a' mìneachadh co-choslachadh cultarail agus crìonadh a' chultair Ghàidhealaich a tha fa-near do Richards na alt, 'The Last of the Clan and Other Highland Emigrants'. Tha làthaireachd na Gàidhlig ann an Sealann Nuadh a' cur mun aire gum feumar dòigh-sgrùdaidh a chleachdadh nach toir aire air na sàr-fhir ach air daoine cumanta nach lorgar ann an *hall of fame* muinntir Sealainn Nuaidh. Chan eil na sàr-fhir Ghàidhealach a'

31 Tom Brooking, 'Sharing of the Haggis', ann an *The Heather and the Fern*.

32 Terry Hearn, 'Scots Miners In The Goldfields, 1861 – 1870', *The Heather and the Fern; Scottish Migration & New Zealand Settlement* (Dunedin, 2003), 67-85.

33 Ibid., 84.

34 Angela McCarthy, 'For Spirit and Adventure': Personal accounts of Scottish migration to New Zealand, 1921 – 1961', *The Heather and the Fern; Scottish Migration & New Zealand Settlement* (Dunedin, 2003) 117- 132.

riochdachadh mòr-shluaigh nan Gàidheal. Ma thathar airson litreachas na Gàidhlig agus dileab nan Gàidheal san fharsaingeachd a sgrùdadh, feumar sùil a thoirt air eachdraidh nan daoine chumanta. Coileanar sin le bhith a' cleachdadh teòiridh 'eachdraidh a' bheatha làitheil'. Tha meanbh-eachdraidhean ag amas air a bhith ag aithneachadh '*broader contours of social and cultural landscape*' le bhith a' sgrùdadh beatha duine a-mhàin no teaghlaich.<sup>35</sup>

Tha dòigh-obrach meanbh-eachdraidh follaiseach ann an leabhar Angela McCarthy, *Scottishness and Irishness in New Zealand since 1840*. 'S e caochladh de thùsan sgrìobhte, labhairte, agus lèirsinneach a tha McCarthy a' cleachdadh na rannsachadh gus for a thoirt do '*...thoughts and feelings of groups and individuals [that] are rarely considered.*'<sup>36</sup> 'S ann air tòir comharran fèin-aithne eitnigeach ann an cunntasan Albannach a tha McCarthy. Tha i ag aithneachadh nach coileanar sin le bhith a' cleachdadh teòiridh 'sàr-fhir' a-mhàin on a tha cur-an-cèill fèin-aithne, '*twisted when propagated by those who have achieved prominence.*'<sup>37</sup> Ged a tha McCarthy a' dèanamh oidhirp feartan Albannach a sgrùdadh, tha beàrnan mòra follaiseach san leabhar is McCarthy a' dèanamh dearmad air tùsan Gàidhlig, Gaeilge, Beurla Ulaidh, agus Beurla Ghallda. '*While sources in the Irish, Ulster Scots, Scottish Gaelic, and Scots languages have not been utilised in this study, documents in English reveal considerably insight into these elements of the linguistic identities of Irish and Scottish migrants.*'<sup>38</sup> A dh'aindeoin an dearmaid sin, tha McCarthy ag aithneachadh nach deach mòran aire a thoirt do Ghàidhlig, '*except to note the declining use of Gaelic.*'<sup>39</sup>

Tha Tanja Bueltmann, Andrew Hinson, agus Graeme Morton a' toirt sgrùdadh eilthireach Albannach air adhart le bhith a' tabhann mìneachadh air *diaspora*. Aig cridhe an sgrùdaidh, tha tèaman is cruinn-eòlas is iad air an neartachadh le coincheapan teòiridheach agus prìomh-thùsan.<sup>40</sup> Tha Bueltmann et al. a' sealltainn na ghabhas sgrùdadh taobh a-staigh frèam-obrach *diaspora*, mar eisimpleir sgaoileadh creideamh. Ann an co-rèir le *The Heather and the Fern – Scottish Migration & Settlement*, tha *The Scottish Diaspora* a' tabhainn fianais do ioma-fhillteachd *diaspora*, '*...the*

---

35 Ronald Hoffman, "Introduction," in *Through a Glass Darkly*, ed. Hoffman, Sobel, and Teute, vii-viii, in Jill Lepore, "Historians Who Love Too Much: Reflection on Microhistory and Biography", *The Journal of American History*, Vol. 88, No. 1, (Jun., 2011), pp129-144 (132).

36 Angela McCarthy, *Irishness and Scottishness in New Zealand since 1840* (Manchester, 2011), 4.

37 Ibid., 14.

38 Ibid., 7.

39 Ibid., 64.

40 Tanja Bueltmann, Andrew Hinson & Graeme Morton, *The Scottish Diaspora* (Edinburgh, 2013).

*Scottish diaspora is neither holistic nor homogenous across all host countries.*<sup>41</sup>

Tha ùghdaran *The Scottish Diaspora* ag ràdh gu freagarrach nach e ‘*melting pot*’ a bh’ ann an sòisealtas Sealainn Nuaidh, ach ‘*salad bowl*.’ Tha mion-sgrùdadh coincheap agus roinn-seòrsa *diaspora* a’ tabhann, ‘...*a way of understanding the lives of ordinary people*.’<sup>42</sup> San dòigh sin, tha ùghdaran an leabhair ag aithneachadh an ‘*great man bias*’ a bheir fòcas air Albannaich chliùiteach nach eil a’ riochdachadh nan eilthireach Albannach air fad.<sup>43</sup>

Le foillseachadh *Unpacking The Kists – The Scots in New Zealand* ann an 2013 thàinig pròiseact gu pàipear agus gu crìoch a dh’amais air sgeul agus buaidh an eilthirich Albannaich air Sealann Nuadh a chomharrachadh. Choileanadh sin le bhith a’ togail air cuid de na puingean a thogadh ann an *The Heather and the Fern*. ’S e bhith a’ cothromachadh na h-aire a chaidh a thoirt air sgrùdadh nan eilthireach Èireannach ann an Sealann Nuadh prìomh-amas an leabhair.<sup>44</sup> Mar a tha tiotal an leabhair ag ràdh, tha Brad Patterson, Tom Brooking, agus Jim McAloon air cisteachan nan eilthireach Albannach fhosgladh. Tha an dà chuid, a’ chiste sho-bheanailteach, is i làn rudan leithid ‘*the indispensable Gaelic bible*’, agus a’ chiste do-bheanailteach, a tha air a lìonadh le dualchas, creideamh, cànan, agus litreachas, fo sgrùdadh.<sup>45</sup> Tha *Unpacking the Kists* ag aithneachadh aon de na duilgheadasan a dh’èiricheas le sgrùdadh buaidh nan eilthireach Albannach. Gus 1880 bha sòisealtas Sealainn Nuaidh a’ sìor atharrachadh. Mar sin, cha do chuir na h-eilthirich Albannach idir dimeinsean ùr ri sòisealtas stèidhichte Sealainn Nuaidh.<sup>46</sup> An àite sin, ghabh iad pàirt ann an ath-chruthachadh agus ath-chumadh sòisealtas sìor-chaochlaideach. Le atharrachadh a’ sìor dhol air adhart, gun chrìochan soilleir, ’s e cùis dhuilich a th’ ann eileamaidean àraid a chur às leth buidhinn àraid de dh’eilthirich.

Tha an leabhar a’ cleachdadh ‘fiosrachadh cruaidh’ gus beatha an luchd-tuineachaidh Albannach san àrainneachd ùir a sgrùdadh. Thathar a’ dèanamh soilleir gur ann do atharrachadh (*adaptation*) seach neo-ghluasadachd (*stasis*) a tha an rannsachadh a’ toirt for.

Tha *Unpacking the Kists* a’ leantainn slighe nan Albannach bho bhith nan Albannach gu ‘*New Zealand-British*’.<sup>47</sup> ’S ann air mean-fhàs cultar nan Albannach, bho Albannach gu Albannach-Nuadh Sealannach gu Nuadh Sealannach, a tha an rannsachadh seo a-mach. Tha seachd feartan

---

41 Ibid., 25.

42 Ibid., 28.

43 Ibid., 244.

44 Brad Patterson, Tom Brooking, Jim McAloon, *Unpacking the Kists – The Scots in New Zealand* (Dunedin, 2013), 11.

45 Ibid., 3.

46 Ibid., 142.

47 Ibid., 6.



Albannach air an aithneachadh a thug buaidh air sòisealtas Sealainn Nuaidh, 's iad sin: *'Enforcers of Empire; Anglicized Edinburgh; Robert Burns's Agrarian Patriotism and Artisan Democracy; Presbyterianism and the Godly Commonwealth; The State as Kirk Session; Civic Engagement and Liberal Reform; Populism and Socialism'*.<sup>48</sup> Ged a thagh na h-ùghdaran eisimpleirean de dh'eilthirich Ghallda airson buaidh a' mhòr-chuid de na feartan sin a sgrùdadh, tha beatha is gnìomhan Dòmhnall Mhic'illeathain<sup>49</sup>, Gàidheal à Tiriodh, a' nochdadh airson eisimpleir a thoirt do *'Enforcers of Empire'*. A rèir choltais, ma thathar air tòir fiosrachadh mu bheatha nan Gàidheal coitcheann ann an Sealann Nuadh, gheibhear sa mhòr-chuid fios mu Ghàidheil nach robh gan giùlan ann an co-rèir ri modhan Gàidhealach, leithid Dhòmhnail Mhic'illeathain, air neo Gàidheil a bha aithnichte airson am beachdan poilitigeach radaigeach, leithid Iain MhicCoinnich. Tha e a' tighinn am follais gu bheil beàrn ann a thaobh fiosrachadh air Gàidheil nach eil aithnichte airson ghnìomhan buadh-mhor.

Aig toiseach an leabhair, tha na h-ùghdaran ag aideachadh gun robh diofar mòr ann eadar Goill is Gàidheil Albannach. Bha dileab Gàidheil Sealainn Nuaidh co-leaghte, ge-tà, ri dileab nan eilthireach Albannach air fad.<sup>50</sup> A thaobh oidhirpean Gàidhlig agus litreachas na Gàidhlig ath-bheòthachadh ann an Sealann, sgrìobh na h-ùghdaran, *'The pity was that the die was probably already cast.'*<sup>51</sup>

Tha Rebecca Lenihan a' cleachdadh dòighean-obrach uimhireil na leabhar, *From Alba To Aotearoa – Profiling New Zealand's Scots migrants 1840-1920*. Coltach ri rannsachadh a nochdas ann an *The Heather and the Fern* agus *Unpacking the Kists*, tha rannsachadh Lenihan ag aithneachadh cudromachd freumhan nan eilthireach. Tha i a' cur mun aire gu bheil tùs, àite-tuineachaidh, àm ruigsinn Sealainn Nuaidh, agus fiosrachadh pearsanta leithid dreuchd, aois, agus teaghlach nan eilthireach a' dèanamh nam buaidhean soilleir a thug cumadh do shòisealtas Sealainn Nuaidh.<sup>52</sup> Gu h-eadar-dhealaichte bho Bhuelmann et al., chan eil anailis air cinnidheachd agus dileab chultarail nan eilthireach Albannach ann an Sealann Nuadh fànear do Lenihan. Tha i a' toirt sùil air treandaichean agus pàtrain ann an anailisean stadastaigeil. Le sin, tha àireamhachd fèin-fhiosrachadh nan eilthireach ga sgrùdadh ann an co-theacsa farsaing eilthireachd Albannach.

---

48 Ibid., 116.

49 Ann an 1844 chaidh oifis Cosantaireachd nan Tùsanach a bhuileachadh air Mac'illeathain le rùnaire a' cholonaidh, Andrew Sinclair (b' ann à Pàislig a bha Sinclair). Aig an àm sin, bha Mac'illeathain mar-thà fileanta ann am Maori. Seo sgit a bha feumail dha anns a bhith a' faighinn bhlocaichean mòra de dh'fhearann ann an Whanganui agus Rangitikei a bharrachd air fearann ann an Wairarapa agus Hawke's Bay airson an riaghaltais. (*Unpacking the Kists*, 118.) Le Mac'illeathain a bhith an sàs ann an malairt theagmhach fearainn le treubhan Maori ann an Whanganui agus Hawke's Bay, tha ùghdaran *Unpacking the Kists* a' fosgladh ciste a thaisbeanas na Gàidheil mar chom-pàirtichean às-gaidh ann an leasachadh Impireachd Bhreatainn seach mar fhulangachan na rèisime Bhreatainnich.

50 Ibid., 21.

51 Ibid., 245.

52 Lenihan, *From Alba To Aotearoa*, 16.

Gus measadh a dhèanamh air sruth eilthireachd gu Sealann Nuadh, tha Lenihan air ceithir cinn-aimsir san 19mh linn a chomharrachadh; ceann-aimsir Companaidh Sealainn Nuaidh (ro-1852), ceann-aimsir Boile an Òir agus nam mòr-roinntean (1853-70), ceann-aimsir Vogel (1871-86), agus ceann-aimsir an Ìsleachaidh Fhada (1887-86 agus 1901-20). Tha gach ceann-aimsir air a chomharrachadh le tachartasan mòra eaconamach, poilitigeach, agus sòisealta a thug buaidh air sruthan eilthireachd.<sup>53</sup>

Ged a tha ùghdaran nan sia leabhraichean a' toirt iomradh air àireamhan, cùl-fhios, agus gnìomhan cuid de Ghàidheil a ràinig agus thuinich ann an Sealann Nuadh san 19mh agus 20mh linn, chan eil guth aca air litreachas na Gàidhlig à Sealann Nuadh. Cho fad 's a nithear dearmad air tùsan luachmhor Gàidhlig, cha bhi eachdraidh Sealainn Nuaidh coileanta agus ùghdarrasail. Ach a-mhàin leabhar Bev Brett, *Letters to Mac-Talla from John Munro – A Cape Breton Gael in New Zealand 1894-1902*, chan eil leabhar sgoileireach a' gabhail gnothach ri dìleab sgrìobhadairean Gàidhlig Sealainn Nuaidh. Le litrichean Rothaich a' nochdadh ann an Canada seach Sealann Nuadh, tha a' cheist ag èirigh an gabh na litrichean fiù 's a mheasadh mar litreachas Sealainn Nuaidh. A bharrachd air sin, 's e cruinneachadh is eadar-theangachadh litrichean Rothaich a thabhainneas leabhar Brett. Ged a tha na prìomh-thùsan gan cur ann an co-theacsa aimsireil, tha anailis a bharrachd air tèaman agus co-theacsa sòisealta, poilitigeach, agus eaconamach Sealainn Nuaidh aig àm sgrìobhadh nan litrichean a dhith. A thaobh sgrùdadh litreachas nan eilthireach Gàidhealach ann an co-theacsa eadar-nàiseanta, tha Robert Dunbar, Kerry Cardell, Cliff Cumming, agus Michael Newton air guthan nan Gàidheal a rinn eilthireachd gu Canada, Astràilia, agus na Stàitean Aonaichte aithneachadh.

Tha an corpas as motha de litreachas eilthireachd ann an Gàidhlig ri lorg ann an Canada. Na rannsachadh, 'The poetry of the emigrant generation', tha Robert Dunbar a' cleachdadh frèam-obrach cuspaireil airson òrain eilthireach a thuinich ann an Ontario, Eilean a' Phrionnsa, agus Alba Nuadh an Ear a sheòrsachadh agus a mheasadh a thaobh thèaman. Tha Dunbar ag aithneachadh gu bheil prìomh-thùsan Gàidhlig a' tabhann cothrom fèin-fhiosrachadh nan eilthireach Gàidhealach a thuigsinn. A bharrachd air sin, tha litreachas eilthireachd a' sealltainn gun deach seann stoidhlean is gleusan reatoraigeach a chleachdadh ann an dòighean ùra.<sup>54</sup> Tha Dunbar air dà amas aithneachadh air cùl cruthachadh litreachas Gàidhlig ann an Canada; 's iad sin a bhith a' toirt taic is cobhar do na h-eilthirich Ghàidhealach rèite a dhèanamh le fèin-fhiosrachadh eilthireachd agus stèidheachadh coimhearsnachd Ghàidhealach mairsinneach san t-

---

<sup>53</sup> Ibid., 26.

<sup>54</sup> Robert Dunbar, 'The poetry of the emigrant generation', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* Vol. 64 (2008), 22-125 (25).

saoghal ùr. Tha Dunbar a' leantainn air seo is e ag ràdh, '*The emigrant poetry, then, is a poetry of community building.*'<sup>55</sup>

Tha ceithir mòr-thèaman a' tighinn am follais anns a' chorpas litreachais Gàidhlig à Canada. 'S e a' chiad roinn-seòrsa, '*Themes of Old Country Hardship*'. Tha òrain a bhuineas don roinn-seòrsa sin a' taisbeanadh adhbharan nan eilthireach Alba fhàgail. 'S e an t-atharrachadh sòisealta, leis na cinn-cinnidh is na maoir a' gabhail brath air an luchd-gabhaltais, àrdachadh màl, agus caoraich a' gabhail àite nan Gàidheal, cuid de na cuspairean a làimhsichear sna h-òrain sin. Cuide ri droch staid chùisean ann an Alba, tha miann is dòchas gan cur an cèill airson beatha san dùthaich ùir. Às dèidh do na Gàidheil Canada a ruigsinn, tha susbaint is brìgh nan òran ag atharrachadh. Faodar na h-òrain a sheòrsachadh ann am buidhnean ainmichte le Dunbar, 'Òrain dì-molaidh. 'S e grad-fhreagairt do dhòchasan airson beatha san dùthaich ùir a tha sna h-òrain. A bharrachd air sin, tha bochdainn agus droch ghiùlan cuid de thuinichean a' nochdadh mar thèaman. Air cùlaibh nan dì-molaidhean, tha faireachdainn mealladh. Tha iomsgaradh soilleir ann eadar fìorachd chùisean san dùthaich ùir agus na geallaidhean a thug na h-àidseantan eilthireachd do na Gàidheil gus an tàladh gu Canada. Mar fhreagairt do 'Òrain dì-molaidh tha 'Òrain molaidh an t-saoghail ùir' a' leantainn. Tha na h-òrain a' cur an cèill adhbharan eaconamach a thug air na Gàidheil eilthireachd a dhèanamh. 'S e geall fearann saor agus torrach a bha air mòran Ghàidheal a thàladh gu Canada.<sup>56</sup> Gu h-eadar-dhealaichte bho Astràilia agus Sealann Nuadh, chaidh coimhearsnachdan Gàidhealach le siostaman is luachan traidiseanta a stèidheachadh ann an Canada. A bharrachd air an àrainneachd agus ath-stèidheachadh choimhearsnachdan agus chleachdaidhean traidiseanta Gàidhealach, tha bàrdachd molaidh à Canada cuideachd a' gabhail a-steach òrain a mholas luchd-stiùiridh nan coimhearsnachdan ùra. 'S iad sin ministearan agus gaisgich chultarail. Chaidh cuideachd eaglaisean, comainn, agus irisean a mholadh airson an taic anns a bhith a' glèidheadh agus a' sgaoileadh cultar is cànan nan Gàidheal. Tha òrain a dhèiligeas ri, '*Social Solidarity at times of crisis*' gu tric ann an cruth cumha. Thug Dunbar ainm, '*Ethnic Solidarity and Defence of Gaeldom*' air an roinn-seòrsa mu dheireadh. 'S ann ann an stoidhle brosnachadh catha a tha cuid de dh'òrain a nochdas anns an roinn-seòrsa.<sup>57</sup> Tha frèam-obrach cuspaireil Dunbar na dheagh bhun-stèidh airson seòrsachadh agus anailis litreachas eilthireachd.

Ann an sreath de dh'altan, ainmichte 'Gaelic Voices from Australia', tha Kerry Cardell agus Cliff Cumming ag aithneachadh na mearachd a

---

55 Ibid.

56 Ibid., 78.

57 Ibid., 109.

lagaicheas rannsachadh co-aimsireil air eilthireachd Albannach gu Astràilia agus, cuideachd, gu Sealann Nuadh san 19mh linn. A rèir an dithis sgoileirean, tha rannsachadh air a bhith, ‘*methodologically flawed by the failure, to date, to take into account the rich and diverse body of Gaelic verse and prose relating to the emigrant experience.*’<sup>58</sup> Tha Cumming agus Cardell airson a’ mhearachd sin a chàradh le bhith a’ taisbeanadh blas de ghuthan Gàidhlig à Astràilia. ’S e prìomh thùsan ann an cruth litrichean agus sgrìobhaidhean pearsanta eile a tha gan sgrùdadh, ‘*to piece together attitudes and opinions from which the social environment of a particular time, or era, is inferred or constructed.*’<sup>59</sup> Chan e mion-sgrùdadh nan eilthireach Gàidhealach no litreachas nan eilthireach Gàidhealach a tha fa-near do Chumming is Chardell, ach sgrùdadh sòisealtas agus àrainneachd shòisealta, phoilitigeach, agus eaconamach nan colonaidhean Astràilianach. Tha an dithis sgoileirean ag aithneachadh gum feumar guth nan Gàidheal a sgrùdadh airson dealbh iomlan eachdraidh Astràilia fhaighinn. Chan e clàr-leughaidh air neo anailis mhionaideach litreachas na Gàidhlig à Astràilia a tha fa-near do na h-ùghdaran, ach aithneachadh is comharrachadh dìleab chultarail nan Gàidheal ann an Astràilia.<sup>60</sup> A dh’aindeoin fòcas nan altan air sgrìobhaidhean Gàidhlig agus fèin-fhiosrachadh nan Gàidheal, tha guth nan eilthireach Gàidhealach ga mheasadh le dòigh-obrach a bhiodh iomchaidh do litreachas eilthireachd sam bith. Gus ro-mhìneachadh nan tùsan Gàidhlig a sheachnadh, molaidh na h-ùghdaran tuigsinn, ‘*Many of the themes of the letters and diaries of Highlanders might be considered as being typical of any other exile who sat down by their own ‘river of Babylon’ weeping as they remembered their ‘Zion’.*’<sup>61</sup>

Coltach ris na sgrùdaidhean air dìleab nan eilthireach Albannach ann an Sealann Nuadh, tha Cumming is Cardell a’ cleachdadh frèam-obrach agus na tùsan Gàidhlig a sheòrsachadh agus a mheasadh gu h-iomchaidh.

Tha a’ chiad alt a’ dèiligeadh le triall nan Gàidheal is gnothaichean ann an Alba aig àm eilthireachd. ’S iad òrain mun àm mus do dh’fhàg na Gàidheil Alba, geallaidhean nan àidseantan eilthireachd, agus an turas-bàta do dh’Astràilia ris an gabh an t-alt gnothach. San dàrna alt, chithear iomradh air a’ chiad bheachd a bh’ aig na h-eilthirich Ghàidhealach air an dùthaich ùir. ’S e iomagainean agus dùbhlain a bha ro eilthirich a tha gan ainmeachadh san alt.

Tha tèaman prìomh-thùsan an treas alt fo bhuidh dà chumhachd sòsio-eaconamach; ’s iad sin Boile an Òir sna 1850an agus an co-dhùnadh fearainn a’ Chrùin fhosgladh do dh’eilthirich chumanta.<sup>62</sup> Tha Cumming is Cardell a’ seòrsachadh sgrìobhaidhean Gàidhlig a nochd rè àm Boile an Òir

58 Kerry Cardell, Cliff Cumming, ‘Gaelic Voices from Australia’, *Scottish Gaelic Studies* Vol. 19 (1999), 21-58 (21).

59 Ibid.

60 Ibid., 23.

61 Ibid., 24.

62 Cardell, Cumming, ‘Gaelic Voices from Australia Part III’, *Scottish Gaelic Studies* Vol. 25 (2009), 181-234 (182).

is fosgladh fearainn ann am buidheann ‘*later impressions*’.<sup>63</sup> Bha faireachdainnean nan eilthireach Gàidhealach aig an àm sin fo bhuidheann seann phrìomhachasan. Chaidh na prìomhachasan sin gu h-àraidh a chur an cèill san iris, *An Teachdaire Gaidhealach* a chaidh fhoillseachadh ann an Tasmania ann an 1857. Dh’amais deasaiche na h-irise air glèidheadh cultar is cànan nan Gàidheal agus tarraing-còmhla nan Gàidheal a bha sgapte air feadh Astrailia.<sup>64</sup>

Tha an ceathramh pàirt den t-sreath de dh’altan a’ toirt sùil air comainn chultarail nan Gàidheal. Tha ceithir tèamanan gan aithneachadh. ’S iad sin fèin-aithne nàiseanta, gràin-chàileachd, amasan nan comann, agus brìgh an fhacal ‘*Highlandness*’.<sup>65</sup>

Mu dheireadh thall, tha pàirt a còig a’ co-dhùnadh an t-sreatha le iomradh air na Gàidheil agus an cànan. Tha an t-alt a’ leantainn slighe na Gàidhlig bho oidhirpean Gàidhlig a chleachdadh mar dhòigh rèite a dhèanamh leis an àrainneachd ùir, gu stèidheachadh is leasachadh fèin-aithne Gàidhealach ann an dùthaich ùr, gu dol à fianais a’ chànain aig deireadh an 19mh linn. Tha Cardell agus Cumming a’ toirt sùil air rannsachadh Dunbar air litreachas Gàidhlig à Canada. Tha frèam-obrach cuspaireil Dunbar fo sgrùdadh a thaobh iomchaidheachd airson prìomh-thùsan Gàidhlig à Astràilia.<sup>66</sup> Tha Dunbar air mìneachadh na rannsachadh nach eil a fhrèam-obrach iomchaidh airson sgrùdadh litreachas na Gàidhlig à Astràilia. ’S e as adhbhar do shin nach deach air Gàidheil Astràilia coimhearsnachdan Gàidhlig a chruthachadh agus traidisean de bhàird a stèidheachadh gus corpas susbainteach de litreachas a chruthachadh.<sup>67</sup>

A dh’aindeoin nàdar sgapte agus gainnead litreachas na Gàidhlig à Astràilia, tha Cumming agus Cardell ag aithneachadh gu bheil luach nan sgrìobhaidhean Gàidhlig Astràilianach ri lorg sna dearbh feartan sin, ‘...*the fact that these Gaels, some of whom were quite literate in English, bothered to write and compose in Gaelic suggests a continuing strong personal, family and community link with their language and identity no matter what the colonial environment required at the public or official level.*’<sup>68</sup> Le corpas litreachas na Gàidhlig à Sealann Nuadh fiù ’s nas gainne, tha luach a’ chorpais cuideachd ri lorg ann am fìor-làthaireachd an litreachais.

Tha leabhar an sgoileir, Michael Newton, *We’re Indians Sure Enough – The Legacy of the Scottish Highlanders in the United States*, stèidhichte air modh-obrach ioma-chuspaireil. ’S iad diosaplainean litreachais, eachdraidh, sòiseo-eòlais, eòlas-dùthchais, agus eòlas-ceilteach

---

63 Ibid., 182.

64 Ibid., 183.

65 Cumming, Cardell, ‘Gaelic Voices from Australia Part IV’, *Scottish Gaelic Studies* Vol. 27 (2010), 45-108 (45-6).

66 Cumming, Cardell, ‘Gaelic Voices from Australia Part V’, *Scottish Gaelic Studies* Vol. 30 (2016), 5-53 (6).

67 Ibid., 12.

68 Ibid.

air a bheil Newton a' toirt for gus dealbh cho iomlan 's a ghabhas a chur an cèill air dileab nan Gàidheal sna Stàitean Aonaichte.<sup>69</sup> Tha Newton ag aithneachadh laigse sgoileireachd eilthreachd a tha air a' mhòr-chuid de dh'fhiosrachadh a tharraing à tùsan Beurla. Mu òrain eilthreach Gàidhlig, tha Newton ag ràdh gu h-iomchaidh, '*At the very least these songs give us a personal record of the lives and perceptions of Gaels.*'<sup>70</sup> Ann an còig a-mach à sia caibideilean, tha Newton a' toirt sùil air cuspairean ann am bàrdachd Ghàidhlig a ghabhas gnothach ri eilthreachd dha na Stàitean Aonaichte. Tha na còig caibideilean a' dèiligeadh ri tèaman sònraichte; 's iad na tèaman sin staid na Gàidhealtachd san 18mh agus 19mh linn, fèin-fhiosrachadh nan Gàidheal ann a bhith a' fàgail na dùthcha màthaireil is an àrd-amasan airson beatha san dùthaich ùir, am pàirt a bh' aig na Gàidheil ann an strì airson cumhachd ann an Aimeireagaidh, sgaoileadh nan Gàidheal sna Stàitean Aonaichte, agus an dàimh eadar Gàidheil agus buidhnean eitnigeach eile.<sup>71</sup> Le bhith a' cleachdadh dòigh-obrach iomachuspaireil, tha Newton a' suidheachadh na bàrdachd ann an co-theacsa cultarail, poilitigeach, eaconamach, agus cànanach gus dealbh slàn a thabhann de dh'eilthirich Ghaidhealach.

Tha an dàrna caibideil, '*Saoghal briste*', a' taisbeanadh òran a dh'ainmicheas cuid de ghnòthaichean a dh'adhbhraich eilthreachd bhon Ghàidhealtachd gu Aimeireagaidh.<sup>72</sup> 'S iad faireachdainnean call, tiamhaidheachd, fearg, agus bròin a chomharraicheas òran a' chaibideil sin gu h-àraidh.

Tha an treas caibideil, '*A-null gu Saorsa*', a' tabhann dealbh air dòchas agus miannan nan Gàidheal a chuir romhpa an dùthaich mhàthaireil fhàgail airson Aimeireagaidh.

Tha òrain an treas caibideil a' dèiligeadh ri planaichean teaghlach àiteachas, sprèidh, sealg, agus, gu farsaing, còraichean is cleachdaidhean a chaidh a thoirt bhuapa ann an Alba ath-agairt san dùthaich ùir.<sup>73</sup>

'S ann le cath is neo-eisimeileachd a tha an ceathramh caibideil a' dèiligeadh. Aig cridhe nan òran tha dànadas, gaisgeachd, teòmachd catha is cliù nan saighdearan Gàidhealach gan comharrachadh.

Tha òrain a' chòigeamh caibideil air tuineachadh nan Gàidheal sna Stàitean Aonaichte a' sealltainn oidhirpean nan Gàidheal dèiligeadh ri staid mì-sheasmhach nam bliadhnaichean a dh'fhalbh. 'S e call cultar agus na coimhearsnachd Gàidhealaich a tha aig cridhe cuid de dh'òrain a sheòrsaich Newton dhan chaibideil.<sup>74</sup> 'S e cianalas agus fadachd airson na chaidh

---

69 Michael Newton, *We're Indians Sure Enough – The Legacy of the Scottish Highlanders in the United States* (Auburn 2001), 5.

70 Ibid., 27.

71 Ibid., 6-7.

72 Ibid., 42.

73 Ibid., 94.

74 Ibid., 169.

fhàgail (uaireannan o chionn ginealach no dhà) cuid de na tèaman a tha a' nochdadh am fochair faireachdainn call is crìonadh.

### **Co-dhùnadh**

Chaidh an Lèirmheas Litreachais seo a cho-roighneadh ann an dà phàirt. Sa chiad phàirt, chaidh rannsachaidhean a sgrùdadh a thug fòcas làidir air prìomh-thùsan Beurla. Chithear gluasad air adhart bho dhòigh-obrach Simpson a thug aire air leasachaidhean eaconamach, poilitigeach, agus sòisealta ann an eachdraidh Sealainn Nuaidh. Tha an rannsachadh a chaidh fhoillseachadh ann an *The Heather and the Fern* agus *Unpacking the Kists*, cuide ri rannsachadh McCarthy, Bueltmann, Hinson, Morton, agus Lenihan a' sealltainn gun do ghluais fòcas an luchd-rannsachaidh air adhart bho bhith a' toirt prìomhachas do thachartasan mòra, buadhmhor ann an eachdraidh Sealainn Nuaidh chun nan daoine a sheas air cùlaibh nan tachartasan sin. Tha *The Heather and the Fern* a' toirt fianais don atharrachadh a thàinig air an tuigse air eilthireachd gu Sealann Nuadh agus stèidheachadh sòisealtas na dùthcha ùire. Le eilthirich, agus an sgeul ro, rè, agus às dèidh eilthireachd, aig cridhe an rannsachaidh, chaidh barrachd for a bhuileachadh air dileab sgrìobhte an luchd-tuineachaidh. Tha sgrìobhaidhean nan eilthireach Gàidhealach air a bhith a dhìth am measg dileab luchd-tuineachaidh Sealainn Nuaidh gu ruige seo. Gun teagamh, bidh litreachas na Gàidhlig à Sealann Nuadh da dheagh mheudachadh don eòlas a th' ann mar-thà air beatha agus prìomhachasan na feadhna a thug cruth is cumadh do Shealann Nuadh.

San dàrna pàirt, tha an Lèirmheas Litreachais a' stiùireadh aire an leughadair do sgrùdaidhean làthaireach air litreachas Gàidhlig nan eilthireach a chaidh gu Canada, na Stàitean Aonaichte, agus Astràilia. Tha rannsachadh air litreachas na Gàidhlig à Sealann Nuadh air a dheagh shuidheachadh am measg rannsachadh air litreachas eile nan eilthireach Gàidhealach. Tha coltas air, ge-tà, nach gabh na frèamaichean-obrach a chaidh a stèidheachadh agus a chleachdadh le Dunbar, Cardell, Cumming, agus Newton a chleachdadh airson litreachas Gàidhlig à Sealann Nuadh a sheòrsachadh. Ged a tha eileamaidean nam frèamaichean-obrach làthaireach freagarrach airson litreachas na Gàidhlig à Sealann Nuadh, tha e a' fàs follaiseach gum feumar frèam-obrach fa leth airson seòrsachadh agus anailis iomchaidh a choileanadh.

## Dòigh-obrach

'S e rannsachadh càileachdail a th' anns an rannsachadh seo is e a' sgrùdadh adhbharan, beachdan, agus brosnachadh air cùl litreachas na Gàidhlig à Sealann Nuadh. Sa mhòr-chuid, 's e tuairisgeul, anailis, agus co-theacsachadh phrìomh-thùsan a thaisbeanar sna caibidealan a leanas. Anns a' chaibideal seo, mìnichear na ceistean rannsachaidh, dòigh cruinneachadh nam prìomh-thùsan, agus dòigh-obrach anailis.

A bharrachd air tùsan a tha so-ruigsinneach air an eadar-lìon, tha an rannsachadh seo air a shaoibhreachadh le prìomh-thùsan litreachais a lorg ùghdar an tràchdais seo ann an Leabharlann Alexander Turnbull ann an Wellington agus ann an Cruinneachadh Hocken ann an Dunedin. Chaidh na prìomh-thùsan fhàgail sa chruth anns an do nochd iad sna h-irisean agus ann am pàipearan eile.<sup>75</sup> Ged a chaidh oidhirp a dhèanamh pailteas de thùsan Gàidhlig a lorg, tha buidheann susbainteach de phrìomh-thùsan a dhìth. Air sgàth trod a dh'èirich eadar ball Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh, chaidh clàraidhean tràtha a' Chomainn a mhilleadh. Tha fios ann, mar eisimpleir, gun do rinn bàrd a' Chomainn, Neill MacFadyen, bàrdachd Ghàidhlig ùr. Tha coltas air gun deach iomradh air litreachas ùr air chall le milleadh clàraidhean a' Chomainn. 'S e call mòr a th' ann an sin, gu h-àraidh leis gum b' e Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh a' chiad agus am prìomh chomann Gàidhlig anns an dùthaich. Thug an Comann brosnachadh agus breab tòiseachaidh do chomainn Ghàidhlig eile a dh'èirich air feadh Sealainn Nuaidh às dèidh 1881.

Tha ceist an rannsachaidh seo air a bhith fo bhuidhean mean-fhàs. An toiseach, 's e gainnead rannsachadh sgoileireil air litreachas na Gàidhlig à Sealann Nuadh a dheimhinnich ceist an rannsachaidh. Aig an ìre thràith sin, bha e cudromach deimhinneachadh a bheil litreachas Gàidhlig a chaidh a dhèanamh ann an Sealann Nuadh eadar 1850 agus 1914 idir ann. Le corp litreachais air a lorg, tha feum ann ath-sgrùdadh a dhèanamh air beachdan coitcheann, mar eisimpleir beachd eachdraichean Sealainn Nuaidh gun robh na h-eilthirich a thàinig gu Sealann nuadh air tòir co-choslachadh agus sòisealtas aon-ghnèitheach. Chaidh a' cheist a leudachadh rè pròiseas cruinneachadh litreachais.

Às dèidh tùs-rannsachaidh, chaidh an litreachas Gàidhlig a chaidh a lorg ann an cruinneachadh didsiteach Leabharlainn Nàiseanta Sealainn Nuaidh, ann an cruinneachadh Alexander Turnbull, ann an Leabharlann Poblach Dunedin, agus ann an Cruinneachadh Hocken a chlàradh ann an stòr-dàta. Mar as motha a dh'fhàs an stòr-dàta sin, 's ann nas mionaidiche a dh'fhàs a'

---

<sup>75</sup> Gu tric, tha sgrìobhaidhean Gàidhlig à Sealann Nuadh comharraichte le droch litreachadh. B' e a b' adhbhar do shin gun deach an clò-bhualadh le luchd na Beurla. Bha na Gàidheil ann an Sealann Nuadh gu tìr an eisimeil air clò-bhualadairean agus luchd-seilbh irisean aig an robh, sa mhòr-chuid, Beurla a-mhàin.



cheist rannsachaidh. Mus do thòisicheadh sgrìobhaidhean agus clò-bhuailidhean Gàidhlig a lorg agus a sheòrsachadh, chaidh roinnean-seòrsa airson an stòr-dàta a dheimhinneachadh.

Mar a tha caibideal ‘Lèirmheas Litreachais’ a’ sealltainn, tha Dunbar, Cardell, Cumming, agus Newton air frèaman-obrach a chruthachadh. Leig na frèaman-obrach leotha litreachas Gàidhlig à Canada, Astràilia, agus na Stàitean Aonaichte a sheòrsachadh. Tha na roinnean-seòrsa a chruthaich na sgoileirean air an deimhinneachadh le tèaman a thig am follais sna criomagan litreachais. Dh’aithnich Dunbar gu bheil suidheachadh nan Gàidheal a thuinich ann an Canada gu tur eadar-dhealaichte bho shuidheachadh nan Gàidheal a rinn eilthireachd gu Astràilia.<sup>76</sup> Ged a tha uimhir de litreachas na Gàidhlig à Sealann Nuadh nas gainne na litreachas na Gàidhlig à Astràilia, tha fèin-fhiosrachadh nan eilthireach Gàidhealach a thuinich san dà dhùthaich nas coltaiche na suidheachadh eilthireach Gàidhealach a thuinich ann an Canada.<sup>77</sup> Uime sin, chumadh frèam-obrach Cumming agus Cardell air aire fhad ’s a chaidh an litreachas a chruinneachadh.

Chaidh an litreachas a lorgadh a thùs-mheasadh a rèir a’ chrutha anns an do nochd e (iris, litir, leabhar, msaa.), àm cruthachaidh, àite cruthachaidh/foillseachaidh, cànan<sup>78</sup>, ùghdaran, agus chuspairean coitcheann. Chaidh na roinnean-seòrsa sin a thaghadh gu sònraichte airson ceistean a bharrachd a chur ris an rannsachadh; ’s iad na ceistean sin: ‘Cuin agus ciamar a chaidh Gàidhlig a chleachdadh?’, ‘A bheil pàtran-ama agus pàtran-àite a’ tighinn am follais a thaobh nochdadh litreachas na Gàidhlig agus?’, ‘Cò na Gàidheil a chruthaich litreachas Gàidhlig?’, ‘Dè seòrsa thèaman a thig am follais ann an sgrìobhaidhean Gàidhlig à Sealann Nuadh?’

Gu follaiseach, tha nàdar nan ceistean sin a’ dearbhadh gur e rannsachadh eadar-chuspaireil a tha aig cridhe a’ phròiseict seo. Cuide ri bhith a’ cur ri eòlas coitcheann eachdraidh Sealainn Nuaidh agus sgeul nan eilthireach Albannach ann an Sealann Nuadh, tha an rannsachadh seo a’ leudachadh eòlas air na h-eilthirich Ghàidhealach agus an litreachas.

Le tùs-chòdadh dèanta, thàinig am follais gur e glè bheag de sgrìobhaidhean leantainneach a tha againn ann an Gàidhlig bhon 19mh linn agus toiseach an 20mh linn.

Chaidh litreachas Gàidhlig fhoillseachadh ann an Sealann Nuadh sna ceithir cruthan a leanas, ‘Sanasan’, ‘Altan/Colbhan’, agus ‘Bàrdachd/Òrain’.

Taobh a-staigh nan roinnean-seòrsa sin, tha tèaman air tighinn am follais. Le aithneachadh is ainmeachadh nan tèaman sin, tha e air fàs soilleir gu

<sup>76</sup> Robert Dunbar, ‘The poetry of the emigrant generation’, 23.

<sup>77</sup> Faic Cardell, Cumming, ‘Gaelic Voices from Australia’, *Scottish Gaelic Studies* Vol. 19 (1999), 21-58. Air taobh-duilleig 26, tha Cardell is Cumming a’ toirt sùil air cuid de na h-adhbharan air cùl eilthireachd gu Astràilia.

<sup>78</sup> Uaireannan, bidh sgrìobhaidhean Gàidhlig a’ nochdadh am measg theacsaicean Beurla.

bheil a' mhòr-chuid den litreachas a' taisbeanadh barrachd air aon tèama. 'S iad na tèaman, 'Cultar Chomann', 'Togail Coimhearsnachd', 'Glèidheadh is cumail suas cultar is cànan', 'Creideamh', agus 'Rèite is Moladh'. Gu h-eadar-dhealaichte bho litreachas na Gàidhlig à Canada agus à Astràilia, cha gabh litreachas Gàidhlig Sealainn Nuaidh a sheòrsachadh ann am frèam-obrach ama. Mar eisimpleir, tha Dunbar, Cardell, agus Cumming air aithneachadh gu bheil litreachas le Gàidheil a bha air ùr-tighinn do na colonaidean gu tric a' càineadh ghnothaichean ann an Alba agus a' taisbeanadh adhbharan eilthreachd. An uair-sin, thog na Gàidheil air an iomsgaradh eadar an dùthaich mhàthaireil agus an dùthaich ùr tro mholadh agus dhi-mholadh. Às dèidh don luchd-tuineachaidh Gàidhealach rèite a dhèanamh ris an dùthaich ùir, tha oidhirpean a' tighinn am follais ann an sgrìobhaidhean Gàidhlig à Canada coimhearsnachdan is nàisean a thogail. Chan eil litreachas na Gàidhlig à Sealann Nuadh a' leantainn an aon phàtran ama; ged a chaidh òrain mholaidh agus òrain dì-mholaidh a dhèanamh ann an Sealann Nuadh, chan eil gu leòr dhiubh ann airson an ceangal le àm àraid. A bharrachd air sin, tha a' mhòr-chuid de sgrìobhaidhean Gàidhlig a' gabhail cruth alt no colbh-bheachd. Tha susbaint nan sgrìobhaidhean sin gu tric a' gluasad gu fàs-bheartach (*organically*) bho thèama gu tèama. Mar sin, tha barrachd air aon tèama a' nochdadh san aon phìos sgrìobhaidh; cha mhòr nach eil e eu-comasach an litreachas a sheòrsachadh a thaobh tèama gun a bhith a' dì-cho-theacsachadh pàirt dhen sgrìobhadh bhon iomlan.

Às dèidh còdadh an litreachais, chaidh anailis chuspaireil a chleachdadh gus tuairisgeul, mineachadh, agus co-theacsachadh nam prìomh-thùsan a choileanadh. Tha anailis chuspaireil iomchaidh airson an rannsachaidh seo leis gu bheil i an dà chuid, '*reflect[ing] reality, and ... unpick[ing] or unravel[ing] the surface of 'reality'*'.<sup>79</sup> A thaobh 'fiorachd', tha rannsachadh làthaireach air eilthirich Albannach a' dearbhadh nach eil Gàidheil 'chumanta' gu tric nam pàirt den 'fhiorachd' a tha air a bhith fo sgrùdadh sgoileirean. Mar a chaidh a thaisbeanadh san lèirmheas litreachais, tha mòran eòlas air eilthirich Ghàidhealach ann an Sealann Nuadh stèidhichte air fiosrachadh mu bheatha cuid de Ghàidheil chliùiteach. Tha an dòigh-obrach sin aithnichte mar 'teòiridh sàr-fhir'. Gu minig, tha fiosrachadh coitcheann mu bheatha is ghnìomhan aonan a-mhàin ga chleachdadh gus beatha is gnìomhan sluaigh air fad a mhineachadh.<sup>80</sup>

79 Virginia Braun and Victoria Clarke, 'Using thematic analysis in psychology'. *Qualitative Re-search in Psychology*, 3 (2) (2006), 77-101 (9).

80 Leughar ainm Dhòmhnai Mhic'Illeathain gu bitheanta ann an cunntasan eachdraidh Sealainn Nuaidh. Bha Mac'illeathain aithnichte airson a bhith an sàs ann an, 'more questionable land purchases in the North Island than any other individual.'<sup>80</sup> Tha fios mu ghnìomhan poiliteagach Mhic'Illeathain gu tric ga chleachdadh airson '*dichotomy*' a chruthachadh eadar sannt is nearòis ceannasachd Bhreatainn agus càilidheachd fhìor-shamhlachail a bu chòir a bhith aig Gàidheil, leithid co-fhaireachdainn airson sluaigh brùite. (Faic Buelmann, Hinson & Morton, *The Scottish Diaspora*, 96, '*...the claimed affinity between Highland Scots and various indigenous, both being 'from the land'. These Old and New World people ... had experienced similar cultural, economic and political oppression...*')

Le bhith a' dèanamh anailis air beachdan nan Gàidheal, a chuir iad an cèill nan cànan màthaireil, faodar 'fiorachd' am beatha ann an Sealann Nuadh a sgrùdadh. 'S e dòigh-obrach eachdraidh às an iarach (*history from below*) a chleachdar gus sgrìobhaidhean a dh'amais air glèidheadh agus cumail a' dol na Gàidhlig a sgrùdadh; tha eachdraidh às an iarach (no eachdraidh a' bheatha làitheil), '*attempts to show how "ordinary people" refused to accept their assigned roles as passive "objects" of impersonal historical developments and attempted, instead, to become active historical "subjects"*'.<sup>81</sup>

Le bhith a' còdadh nam pìosan, chaidh fheuchainn gun a bhith a' cleachdadh frèam-obrach làthaireach. Leigeadh le tèaman èirigh agus fàs leis a' chorpas litreachais. Tha an dòigh-obrach sin aithnichte mar 'anailis threòrachail' (*inductive analysis*).<sup>82</sup> Airson aithneachadh agus sgrùdadh phàtran a thàinig am follais sa chorpas litreachais air fad, chaidh dà dhòigh-obrach a thaghadh; 's iad sin dòigh-obrach ciallachail (*semantic*) agus dòigh-obrach cuibhrigte (*latent*). Leis an dòigh-obrach chiallachail, feuchar le cudromachd phàtran agus an ciall farsaing a chomharrachadh.<sup>83</sup> An uair-sin, tha an dòigh-obrach cuibhrigte ga dhèanamh comasach beachdan agus co-theacsachadh a tha air cùl subsaint ciallachail an litreachais aithneachadh agus a sgrùdadh. Gu sìmplidh, fhad 's a tha an dòigh-obrach chiallachail a' tabhann tuairisgeul air cruth is ciall an litreachais, tha an dòigh-obrach cuibhrigte a' toirt sùil air na feartan a thug cruth is ciall dha.<sup>84</sup>

Gus nochdadh, làthaireachd agus leasachadh litreachas na Gàidhlig ann an Sealann Nuadh a thuigsinn tha na trì caibidealan a leanas a' tarraing air na trì teòiridhean eachdraidh le W.B. Sutch, W.P. Reeves, agus Miles Fairburn. Tha na teòiridhean a' sgrùdadh nam feartan is eileamaidean a thug cruth is cumadh do bheachdan agus ghniomhan an luchd-tuineachaidh. Le bhith a' toirt sùil air teòiridhean nan trì sgoiltean eachdraidheachd, 's urrainnear nochdadh litreachas na Gàidhlig ann an Sealann Nuadh a cho-theacsachadh agus adhbhar is amas cleachdadh na Gàidhlig a sgrùdadh.

---

An coimeas ris an uiread de Ghàidheil a chaidh gu Sealann Nuadh san 19mh agus san 20mh linn, ge-tà, chan eil an grunnan Ghàidheil cliùiteach sin a' riochdachadh 'fiorachd' fèin-fhiosrachadh nan Gàidheal ann an Sealann Nuadh.

81 David F. Crew, 'Alltagsgeschichte: A New Social History "From below"?'', *Central European History*, Vol. 22, No. 3/4, German Histories: Challenges in Theory, Practice, Technique (Sep. - Dec., 1989), 394-407 (396).

82 Faic Braun and Clarke, 'Using thematic analysis in psychology', 12. Tha dòigh obrach 'anailis threòrachail' gu h-eadar-dhealaichte bho 'anailis threòiridheach' a tha a' leigeil leis an neach-rannsachaidh còdadh le ceist àraid air inntinn.

83 M. Q. Patton, *Qualitative evaluation and research methods* (2nd ed.) (Sage 1990), à Braun agus Clarke, 'Using thematic analysis in psychology', 13.

84 Braun and Clarke, 'Using thematic analysis in psychology', 13.

## Caibideal a h-aon - Buaidh Na Seann Dùthcha

### Ro-ràdh

Chuir an t-eaconamair, William Ball Sutch, mun aire gur e pròiseasan strì a stiùirich co-dhùnaidhean agus gnìomhan luchd-tuineachaidh Sealainn Nuaidh. Ann an ro-ràdh a leabhair, *The Quest for Security in New Zealand*, sgrìobh e gu bheil e deatamach na prìomh-chumhachdan a dh'adhbhraich leasachadh agus duilgheadasan ann an Sealann Nuadh a sgrùdadh gus freagairt fhaighinn don cheist fharsaing, 'Carson?'<sup>85</sup> Tha a' cheist seo ceart cho puingeil airson sgrùdadh litreachas na Gàidhlig ann an Sealann Nuadh. Carson a chaidh Gàidhlig fhoillseachadh air neo carson nach deach Gàidhlig fhoillseachadh mar a chaidh a foillseachadh ann an Canada agus Astràilia? Gus faclan Eric Richards ath-aithris, an robh an eilthireachd agus na h-eilthirich ro shoirbheachail airson a bhith feumach air cultar a bhiodh a' cur am beatha dùbhlanaich san t-seann dùthaich nan cuimhne? Le bhith a' toirt sùil air teòiridh strì Sutch, tha a' cheist a' tighinn am bàrr an do nochd litreachas na Gàidhlig ann an Sealann Nuadh gus mearachdan na seann dùthcha a chur ceart? An robh Gàidhlig na h-inneal-obrach a chuidich nàisean a thogail a bha na cheart-aghaidh don t-seann dùthaich? Mas e luchd-obrach a bh' anns a' mhòr-chuid de dh'eilthirich a thàinig gu Sealann Nuadh san 19mh linn agus mas e bochdainn, air neo eagal ro bhochdainn, a stiùirich am beachdan is an làmh, dè am feum a fhuair a' leasachadh agus sgaoileadh cultar is cànan nan Gàidheal?

Tha an caibideal seo a' sealltainn dè seòrsa atharrachaidhean a thàinig air coimhearsnachd agus litreachas Gàidheil Sealainn Nuaidh.

Tha am fo-chaibideal, 'Colonaidh stèidhichte air strì is aimhreit' a' dol an sàs ann an atharrachaidhean a thàinig air structaran sòisealta nan coimhearsnachdan Gàidhealach. Tha pàirt nan uachdaran sna Fuadaichean fo sgrùdadh. Tha 'Gaisgich Ùra' a' togail air nochdadh 'cheann-cinnidh' ùra ann an cruth sgrìobhadairean colbhan Gàidhlig. Mìnichidh an t-ath fo-chaibideal, 'Fèinealachd no fèin-eisimeileachd' mar a thug eisimeileachd nan Gàidheal air na h-uachdaran ann an Alba orra neo-eisimeileachd a shireadh san dùthaich ùir. Dearbhaidh 'Beachdan ùra an t-Soillseachaidh' mar a thog Gàidheil Nuadh Sealannach air cuid de phrionnsabalan ùra an t-Soillseachaidh an neo-eisimeileachd a choileanadh san dùthaich ùir. Tha an dà fho-chaibideal a leanas, 'Foghlam – tidsearan Gàidhlig ann an Sealann Nuadh' agus 'Slàinte spioradail – ministearan Gàidhlig ann an Sealann Nuadh' a' tabhann tuairisgeul air suidheachadh foghlam sgoile agus foghlaim spioradail ann an Sealann Nuadh. Tha e a' tighinn am bàrr nach robh e furasta na h-oidhirpean, a chaidh a dhèanamh ann an Alba gus foghlam a thoirt do na Gàidheil, ath-aithris anns a' cholonaidh.

---

85 W.B. Sutch, *The Quest for Security in New Zealand* (Hammondsworth, 1942), v.

## Colonaidd stèidhichte air strì is aimhreit

A rèir Sutch, tha aimhreit aig cridhe eachdraidh Sealainn Nuaidh; le bhith ag ràdh sin, tharraing Sutch air aimhreit eadar na Breatainich a choimhead air Sealann Nuadh mar thuathanas iomallach airson margadh-bidh Bhreatainn agus an fheadhainn a bha air tòir cruthachadh pàrras neo-eisimeileachd, bha strì a' riaghladh agus a' stiùireadh daidhneamaigean leasachaidh ann an Sealann Nuadh.

B' e neach-togail nàisean a bh' ann an Sutch a thàinig gu Sealann Nuadh ann an 1907 aig ochd mìosan a dh'aois. Air tòir nàisean a bhiodh neartmhor gu h-eaconamach agus cothromach gu sòisealta, chuir Sutch taic ri sgaradh nam bannan colonach eadar Breatainn agus Sealann Nuadh. Gus sin a choileanadh, bhrosnaich e leasachadh cultar nàiseanta agus ghnìomhan eaconamach a bha stèidhichte air às-bhathair le sàr chàileachd agus taic is cobhar do luchd-obrach tro làn-fhastadh, fhoghlam poblach, agus seirbhisean slàinte agus carthannais. Chaidh dà leabhar Sutch, '*Poverty and progress in New Zealand*' agus '*The quest for security in New Zealand*' fhoillseachadh ann an 1941 agus 1942. B' e Ìsleachadh nan 1930an agus na dh'fhidir e nuair a shiubhail e tro Eòrpa an Iar a thug air Sutch na leabhraichean eachdraidh sòisealta a sgrìobhadh.<sup>86</sup>

Chan e dìreach, mar a mhothaich Tony Simpson, an Tionndadh Gnìomhachais agus an Tionndadh Àiteachais a thug air luchd-tuineachaidh Sealainn Nuaidh miannachadh a bhith a' seachnadh leasachaidhean àraid.<sup>87</sup> Ann an *After the Forty-Five*, tha A. J. Youngson air na h-atharrachaidhean agus 'leasachaidhean', a chuir cumadh ùr air gnothaichean sòisealta, poilitigeach, agus eaconamach ann an Alba, a chomharrachadh. Tron 18mh agus 19mh linn, dh'fhàs Alba gu bhith na cuibhle-obrach ann an innealradh Bhreatainn. Cuide ri lionraidhean conaltraidh, leithid rathaidean agus drochaidean, air a bhith gan togail is gan leasachadh gus Alba a dhèanamh na pàirt obrachail de Bhreatainn, chaidh daidhneamaigean sòisealta atharrachadh. B' e aon de na h-atharrachaidhean sin lagachadh is cur às don dàimh eadar luchd-cinnidh agus an ceann-cinnidh.<sup>88</sup> Thug Dunbar iomradh air diùltadh bhàrd Gàidhealach coire airson droch staid nan Gàidheal a chur air na h-uachdaran. An àite nan uachdaran, chuireadh a' choire air na maoir.<sup>89</sup> Gidheadh, tha òrain le Anna Nic-Gillios, a chaidh gu Gleanna-Garadh, Ontario, ann an 1802 agus òran le Iain MacIlleathain a' cur an cèill an teagamh a dh'fhairich cuid de Ghàidheil mu dhòigh-ghiùlan is pàirt nan uachdaran ann an suidheachadh nan Gàidheal. Ann an 'Oran Luchd-Imrich'

<sup>86</sup> Brian Easton, 'Sutch, William Ball', Dictionary of New Zealand Biography, first published in 2000. Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand, <https://teara.govt.nz/en/biographies/5s54/sutch-william-ball> (ga chleachdadh 23 Sultain 2018).

<sup>87</sup> Tony Simpson, *The Immigrants – The Great Migration From Britain To New Zealand, 1830 – 1890* (Auckland 1997).

<sup>88</sup> A.J. Youngson, *After the Forty-Five - The Economic Impact on the Scottish Highlands* (Edinburgh, 1973), 33 & 196.

<sup>89</sup> Dunbar, 'The poetry of the emigrant generation', 36.

tha e ag ràdh, ‘Falbhaidh sinn bho thìr nan uachd’ran.’<sup>90</sup> Cuideachd, tha treibhdhreas nan uaislean fo dheasbad ann an ‘Seann Albainn Agus Albainn Ur’ le Iain MacIlleathain. Ann an còmhraidh eadar am bàrd agus an Coirneal, a thàlaidh am bàrd gu Canada, tha an Coirneal a’ toirt iomradh air staid tràilleachd an luchd-muinntir a tha ann an seirbhis nan uaislean.<sup>91</sup> Chaidh grunn òran Gàidhlig air na Fuadaichean a chlà-bhualadh anns an *New Zealand Public Opinion, Sportsman, and Saturday Advertiser*. Chaidh a’ mhòr-chuid dhiubh a dhèanamh ann an Alba fhèin. Gu minig, tha iad a’ cur na coire air na Goill. Tha sin a’ fàs soilleir san òran ‘Òran Air Fogradh Nan Gaidheal’ a chaidh a chlà-bhualadh sa *Public Opinion* air 31 Dùbhlachd 1881.<sup>92</sup> Ged a tha na Goill air an ainmeachadh mar an fheadhainn a dh’fheuch ris na Gàidheil a cheannsachadh, tha na h-òrain gu tric dà-sheaghach a thaobh cò chlior na Gàidheil bhon fhearann. Tha an t-òran bho 31 Dùbhlachd 1881 le fear a chleachd an t-ainm-pinn ‘Loch-Aillse’ (Fearchar Dòmhnallach) a’ bruidhinn mu na ciontaichean mar a leanas, ‘O’n threig iad gach fireach ’us gleann, / Cha-n fhaicear ach Gall ’s gach cuil...’<sup>93</sup>

An seo, ’s iad na Goill a rinn am fuadachadh. Gidheadh, tha Iain MacGillÌosa, a thàinig gu Sealann Nuadh air an ‘*Strathallan*’ ann an 1854, air òran a dhèanamh anns a bheil e ag ràdh gur e as adhbhar dha eilthireachd, ‘Ged a b’ eudmhor mi mu ’m dhuthaich, / Dhiult i rùm thoirt dhomh no fasgadh.’<sup>94</sup> Tha an t-òran ann an co-rèir ri bàrdachd eile MhicGillÌosa anns a bheil am bàrd a’ cur na coire air an dùthaich. Thug Sheila Kidd iomradh air òran eile le MacGillÌosa anns a bheil e a’ pearsanachadh Alba mar mhàthair a thionndaidh gu bhith na ‘muime ghràineil’.<sup>95</sup> Chaidh an t-òran fhoillseachadh ann an Glaschu ann an cruth leabhrair leis an tiotal, ‘Litir bho Iain Mac-Gil’-Ios’ á New Zealand.’<sup>96</sup> Coltach ris a’ bhàrdachd Ghàidhlig air an tug Dunbar iomradh, chan eil guth soilleir air coire nan ceann-cinneadh ann am bàrdachd Ghàidhlig a chaidh a sgaoileadh ann an Sealann Nuadh. A bharrachd air sin, ann an litreachas Gàidhlig à Sealann Nuadh chan eil mòran iomraidhean air na seann chinn-chinnidh rin lorg. Ged a bha ceann-cinnidh agus ceannardan (*chiefs* agus *chieftains*) a’ co-roinneadh dhleastanasan airson stiùireadh nan comann Gàidhealach ann an Sealann Nuadh, bha crìochan ann dom buaidh air na buill. Fiù ’s ma chaidh meas mòr a thoirt do dh’Iain MacCoinnich, a bha na cheannard do Chomann Gàidhlig Sealainn Nuaidh bho 1894 gu

90 A. Maclean Sinclair, *The Gaelic Bards – From 1825 To 1875* (Sydney, 1904), 7.

91 A. Maclean Sinclair, *Clarsach Na Coille – A Collection Of Gaelic Poetry* (Glasgow, 1928), 97.

92 *New Zealand Public Opinion*, 31 December 1881.

93 Ibid.

94 Ibid., 30 April 1881.

95 Sheila M. Kidd, ‘Kangaroos and cockatoos: Gaelic literature in the nineteenth-century Antipodes’, *Scottish Literary Review*, 9(2) (2017): 1-18 (7).

96 *Litir bho Iain Mac-Gil’-Ios’ á New Zealand* (Glasgow, [1858]), td.3, ann an Sheila M. Kidd, ‘Kangaroos and cockatoos: Gaelic literature in the nineteenth-century Antipodes’, *Scottish Literary Review*, 9(2) (2017): 1-18 (11).

1901, choisinn MacCoinnich a chliù tro obair chruaidh seach dileab.<sup>97</sup> Tha bàrdachd Aonghas Camhron Robastan a' dearbhadh gun deach an t-aon seòrsa meas a thoirt do Uilleam MacLeòid, rùnaire a' Chomainn.<sup>98</sup> Sgrìobh Robertson,

'Se MacLeoid an duin 'uasal the stuamach a's ciuin,  
Tha e blath-chridheach, aoibhnach mar chisibh 'n a ghnuis,  
Agus sìobhalta duineil le ginneas a's gradh,  
'S nuair chailleas sinn Uilleam gur truagh bhios ar cas.<sup>99</sup>

'S ann gu bheil an call a dh'fhuilingeadh na Gàidheil às dèidh bàs MhicLeòid a' cur an cuimhne call a dh'adhbhraicheadh le bàs ceann-cinnidh. Tha gainnead iomraidhean air cinn-cinnidh a' cur mun aire gun do lean na Gàidheil Nuadh Sealannach ceannardan ùra, neo, mar a chuir Dunbar e, '*Culture Heroes*'.<sup>100</sup> Bha an t-atharrachadh sin cumanta ann an Alba agus sna colonaidhean eile anns an do thuinich Gàidheil. Tha cumha Dhòmhnail Mhic'illeathain le Fearchar MacDhòmhnail na dheagh eisimpleir de bhuidh is do dh'inbhe cuid de Ghàidheil a choisinn cliù is ùghdarras ann an Sealann Nuadh,

Mar thig ceathrach 'us siantan,  
No mar bheithir o 'n iarmailt le strac,  
No mar thuil-bheum o 'n aonach,  
Gun aon duine ga smaointinn roimh laimh,  
Tuit an t-saighead gun trocair,  
'Leag an Gaisgeach gun gho chum a 'lair,  
'S tha sinn uile do-bhronach,  
'S sinn a' cumha 'Shir Domhuill do bhais.<sup>101</sup>

A thaobh iomradh air cinn-cinnidh às an t-seann dùthaich, 's e a' chlach chomharra a chaidh a chur suas ann an 1897 le Gàidheil Albannach Dhunedin mar chuimhneachan air Alasdair Ragnall Dòmhnallach, 17mh ceann-cinnidh Gleanna Garraidh, an t-aon eisimpleir den t-seòrsa sin. Tha a' chlach ag ràdh gun deach a cur suas chan ann dìreach mar chuimhneachan air a' cheann-cinnidh ach, cuideachd, 'air sgàth nan làithean a dh'fhalbh.' Tha faclan na cloiche a' sealltainn a' cheangail

<sup>97</sup> Entwistle, *The History of the Gaelic Society of New Zealand*, 28.

<sup>98</sup> Cha ghabh ràdh ri cinnt cuin a ghabh MacLeòid thairis air oifis rùnaire a' Chomainn. Aig àm stèidheachadh a' Chomainn ann an 1881, b' e David Ross an rùnaire. Gidheadh, tha iomraidhean air a' Chomann ann an irisean a' dearbhadh gum b' e MacLeòid rùnaire a' Chomainn cho tràth ri 1886 (*Clutha Leader*, 30 July 1886). Bha MacLeòid na rùnaire don Chomann gu 1911 nuair a chaochail e. (*Evening Star*, 7 September 1911).

<sup>99</sup> Angus Cameron Robertson, *Salt Sea Tang* (Dunedin, 1927), 209-210.

<sup>100</sup> Dunbar, 'The poetry of the emigrant generation', 91.

<sup>101</sup> *New Zealand Public Opinion*, 15 October 1881.

mhaoth-inntinnich a bh' aig na Gàidheil le cuid de dh'fheartan a bhuin don cultar.

### Gaisgich Ùra

Ged nach eil an t-aon mheas do chinn-cinnidh an latha fhèin follaiseach ann an litreachas Gàidhlig Sealainn Nuaidh, dh'fhaodadh ràdh gun do ghlèidh bàird an ùghdarras mar riochdairean na coimhearsnachd. Tha colbh Gàidhlig bhon Mhàrt 1894 a' toirt fianais do chudromachd bhàrd ann an glèidheadh agus adhartachadh cultar nan Gàidheal ann an Sealann Nuadh. Sgrìobh 'Eileanach' colbh Gàidhlig air lùghdachadh cultar is cànan nan Gàidheal. Chuir e atharrachadh ann an coimhearsnachd Ghàidhealach Sealainn Nuaidh às leth gainnead bhàrd, 'Is maith a dh'fheudta nach 'eil againn 'nar measg làn-bhard no seanachaidh deas-labhrach dha'm bheil ranntachd is cainn-fhearachd cho gnàthach ealmh ri sruth an t-sleibh.' Gidheadh, chuir e ri sin gun robh fhathast feadhainn ann a dh'fhaodadh sgeul a thoirt do Ghàidheil Sealainn Nuaidh, 'a dh'aindeoin gach strì agus cabhag is ùprait.'<sup>102</sup>

Tha an dearbh cholbh a' sealltainn cò dha an tug cuid de Ghàidheil an dilse is na seann chinn-chinnidh air falbh. 'S iad Gàidheil coltach ri 'Eileanach' fhèin dhan an deach meas a thoirt is iad a' glèidheadh feart den chultar. Cuide ri 'Eileanach', tha còignear sgrìobhadairean eile ann a chuir colbhan Gàidhlig don *Southern Cross* eadar an t-Sultain 1893 agus an Giblean 1900. Tha susbaint nan colbhan a' sealltainn dleastanas nan sgrìobhadairean chan ann dìreach mar riochdairean na coimhearsnachd, ach cuideachd mar luchd-leasachaidh agus ghuth-rabhaidh don choimhearsnachd. Tha buaidh nan sgrìobhadairean a' fàs follaiseach ann an colbh Gàidhlig le 'Oileanach' anns a bheil an t-ùghdar a' bruidhinn às leth leughadairean na sgìre is e a' toirt taing do 'Chabarfeidh' agus do dh'-'Eileanach' airson an colbhan Gàidhlig.<sup>103</sup> B' e an triùir sgrìobhadairean, 'Eileanach', 'Cabarfeidh', agus 'Dorann Donn' na h-aon sgrìobhadairean a chuir colbh Gàidhlig don *Southern Cross* gu cunbhalach. A-mach à 36 colbhan a chaidh a chlà-bhualadh feadh seachd bliadhna, chaidh ceithir deug a sgrìobhadh le 'Eileanach', sia le 'Cabarfeidh', trì le 'Doran-Donn', aonan le 'Oileanach', aonan le 'Mac-Talla', aonan le 'P. M'F', agus deich gun urra. Leis na colbhan cho gann, tha a' cheist ag èiridh an e pàirt den leasachadh a bh' ann an lùghdachadh litreachas na Gàidhlig.

Mus deach colbh Gàidhlig a chlà-bhualadh san *Southern Cross* ann an 1893 son a' chiad uair, bha an *New Zealand Public Opinion, Sportsman, and Saturday Advertiser* air colbh Gàidhlig fhoillseachadh bho 1881 gu 1885.<sup>104</sup>

---

<sup>102</sup> *Southern Cross*, 10 March 1894.

<sup>103</sup> *Ibid.*, 28 April 1894.

<sup>104</sup> Chan eil leagaidhean iomlan dhen iris ann. A rèir clàr Leabharlann Alexander Turnbull, bu chòir leagaidhean bho 1880 gu 1893 a bhith rim faighinn anns an leabharlann. Gidheadh, cha deach ach na h-irisean bho 1881, 1884, agus 1885 a lorg. Gu fortanach, tha cuid de dh'irisean bhon bhliadhna 1883 rim faighinn ann an Cruinneachadh Hocken. Tha a' mhòr-chuid de sgrìobhaidhean tùsail, Nuadh



Saoilear gun robh an dà cholbh ceangailte. Gidheadh, sgrìobh ‘Eileanach’ gur e colbh an *Southern Cross* bho 16mh Sultain 1893, ‘a cheud uair a chaidh a [Gàidhlig] chòdhbhualladh cho fada mu dheas.’<sup>105</sup>

Bha an dà iris, an *New Zealand Public Opinion* agus an *Southern Cross*, stèidhichte ann am mòr-roinn Otago is leughadairean aca air feadh Sealainn Nuaidh. ’S e na tha ann an cumantas aig an dà iris gu bheil na sgrìobhadairean, agus deasaiche a’ *Public Opinion*, a’ feuchainn ri sgrìobhadh Gàidhlig a bhrosnachadh.<sup>106</sup> San iris bho 19mh Gearran 1881, sgrìobh e,

Cha neil cuimhne agam air tuile aig an am so, agus cha d’ fhuair mi fathast cuideachadh sam bith o mo chairdean gaidhealach. Tha mise ag iarraidh air cuid dheubh, a bheag na mhor a dheanamh a chum gum bidh e comasach dhomhsa rudeigin math a chuir a dh’ionnsuidh mo luchd duchaidh aon lath oan t’seachd ain.<sup>107</sup>

Trì bliadhna deug às dèidh do dheasaiche a’ *Public Opinion* iarraidh air na Gàidheil dol an sàs anns a’ cholbh Ghàidhlig, sgrìobh ‘Eileanach’, “‘Cia tiamhaidh thu a ghleann Chaothainn! / Gun ghuth gadhair thu ’s gun cheol.’” is e a’ caoidh dì-làthaireachd na Gàidhlig air duilleagan an *Southern Cross*.<sup>108</sup>

Tha diofar mòr ann eadar na 1880an agus na 1890an a thaobh làthaireachd litreachas na Gàidhlig ann an Sealann Nuadh. Tha coltas air gur e dìth ùidh bho thaobh a-staigh na coimhearsnachd a dh’adhbhraich sin ged a bha, gun teagamh, buaidh aig factaran taobh a-muigh na coimhearsnachd cuideachd. Ann an colbh Gàidhlig bhon Mhàrt 1894, tha ‘Eileanach’ a’ cur mu aire an leughadair an t-seanfhaicail, “‘Tarruing do chas á tigh do choimhearsnaich,’” ars an duine glic, “air eagal gu’m bi e sgìth dhìot agus gu’m fuathaich e thu.” Tha e a’ cur ri sin nach deach aige fhèin air cèilidh air daoine, ach gu bheil e den bheachd gun còrdadh e ri daoine cuideigin fhaicinn a sheasamh air an stairsnich.<sup>109</sup> Is math dh’fhaoidte gun do dh’atharraich prìomhachasan nan Gàidheal agus nach robh seann chleachdaidhean, leithid chèilidhean, agus, ag ìre nas fharsainghe, co-chomann nan Gàidheal Nuadh Sealannach ceart cho cudromach ’s a b’ àbhaist dhaibh a bhith. Feumar sùil

---

Sealannach rin lorg sna h-irisean bho 1881 nuair a bha an colbh fhathast ùr. Is math dh’fhaoidte gun robh an colbh ceart cho làidir is làn sgrìobhaidhean luachmhor à Sealann Nuadh ann an 1882, ach gu ruige seo chan eil guth air.

105 *Southern Cross*, 14 October 1893.

106 Chan eil fios ann cò bh’ ann an deasaiche a’ choilbh. Gidheadh, chaidh iris *The New Zealand Public Opinion* a stèidheachadh le inimiche Èireannach, Thomas Bracken. Choisinn Bracken cliù ann an Sealann Nuadh airson a bhàrdachd a thaisbean moit agus brosnachadh fèin-aithne Nuadh Sealannach. (W. S. Broughton. ‘Bracken, Thomas’, *Dictionary of New Zealand Biography*, first published in 1993, updated May, 2014. Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand, <https://teara.govt.nz/en/biographies/2b35/bracken-thomas> (ga chleachdadh 23 Sultain 2018))

107 *New Zealand Public Opinion*, 19 February 1881.

108 *Southern Cross*, 15 December 1894.

109 *Ibid*, 10 March 1894.

a thoirt air structar comann-sòisealta Albannach airson prìomhachasan sluagh Sealainn Nuaidh a sgrùdadh.

### **Fèinealachd no fèin-eisimeileachd?**

Bha an t-atharrachadh a bha air tighinn air a' Ghàidhealtachd san 18mh agus 19mh linn na chuspair bitheanta ann an colbhan Gàidhlig an *Southern Cross*. Ann an 1893 nochd colbh air a bheil an tiotal 'Air Duthaich' anns a bheil an t-ùghdar a' moladh bòidhchead na h-Alba, nan eun agus nan sruthan. Le bhith ag ath-aithris faclan a' bhàird, Iain Mac-a-Rothaich, a sheinn, 'Chì sinn gach loch o'n tric an thugadh steach / Bric mheana-bhallach, airgiodach òr-bhui,' tha an sgrìobhadair a' cur aghaidh air na bacaidhean a chuireadh air na Gàidheil san 18mh agus 19mh linn ann an Alba.<sup>110</sup> Ann an Sealann Nuadh, bha na h-Albannaich gu mòr an sàs ann an neartachadh a' choincheip, '*Queen's Chain*' far an deach 22 iothlann air gach taobh corp uisge fhàgail fosgailte don t-sluagh. Mar sin, chaidh dèanamh cinnteach gun robh ainmhidhean a thàmh ann an, agus mu thimcheall, uisge so-ruigsinneach do dhuine a bha gan iarraidh.<sup>111</sup>

A bharrachd air sin, thòisich na h-uachdarain air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan caoraich a chur air an fhearann agus na coimhearsnachdan a chlioradh far an fhearann. Mar thoradh air sin, thòisich gluasadan sluaigh taobh a-staigh Alba agus thall thairis gu na colonaidhean ann an Canada, sna Stàitean Aonaichte, Astràilia, agus Sealann Nuadh. B' e buidheann de dhaoine a bh' anns na h-eilthirich a bha eòlach air dòigh agus buaidh eilthireachd agus bannan lag no sgarte len coimhearsnachd agus an cultar tùsail.<sup>112</sup> Tha Miles Fairburn ag argamaid gun robh barrachd eilthireach a thàinig gu Sealann Nuadh san 19mh linn air am bannan len coimhearsnachdan tùsail a sgaradh mar-thà na eilthirich a chaidh gu Astràilia agus Aimeireaga a Tuath.<sup>113</sup>

Tron 18mh agus 19mh linn, ghabh sòisealtas, anns an do dh'fhàs na beartaich nas beartaiche le bhith a' gabhail brath air an luchd-obrach, àite sòisealtas a bha comharraichte le fèin-cuideachadh co-obrachail, spiorad athaireil, agus cothroman do dhaoine chumanta fàs soirbheachail gu sòisealta agus gu h-eaconamach. Tha sannt agus call beusan traidiseanta nan uachdaran a' nochdadh gu bitheanta mar thèama ann am bàrdachd eilthireachd à Canada a thaisbeanas àm na ro-eilthireachd; tha a' bhàrdachd a' gabhail gnothach ris a' chruadal a dh'fhidir na Gàidheil san t-seann dùthaich, mar eisimpleir àrdachadh màil agus bochdainn stuthach.<sup>114</sup>

---

110 Ibid, 11 November 1893; Faic cuideachd òran 'Na Croitearan Sgiathanach' (1883?) le Niall MacLeòid ann an Donald E. Meek, *Tuath Is Tighearna, Tenants And Landlords; An Anthology of Gaelic Poetry of Social and Political Protest from the Clearances to the Land Agitation (1800-1890)* (Edinburgh, 1995), 103. Chaidh MacLeòid na làithean anns nach robh, 'uisge no mòinteach / Fo dhion no fo chòmhdach.'

111 Brooking, 'Sharing out the Haggis' ann an *The Heather and the Fern*, 61.

112 Patterson et al., *Unpacking the Kist*, 23&36.

113 Fairburn, *The Ideal Society and Its Enemies*, 199.

114 Dunbar, 'The poetry of the emigrant generation', 34.

Saoilear gum biodh luchd-tuineachaidh Sealainn Nuaidh air tòir stèidheachadh sòisealtas a sheasadh air seann phrionnsabalan co-obrachadh. Gidheadh, cha ghabh tilleadh gu seann phrìomhachasan fhaicinn ann an coimhearsnachdan Gàidhealach Sealainn Nuaidh. Ann an colbh Gàidhlig bhon 16mh dhen Dùbhlachd 1893, tha an sgrìobhadair ‘Feileadh-beag’ a’ dubh-chàineadh fèinealachd nan Gàidheal,

Gidheadh tha dòighean an t-sluaigh làn feinealachd a bhi gaireach a’s mò na measg, mu thachaireas do aon neach gu fullaing ais na dealbhibh saoghalta, no air aon doigh eile, cha-n faic sibh aon a ni bròn air son call a choimhearsnaich: cha-n’eil an gradh ’s an caoimhneas bha ri fhaotainn a measg na ghaidheil anns an tìr duthchasach ri fhaotuinn an a so.<sup>115</sup>

Tha diteadh call bheusan a’ faighinn barrachd susbaint sna loidhnichean a leanas. Gus baoghaltas an t-suidheachaidh a chur an cèill, tha ‘Feileadh-beag’ a’ tabhann tuairisgeul air co-chomann Gàidheil Lunnainn,

Bha e mar chleachdadh aig gillean òga a bhi dol do Lunnuinn bho Albain agus bha imadh buaireadh a’ feitheamh orra ann ’s a’ bhaile mhor sin, dìreach mar tha anns an tìre so. Ach ann a n’ uine nach robh fada bha cuideachd caomhail gradhach de an luchd-duthcha ann a comas a bhi ’gabhail cùram de na ghaidheil a thigidh do na bhaile mhor sin, bha tighean carthain aca air sgeula far am faighidh gaidheil a thigadh do’n baile coimhnuidh a’ gabhail.<sup>116</sup>

Bha ‘Feileadh-beag’ den bheachd gun gabhadh cunnartan a sheachnadh nam biodh barrachd co-chomann ann. Gidheadh, na rèir, cha robh Gàidheil Nuadh Sealannach dileas gu leòr. Cuiridh faclan ‘Feileadh-beag’ teòiridh Fairburn an cuimhne is an eachdraiche ag agairt gun robh na h-eilthirich a chaidh gu Sealann Nuadh air am bannan len coimhearsnachdan tùsail a sgaradh mar-thà mus tàinig iad gu Sealann Nuadh.<sup>117</sup>

Gidheadh, tha cunntasan eile a’ dol an aghaidh teòiridh atamachaidh Fairburn. Ann an aithisg air coinneamh Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh bhon Dùbhlachd 1892, tha John Macgregor, às dèidh do shuidheachain ann an Comhairle reachdail a’ Cholonaidh a bhith ga bhuileachadh air, a’ càineadh ghuthan a bha air ràdh gun d’ fhuair e a dhreuchd air sàilleabh cinnealtas. Bha na Gàidheil aithnichte ann an Sealann Nuadh airson an

---

115 *Southern Cross*, 16 December 1893.

116 *Ibid.*

117 Tha faclan ‘Feileadh-beag’ gu h-àraidh inntinneach mar chuirear iad ri taobh cunntasan eilthirich Ghàidhealach a thàinig gu h-Astràilia. Ann an ‘Scottish National Identity in an Australia Colony’, tha Cliff Cumming a’ toirt iomradh air cunntas eilthirich a ràinig Melbourne ann an 1839. Sa chunntas, tha an neach-labhairt a’ bruidhinn mu na h-Albannaich a bhiodh a’ feitheamh air na bàtaichean-eilthreachd. Sna làithean sin, sgrìobh Cumming, bha nàiseantachd co-ionnan le càirdeas. (Cliff Cumming, ‘Scottish National Identity in an Australian Colony’, *The Scottish Historical Review*, Volume LXXII, 1: No. 193: April 1993, 22-38 (27).

cinnealtais.<sup>118</sup> Bha càineadh na cùise sin ceangailte le fasan nas fharsainghe a bhiodh, cuideachd, a' càineadh gràdh-dùthcha. A rèir Mhicgregor, ge-tà, 's e faireachdainnean gràdh-dùthcha agus cinnealtas cuid de na faireachdainnean as prìseile do na Gàidheil is iad a' toirt bun-stèidh do dh'fheartan as uaisle nan Gàidheal.<sup>119</sup> Don sgrìobhadair 'Cabarfeidh', cuideachd, bha gràdh do luchd-eòlais is càirdean ceangailte le gràdh-dùthcha is e ag ràdh gur e rud nàdarra a bh' ann do Ghàidheil a bhith fiosrach mun càirdean.<sup>120</sup> A rèir cuid de dh'fhianais, ge-tà, bha na Gàidheil a' strì ri prìomhachasan traidiseanta, gràdh-dùthcha agus na h-uallachan ceangailte le sin. Ann an colbh a mholas iris an *Gaidheal san Wanganui Herald* ann an 1873, tha e sgrìobhte,

Tha sinn a' measadh gràdh-dùthcha luachmhor, ach 's e lus a th' ann a bhios a' fulang bho bhith air a thar-phlanntachadh, is bidh e eu-comasach dha an t-aon teine a bhrosnachadh ann an uchd an fheadhainn a rugadh fo speuran cèine.<sup>121</sup>

Aig cridhe lagachadh gràdh-dùthcha, tha neartachadh neo-eisimeileachd neo fèin-eisimeileach muinntir Sealainn Nuaidh. Tha miann neo-eisimeileachd nan eilthireach ri mhineachadh le bhith a' toirt sùil air siostaman eisimeileachd ann an Alba. A bharrachd air call neo-eisimeileachd eaconamach, dh'fhàs eisimeileachd nan daoine chumanta air an uaislean. Anns an àrainneachd aimhriteach sin, rugadh is thogadh Iain MacCoinnich. Rugadh MacCoinnich aig Bràigh Tolaidh ann an sgìre Ros Cuithne ann an 1839. Na dhàrna mac do thuathanach-gabhaltais, cha b' urrainn do MhacCoinnich teisteanas-màil athar fhaighinn mar dhìleab. Mar sin, bha beatha mar bhuachaille no obraiche air fàire dha mura dèanadh e eilthireachd.<sup>122</sup> Bha MacCoinnich ceithir bliadhna a dh'aois aig àm Briseadh na h-Eaglaise. Tha Tom Brooking air mìneachadh gun do chomharraich stèidheachadh na h-Eaglais Saoire tionndadh air falbh bho dhroch-dhiol nan uachdaran.<sup>123</sup> Thug sin agus na Fuadaichean buaidh air beachdan MhicCoinnich. Nas anmoiche na bheatha agus às dèidh dha eilthireachd a dhèanamh gu Sealann Nuadh ann an 1860, choisinn MacCoinnich ainm is cliù dha fhèin mar bhuachaille, shealbhair fearainn, agus neach-poilitigs. 'S e co-roinneadh mì-chothromach fearainn a chuir an dragh as motha air.<sup>124</sup> Air sgàth pàirt nan uachdaran sna Fuadaichean, bha MacCoinnich dhen bheachd nach b' urrainn do dh'uaislean, a bha air

---

118 'S e Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh an eisimpleir as fheàrr de chinnealtas nan Gàidheal Nuadh Sealannach. Tha Caibdeal a Tri a' toirt dlùth-àire air stèidheachadh agus prìonnsabalan a' Chomainn.

119 *Otago Daily Times*, 8 December 1892.

120 *Southern Cross*, 11 November 1893.

121 *Wanganui Herald*, 12 March 1873. (Ann am Beurla o thùs.)

122 Brooking, *Lands For The People?*, 22.

123 *Ibid.*, 24.

124 *Ibid.*, 39.

dearbhadh mar-thà cho cruaidh-chridheach 's a bha iad ann a bhith a' clioradh dhaoine far an fhearann airson pàircean fiadhachaidh a chruthachadh, ionnsachadh a bhith a' riaghladh gu cothromach. Gu h-eadar-dhealaichte bho Bhreatainn, far an do dh'fheuch na h-uaislean ri aimhreit an t-sluaigh a mhùchadh às an uarach, bha MacCoinnich airson cur às do bhagairt aimhreit às an iarach.<sup>125</sup> Aig coinneamh Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh sa Ghiblean 1894, aig an robh MacCoinnich an làthair, ghabh an neach-comhairle, J. M. Graham, òraid anns an robh e a' comharrachadh gnìomhan MhicCoinnich is e air, 'bàta na Stàite a sheòladh le taic iùlag Ghàidhlig.' Nas fhaide air adhart san òraid, tha Graham a' toirt iomradh eile air an iùlag Ghàidhlig sin a chleachd Moses, cuideachd, gus clann Iosrael a threòrachadh tron fhàsach.<sup>126</sup> Ann an suidheachadh Iain MhicCoinnich, 's e adhbharan pearsanta agus adhbharan structarail, neo-phearsanta a thug air eilthreachd a dhèanamh.

### Beachdan ùra an t-Soillseachaidh

A rèir Brooking, 's e a mhiann tòiseachadh as ùr agus a bhith na thuathanach soirbheachail, neo-eisimeileach a phut MacCoinnich à Alba gu Sealann Nuadh.<sup>127</sup> Is math dh'fhaoidte gun robh buaidh smuaintean an t-Soillseachaidh ag obair air co-dhùnadh MhicCoinnich, cuideachd. Fo eagal sgaoileadh beachdan a dh'èirich às dèidh Rèabhlaid na Frainge, chleachd na h-uaislean eisimeileachd an luchd-obrach airson an smachd sòisealta a leudachadh.<sup>128</sup> Gidheadh, cha do chuir sin stad air sgaoileadh feallsanachdan agus oileanachd an t-Soillseachaidh ann an Alba. Tha Youngson a' togail air nochdadh choincheapan agus luachan ùra; an àite prìomhachas a thoirt do shochairan an nàisein, dh'fhàs mothachadh air cudromachd sochairan an neach fa leth.<sup>129</sup> Chualas beachdan a dh'argamaid airson còraichean an t-sluaigh; bha James Anderson, a bha aithnichte am measg luchd-smaoin an t-Soillseachaidh Albannaich, den bheachd gun do rugadh a h-uile duine co-ionnan is gun robh còir saorsa aig a h-uile duine. Gus toileachas a choileanadh, bhathar feumach air ìre àraid de neo-eisimeileachd agus tèarainteachd, a rèir Anderson.<sup>130</sup> Bhual beachdan adhartach Anderson air beachdan a chuir taic ris a' phrionnsabal gun robh bochdainn deatamach airson obair èifeachdach fhaighinn às an luchd-obrach.<sup>131</sup>

---

<sup>125</sup> Ibid., 270.

<sup>126</sup> *Daily Telegraph*, 18 April 1895.

<sup>127</sup> Ibid., 28.

<sup>128</sup> Arnold, *The Farthest Promised Land*, 20.

<sup>129</sup> Youngson, *After the Forty-Five*, 50.

<sup>130</sup> Ibid., 70.

<sup>131</sup> Ibid., 52.

Chuir Edward Gibbon Wakefield<sup>132</sup> taic ris a' bheachd gum feumadh 'tràillean air neo buidheann luchd-obrach eisimeileach' gus dèanamh cinnteach nach lùghdaicheadh calpa luchd-fastaidh. Mhol Wakefield do dh'ùghdarrasan riaghlaidh Sealainn Nuaidh prìs àrd a chur air an fhearann. Chumadh sin an luchd-obrach bho bhith a' ceannach fearainn agus bho bhith a' fàgail a' mhargaidh-obrach.<sup>133</sup> Cha do thachair mar a mhol Wakefield, ge-tà. Chaidh na h-oighreachdan mòra a bhriseadh an àirde is na sealbhairean a' toirt seachad an fhearainn air màl airson glè bheag de dh'airgead.<sup>134</sup>

Tha Sutch a' cur mun aire nach robh e gu diofar am b' e sealbhairean fearainn bho thùs, luchd-ceannach, '*speculative land sharks*', robairean nam Māori, no sguatairean Astràilianach a bh' anns an luchd-tuineachaidh a fhuair fearann leis gun robh iad uile fo bhuidheann eaconamaidh anns an robh a' mhòr-chuid den t-sluagh an eisimeil grunnan sealbhairean fearainn agus dòighean-saothrachaidh eile. B' e sin an dearbh eaconamaidh a bha an làthair ann am Breatainn mus do dh'fhàg na h-eilthirich.<sup>135</sup>

Ann an dòigh, fhuair luchd-tuineachaidh Sealainn Nuaidh an t-saorsa air an do bhruidhinn James Anderson. Thàinig an t-saorsa sin le ìre de dh'fhèinealachd, ge-tà. Air tòir saorsa stuthach, a rinn an dùthaich ùr so-ruigsinneach dhaibh, tha 'Eileanach' a' beachdachadh air giùlan nan Gàidheal a bha, 'ann an drip 's an deifir ; gach duine air a shon fein 's am fear a bhios air dheireadh beiridh a bhiast air.'<sup>136</sup> Thug na Gàidheil prìomhachas do shoirbheas a dh'fhàg iad ro thrang airson a bhith a' sgrìobhadh. 'S e an abairt 'cho luaineach ris na seangain' a chleachd 'Eileanach' airson tuairisgeul dòigh-beatha sòisealtas Sealainn Nuaidh.<sup>137</sup> Mhìnich e atharrachadh dòigh-giùlain le pailteas nàdarra na dùthcha ùire agus, cuideachd, pailteas obair a leigeas le Gàidheil gun a bhith an eisimeil na coimhearsnachd.<sup>138</sup> Ged a dh'aidich e gum b' e leasachadh a bh' anns an t-suidheachadh sin bhon t-suidheachadh ann an Alba,

---

132 B' e neach-stèidheachadh Companaidh Sealainn Nuaidh a bh' ann am Wakefield. Stèidhich a' Chompanaidh na ciad àitichean-tuineachaidh ann am Port Nicholson (Wellington), New Plymouth, Nelson, agus Wanganui. Bha Wakefield gu math an sàs ann an stèidheachadh siostam poilitigeach deamocrach ann an Sealann Nuadh. ('Edward Gibbon Wakefield', URL: <https://nzhistory.govt.nz/people/edward-wakefield>, (Ministry for Culture and Heritage), updated 8-Nov-2017, ga chleachdadh 23 Sultain 2018).

133 Sutch, *The Quest for Security*, 15.

134 Ibid., 20.

135 Ibid., 26.

136 *Southern Cross*, 10 March 1894.

137 Ibid., 15 December 1894.

138 B' ann sna 1890an a sgrìobh 'Eileanach' a chobhan Gàidhlig. Airson beachd iomlan fhaighinn air co-chomann nan Gàidheal feumar, cuideachd, aire a thoirt air suidheachaidhean eile. Nuair a ràinig Iain MacCoinnich Sealann Nuadh san t-Sultain 1860 chaidh a ghiùlan chun tìre is e a' fulang le droch shlàinte. Thàinig e am feabhas ann am bothan beag a ghabh Dòmhnall Ross, a bha air a bhith na charaid is nàbaidh do MhacCoinnich ann an Siorrachd Rois, air màl às a leth. (faic Brooking, *Lands For The People?*, 31.) Airson cuid de dh'eilthirich bha siostam co-chomann an làthair a thug taic is comhair dhaibh, gu h-àraidh sna làithean tràtha. A bharrachd air sin, tha aithisg Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh bhon Iuchar 1885 a' sealltainn gun do chruinnich buill a' Chomainn airgead airson Ghàidheal a bha ann an èiginn às dèidh bàs no tubaist ball an teaghlaich. (*Otago Daily Times*, 29 July 1885.)

far an d-thainig gainne is cruadal a stigh mar gu'm biodh làn-mara ann, an lorg an-ìochd 's an aintighearnais a bhatair a cleachdadh an aghaidh na tuaithe, fo ughdaras lagh agus neart na righeachd.<sup>139</sup>

### **Foghlam – tidsearan Gàidhlig ann an Sealann Nuadh**

Tha ìre àrd de litearrachd agus eilthireachd co-cheangailte is an dà rud air a bhith fo bhlàth aig an àm cheudna ann am Breatainn.<sup>140</sup> Air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan, ghabh An Comann Airson Stèidheachadh Sgoiltean Gàidhlig (*The Edinburgh Society For The Support of Gaelic School*, 1811) gnothach ri sgaoileadh litearrachd Gàidhlig air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eileanan. 'S e teagasg a' Bhìobail tro mheadhan na Gàidhlig a bha fa-near don Chomann. Tha aithisg a' Chomainn bho 1819 a' sealltainn gun robhar an dùil ri creideamh agus moraltaich nan Gàidheal a leasachadh. Bhathar airson faighinn cuidhteas de dh'aotramachd (*levity*), amaideachd, agus caitheamh neo-iomchaidh ùine gu h-àraidh sa gheamhradh.<sup>141</sup> Gu h-inntinneach, tha aithisg a' chomainn ag ràdh gur e a' chlann a theagaisg dom pàrantan le bhith a' leughadh dhaibh.<sup>142</sup>

Ann an Sealann Nuadh, dh'fhàs teagasg na Gàidhlig gu bhith na dhùbhlàn do-cheannsachail. Chuir an luchd-tuineachaidh am miann airson co-ionannachd agus deamocrasaidh an cèill tro leasachadh siostam foghlaim. Aig cridhe an leasachaidh sin, bha oidhirpean co-ionannachd eadar fir is boireannaich ann am foghlam a stèidheachadh.<sup>143</sup> B' e na h-Albannaich gu h-àraidh a chuir taic ri siostam àrd-sgoile a ghabh ri oileanaich boireannta.<sup>144</sup> Cha robh Gàidhlig na pàirt de leasachaidhean foghlaim, getà. Tha 'Cabarfeidh' air a' ghnòthach sin a chàineadh ann an colbh a sgrìobh e san t-Samhain 1893. Cuide ri bhith a' bruidhinn mu na leasachaidhean agus sochairean a thàinig air tidsearan agus sgoileirean le, 'Sgoilean saoir; tighean ùra ceutach, farsauinn, glan, blàth, tioram,' tha e a' càineadh trèanadh nan tidsearan, 'a theaguisgeas gach gnè chuspair a dh'iarrar orra ach a' Ghàilig féin theagamh.'<sup>145</sup> Ann an aontachadh le 'Cabarfeidh', thabhainn 'Feileadh-Beag' sgeulachd mu nighean a chaidh dhan Ghalltachd fad dà bhliadhna airson obair is a chaill a chuid Ghàidhlig. Chuir e crìoch ris a' choilbh le bhith a' bruidhinn ma fhoghlam fhèin agus mu mhi-dheòin Gàidheil Nuadh Sealainn Nuaidh Gàidhlig a labhairt. Cha

<sup>139</sup> *Southern Cross*, 10 March 1894.

<sup>140</sup> Bill Bell, 'Print Culture in exile: the Scottish emigrant reader in the nineteenth century', *Papers of the Bibliographical Society of Canada*, 36.2 (Fall 1998): p87-106. (1).

<sup>141</sup> *The Eighth Annual Report Of The Society For The Support Of Gaelic Schools* (Edinburgh, 1819), 6.

<sup>142</sup> *Ibid.*, 17.

<sup>143</sup> Tom Brooking, "Sharing out the Haggis", 50.

<sup>144</sup> *Ibid.*, 60.

<sup>145</sup> *Southern Cross*, 25 November 1893.

ghabh ràdh le cinnt dè am baile air an robh e a' bruidhinn, ach sgrìobh e, 'ged nach toil leibh a bhi ga labhart anns a' Bhaile-mor agaibhsa.'<sup>146</sup> A dh'aindeoin dith teagasg na Gàidhlig, tha 'Cabarfeidh' a' moladh nam buannachdan a thig le foghlam, fiù 's mas e foghlam tro mheadhan na Beurla a th' ann. Sgrìobh e nach cualas tuilleadh faclan a' bhàird, MacGriogair, a sheinn, 'Bha na Gàidheil ro aineolach, dall / Bha ionnsachadh gann 'nam measg.'<sup>147</sup>

Tha e follaiseach gun robh dith teagasg na Gàidhlig a' fàs gu bhith na dhuilgheadas do chuid de Ghàidheil Nuadh Sealannach. Sa Mhàrt 1873, thug sgrìobhadair an *Wanganui Herald* iomradh air adhbhar mì-dheòin nan Gàidheil Gàidhlig a thoirt don ghinealach air an cinn fhèin. Às aonais tidsear, sgrìobh e, cha robh e comasach do na Gàidheil, nan rèir fhèin, an cànan a thoirt don chloinn. Dhèanadh tidsear a-mhàin a' chùis do ghrunna teaghlaichean. 'S e cùis dhoirbh a bh' ann, ge-tà, tidsearan Gàidhlig a bhrosnachadh tighinn gu Sealann Nuadh.<sup>148</sup>

Tha argamaid sgrìobhadair an *Wanganui Herald* a' call beagan creideas air sgàth làthaireachd dithis bhràithrean às an Eilean Sgitheanach a bha nan tidsearan agus aig an robh Gàidhlig. Thàinig Colin Allan gu Otago ann an 1856 fo Chomhairle mòr-roinneil Otago. Bha e na thidsear sgoile ann am Port Chalmers. A bharrachd air sin, chaidh ainmeachadh mar oifigear in-imriche is e ag obair san dreuchd sin gus 1888.<sup>149</sup> On a bha Gàidhlig aige, chaidh a chur chun Eilein Sgitheanaich ann an 1886 gus croitearan Gàidhealach a thàladh gu Sealann Nuadh.<sup>150</sup> Bha Alexander George Allan na thidsear ann an Green Island. Coltach ri a bhràthair, bha e an sàs ann an gnothaichean in-imrich. 'S e rùnaire Comann Gaidheil Otago a bh' ann an Alasdair Allan. Ann am Pàipearan Pàrlamaid na bliadhna 1872, thabhainn Allan a bhith ag obair mar àidseant-eilthireachd a bhruidhneadh le Gàidheil na h-Alba mu buannachdan Sealainn Nuaidh ann an Gàidhlig.<sup>151</sup> Chaidh iarraidh air le James MacAndrew, stiùireadair mòr-roinneil Otago, leabhran a sgrìobhadh ann an Gàidhlig airson Gàidheil a thàladh gu Eilean Stiùbhart. 'S e 'Litir Iuil gu Muinntir Gaidhealtach agus nan Ileineann' an t-ainm a bh' air agus chaidh a sgaoileadh tron Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan.<sup>152</sup> Le Gàidhlig aig an dithis agus ùidh ann an riochdachadh Gàidheil Otago, tha a' cheist ag èirigh carson nach robh iad an sàs ann an teagasg a' chànain.

Bha e an urra ris an luchd-tuineachaidh fhèin sgoiltean a stèidheachadh sna làithean tràtha. B' fheudar do phàrantan iarrtas a chur do na mòr-roinntean airson togail sgoiltean agus fastadh thidsearan. Bha Otago na b' adhartaiche

---

146 Ibid, 28 October 1893.

147 Ibid; John Mackenzie, *Sar-Obair Nam Bard Gaelach: Or, The Beauties Of Gaelic Poetry* (Glasgow, 1841), 320.

148 *Wanganui Herald*, 12 March 1873.

149 *Star*, 15 May 1909.

150 *New Zealand Herald*, 18 July 1890.

151 *Appendix To The Journals Of The House Of Representatives*, 1 January 1872, 48.

152 *Otago Daily Times*, 5 February 1906.



na gin de na mòr-roinntean eile air sgàth miann an luchd-tuineachaidh Albannach siostam an sgoiltean paraiste ath-stèidheachadh.<sup>153</sup> Ann an 1850, chaidh an t-uallach airson stèidheachadh sgoiltean a thoirt do riaghaltasan nam mòr-roinntean. Chleachd na mòr-roinntean siostam chisean airson nan sgoiltean a mhaoineachadh. B' e na cìsean agus call neach-obrach (a' chlànn) a chuir bacadh air mòran teaghlaichean an cuid chloinne a chur don sgoil. Fiù 's nuair a chaidh an dleastanas airson stèidheachadh agus uidheamachadh sgoiltean a thoirt do riaghaltas na colonaidh air fad ann an 1877, cha tàinig piseach air staid nan sgoiltean. Cha robh goireasan gu leòr aig mòran sgoiltean agus, a bharrachd air sin, chuir siostam ùr a' mhòr-riaghaltais stad air na h-eaglaisean a bhith an sàs ann an cùisean sgoile. B' e beachdan-smuain nam pàrantan gu h-àraidh a dh'adhbhraich sin. Chithear gun robh faireachdainn ann am measg phàrantan, gu h-àraidh an fheadhainn a bha air foghlam fìor bhunaiteach fhaighinn san t-seann dùthaich, putadh airson siostam a theagaisgeadh dìreach nan sgilean as cudromaiche do chloinn, sin leughadh, sgrìobhadh, matamaitig, agus gràmar na Beurla. Nam beachd, cha robh feum ann air cruinn-eòlas, eachdraidh, saidheans bunaiteach, teagasg a' Bhiobal, agus cuspairean ealain.<sup>154</sup> Le suidheachadh nan sgoiltean èiginneach co-dhiù agus, a bharrachd air sin, dìth thidsearan agus mhinistearan Gàidhlig ann, cha robhar a' teagasg Gàidhlig ann an gin de na sgoiltean. A thaobh a' cheangail eadar foghlam agus Gàidhlig ann an Alba, sgrìobh Viktor Edward Durkacz gun robh tuigse ann cho tràth ris an 17mh gun robh feum ann litearrachd na Gàidhlig a neartachadh am fochair stèidheachadh siostam sgoile carthannais agus sgìreil. Bha sin deatamach airson sgaradh na Gàidhlig bho chultar na Gàidhealtachd a sheachnadh.<sup>155</sup> Tha leasachaidhean litearrachd Ghàidhlig san 19mh linn a' toirt fianais air ceangal an cànan ri eachdraidh creideamh na Gàidhealtachd. Aig deireadh an 18mh linn, dh'fhàs tuigse gun robh teagasg tro mheadhan na Beurla a-mhàin a' cur bacadh air feumalachdan spioradail agus foghlaim na cloinne.<sup>156</sup> Le siostam sgoile Sealainn Nuaidh a' sgaradh foghlam agus creideamh, ge-tà, fhuair eadh cuidhteas de bhunait teagasg litearrachd na Gàidhlig.

Cha deach clas Gàidhlig a stèidheachadh àite sam bith ann an Sealann Nuadh ro dheireadh na bliadhna 1905. B' e am ministear, Donnchadh MacGilleFhinnein, a stèidhich an clas. B' e oileanach an Ollaimh, Iain Stiùbhart Blackie, a bh' ann am MacGilleFhinnein. B' àbhaist dha clas cànanais is litreachas Ceilteach Bhlackie a fhrithéaladh ann an Dùn Èideann.

<sup>153</sup> Brooking, *Land For The People?*, 40.

<sup>154</sup> Graham, 'Settler Society', 132.

Faic cuideachd aithisg Comataidh sgoile Green Island. Chuir A. G. Allan, Sgiathanach a bha a' teagasg ann an sgoil Green Island, taic ris a' bheachd gum bu chòir teagasg spioradail tachairt ro no às dèidh uairean riatanach teagaisg. (*Otago Witness*, 7 June 1879).

<sup>155</sup> Victor Edward Durkacz, *The Decline of the Celtic Language* (Edinburgh, 1983), 23.

<sup>156</sup> *Ibid.*, 96.

Thòisich clas Gàidhlig Dhunedin le ceud oileanaich. Cuide ri fuaimneachadh agus eachdraidh na Gàidhlig, bhiodh na h-oileanaich ag ullachadh earrannan Gàidhlig a dh'aithris iad aig coinneamhan Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh.<sup>157</sup>

### **Slàinte spioradail – ministearan Gàidhlig ann an Sealann Nuadh**

Tuigear nach deach barrachd oidhirp a chur ann am brosnachadh thidsearan Gàidhlig ma bheirear sùil air àireamh mhinistearan Gàidhlig ann an Sealann Nuadh. San fharsaingeachd, b' urrainnear ràdh gun robh foghlam ann an deagh staid, fiù 's ma bha e ga thoirt don chloinn tro mheadhan na Beurla a-mhàin. Cha ghabh sin a ràdh, ge-tà, mu theagasg spioradail.

Chan e co-thuiteamas a bh' ann gur e ministear a stèidhich a' chiad chlas Gàidhlig. B' e dleastanas nam ministearan coimhead às dèidh slàinte spioradail nan coimhearsnachdan. Tha sgeul Gàidheil Waipu a' sealltainn na h-ìre de bhuaidh a bh' aig ministearan air an co-thional. B' fheudar don mhòr-chuid de Ghàidheil gabhail ri ministearan aig an robh Beurla a-mhàin. Tha colbh bho 'Old Identity' ann an *Otago Daily Times* bho 1872 a' caoidh na cùise sin. B' e cùis nàire a bh' ann dhasan gun cluinneadh, 'An cualas riamh a leithid nach eil ministear gaelig ann Dunedin,' agus gum bruidhneadh Gàidheil a bha air an dùthaich ùr-ruigsinn mu nàdar 'paganach' agus 'ain-diadhiadh' an luchd-tuineachaidh Gàidhealach.<sup>158</sup> Tha e ag aideachadh gun do thill mòran de Ghàidheil gu seòrsa de phàganachd, ach gun do chàin agus chaoidh iad fhèin a' chùis sin gu dona ann an litrichean a chuir iad dhachaigh. Ann am beachd 'Old Identity', dheimhinnich ministearan ann an Alba, a bha mothachail air suidheachadh èiginneach co-thional Gàidheil Sealainn Nuaidh, miseanaraidh Gàidhlig a chur don cholonaidh ann an 1858. Gidheadh, às dèidh don mhiseanaraidh teisteanasan airson a fhreagarrachd don dreuchd a thaisbeanadh, chaidh innse dha nach robh feum ann air. Na rèir, bha na Gàidheil airidh air ministear is iad air a bhith deònach airgead is ùine a chaitheamh eaglaisean Sasannach a thogail, urrasan tacachadh a stèidheachadh, miseanaraidhean a phàigheadh gus na Māori agus na Sìnich iompachadh agus ministearan Lùtharach fhastadh airson slàinte spioradail nan Lochlannach. Mar iomadh Gàidheil, chuir e earbsa ann an Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh airson gabhail thairis air eaglais no dhà ann an Dunedin agus airson ministear Gàidhlig fhastadh.<sup>159</sup> Fiù 's ged a bhathar air tòiseachadh bruidhinn mu chomann Gàidhlig, cha deach sin a stèidheachadh gu 1881. B' fheudar do na Gàidheil cumadh orra strì airson mhinistearan Gàidhlig tro na 1870an.

<sup>157</sup> *New Zealand Herald*, 21 October 1905; *Otago Daily Times*, 3 December 1907.

<sup>158</sup> *Otago Daily Times*, 22 May 1872.

<sup>159</sup> *Ibid.*

Bha Alexander George Allan, cuideachd, an sàs anns a' chòmhradh sin. Bliadhna às dèidh do 'Old Identity' a chàineadh a chur don *Otago Daily Times*, mhol Allan stèidheachadh Cathair Cheilteach aig Oilthigh Dhùn Èideann agus obair chomann Gàidhealach ann an Alba ann an colbh a nochd san *Otago Witness* ann an 1873. Chrìochnaich e a mholaidhean le bhith a' càineadh nach robh ministearan Sealainn Nuaidh an sàs ann an stèidheachadh no frithealadh coinneamhan chomann Gàidhealach ged a thàmh, na rèir, 3000 Gàidheil ann am mòr-roinn Otago a-mhàin aig an àm. Gu follaiseach, cha robh dòigh-giùlan nam ministearan cho eadar-dhealaichte bho dhòigh-giùlain nan tidsearan. Ged a bha Gàidhlig aig cuid de thidsearan is mhinistearan thagh iad gun a bhith ga labhairt.

Mhothaich Gordon Stuart Grant gun robh triùir luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Seanadh Clèireach Otago. A dh'aindeoin an comas Gàidhlig a bhruidhinn, dhiùlt iad seirbhisean a libhrigeadh sa chànan.<sup>160</sup> Chuir Grant iomadh sgrìobhadh Beurla gu irisean a' moladh eaglais a stèidheachadh ann an Dunedin is ministear Gàidhlig fhastadh gus eilthireachd Ghàidhealach dhan mhòr-roinn, Otago, agus gu Sealann Nuadh san fharsaingeachd a bhrosnachadh. B' e na faclan a thagh e, 'Stèidhichibh Sion Gàidhealach ann an Dunedin, seallaibh don t-saoghal gu bheil anam nan Ceilteach air ur n-aire.'<sup>161</sup> Coltach ri 'Old Identity', chàin e an ùine, oidhirp, agus airgead a bha gan caitheamh air tùsanaich nan Nuadh-eileanan (*New Hebrides*), air na Sìnich, na Suainich, na Dànaich, na Nirribhich, agus air na Gearmailtich.<sup>162</sup> Feumaidh gun deach gearanan nan Gàidheal a chluinntinn. Bliadhna às dèidh do bheachd Ghrant a bhith ga chlà-bhualadh sa *Grey River Argus*, tha gearr-chunntas air seirbhis Ghàidhlig leis an Urr. W. Douglas à Akaroa a' nochdadh ann an ceithir diofar irisean, trì dhiùbh a' buntainn do mhòr-roinn Otago agus aonan do Wellington gu sònraichte. Air ùr-tighinn gu Sealann Nuadh, libhrig an t-Urr. Douglas dà shearmon Gàidhlig anns a' Chiad Eaglais, Dunedin. Bha na Gàidheil cho glacte ris a' mhinistear ùr, òg gun robh mòran airson 's gum biodh e air ainmeachadh mar mhinistear miseanaraidh na mòr-roinne.<sup>163</sup>

160 Anns a' cholbh mu bheachdan Grant, tha an Gàidheal ga chàineadh is ainmeachadh leis an ùghdar mar 'ministear maide', ministear nach d' fhuair tro dheuchainn na h-eaglaise no a libhrig searmon neo-iomchaidh rè àm probhaidh. Chan e iomradh neodrach, firinneach a bh' ann an sin. Tha e follaiseach gu bheil blas de ghamhla air cainnt an ùghdair. A rèir chòlbhan eile, a bheir iomradh air Grant, b' e caractar le inntinn is beachdan làidir a bh' ann an Grant is e aithnichte ann an Dunedin. (*Star*, 27 February 1902). Tha Tanja Bueltmann ga ainmeachadh mar, 'one of colonial New Zealand's most eccentric figures.' (Bueltmann, *Scottish Ethnicity And The Making Of New Zealand Society*, 30). Mar dhearbhadh, tha fianais ann gun deach Grant a chur an grèim aig coinneamh Comhairle mòr-roinneil is e air sior-labhairt leis an neach-bruidhinn ged a chaidh iarraidh air, iomadh turas a rèir na h-aithisge, a bhith a' suidhe sìos. (*Otago Daily Times*, 9 June 1924). 161 *Grey River Argus*, 29 January 1873.

162 Tha dà sheann chladh ann an Dunedin, Cladh a Tuath agus Cladh a Deas. Ged a lorgar iomadh ainm Gàidhealach chan fhaighear lorg air mòran snaidh-sgrìobhaidhean Gàidhlig. Chan eil snaidh-sgrìobhaidh Gàidhlig idir ri lorg air Cladh a Tuath. Gidheadh, 's e cleach chomharra Gleanna Garraidh agus leac-lighe James Gordon Stuart Grant na h-aon chleachan (saoilear) le snaidh-sgrìobhaidh Gàidhlig a lorgar air Cladh a Deas. 'S e, 'Duine Foghlumte Do Shliochd Nan Gaidheal.' Rugadh Grant ann an 1834 ann an Srath Spé agus thàinig e gu Dunedin ann an 1855 far an d' fhuair e bàs air 27mh an Gearrain 1902.

163 *Otago Witness*, 10 January 1874.; *Grey River Argus*, 14 February 1874; *Wellington Independent*, 14 February 1874; *Otago Daily Times*, 21 February 1874.

Thàinig aithrisean is sanasan air seirbhisean Gàidhlig gu stad às dèidh 1874. Gheibhear an t-ath shanas san *Southland Times*. Chuir an iris sanas a-mach ann am Beurla air 8mh Dàmhair 1880. B' e an t-Urr. Ross à Queenstown a libhrig an searmon ann an Eaglais Chlàireach Naomh Pòl, Invercargill.<sup>164</sup> Bliadhna às dèidh sin, chlà-bhuail an *Ashburton Guardian* agus am *Press* sanas Gàidhlig, cha mhòr gu làitheil, tron Dùbhlachd ag innse do na Gàidheil mu sheirbhis Ghàidhlig leis an Urr. Alasdair Mac-a-Leinean ann an Eaglais Albannach, Dunedin.<sup>165</sup> Tha coltas air gun do dh'fhàs seirbhisean Gàidhlig nas cumanta tro na 1880an, ged a bha iad fhathast ainneamh. Cuide ri Douglas agus Mac-a-Leinean, chithear ainmean mhinistearan Gàidhlig eile a' nochdadh. Fhad 's a bhiodh an t-Urr. Friseal à Lorans (*Lawrence*) a' libhrigeadh searmon Ghàidhlig ann an Eaglais Chlàireach Bhaile Cluaidh, bhiodh searmon Gàidhlig co-thional Gàidhealach na h- Eaglaise Cholumba ann an Oamaru ga thabhann leis an Urr. MacGregor.<sup>166</sup> Chlà-bhuail an *Hawke's Bay Herald* sanas searmon Ghàidhlig leis an Urr. Caimbeul ann an 1881 agus thabhainn an t-Urr. MacLeòid, à Devonport, teagasg spioradail do Ghàidheil Auckland ann an Eaglais Naomh Sheumais agus ann an Eaglais Naomh Anndra ann an 1882.<sup>167</sup> Chaidh sanas sheirbhisean Gàidhlig gu tur à sealladh tro na 1890an, ach nochd iad às ùr tràth san 20mh linn.

Thugadh iomradh mar-thà air an Urr. MacGilleFhinnein a thabhainn searmonan Gàidhlig ann an Dunedin agus, cuideachd, ann an Eaglais Chlàireach Naomh Iain ann an Wellington.<sup>168</sup> An toiseach, chaidh Donnchadh MacGilleFhinnein a chur gu Sealann Nuadh airson a bhith na mhinistear do cho-thionalan Gàidhealach ceann a tuath na dùthcha.<sup>169</sup> Lion e oifis ministear Waipu, an uairsin Dunedin (Eaglais Chalmer), agus, mu dheireadh thall, Edendale faisg air Invercargill mus do thill e agus a theaghlach air ais gu Alba.<sup>170</sup> Chithear, cuideachd, iomraidhean air an Urr. W. MacKay aig fìor thoiseach na linne. Libhrig MacKay searmon Gàidhlig sa Chiad Eaglais ann an Dunedin. Nochd geàrr-chunntas dhen t-searmon sin san *Southern Cross* fon tiotal 'Latha sa Sàbaid aig an taigh' mar fheum do na Gàidheil aig nach robh e comasach searmon Gàidhlig a fhrithealadh.<sup>171</sup> Le ministearan cho gann agus na Gàidheil a' fuireach gu h-iomallach agus sgapte air feadh na dùthcha, shaoileadh gum biodh na h-irisean air a' bheàrn seo a lionadh. Cha do thachair sin, ge-tà. Sgrìobh deasaiche a' *Public Opinion* gu soilleir ann an iris 21mh Cèitean 1881 nach robh an colbh Gàidhlig a' gabhail gnothach ri cùisean poilitigeach agus cùisean a

<sup>164</sup> *Southland Times*, 8 October 1880.

<sup>165</sup> *Ashburton Guardian*, 11 November 1882., *Press*, 12 December 1882.

<sup>166</sup> *Clutha Leader*, 5 December 1884., *Oamaru Mail*, 13 October 1882.

<sup>167</sup> *Hawke's Bay Herald*, 28 December 1881., *New Zealand Herald*, 26 August 1882., *Auckland Star*, 30 September 1882.

<sup>168</sup> *Dominion*, 18 November 1912.

<sup>169</sup> *Otago Daily Times*, 9 May 1914.

<sup>170</sup> *Ibid*, 12 May 1914.

<sup>171</sup> *Southern Cross*, 16 February 1901.

bhuineadh do chreideamh. Ann am freagairt a chuir an deasaiche gu leughadair, sgrìobh e, ‘b’ fheàrr leinn nas lugha de ghnòthach a ghabhail le diadhaidheachd. Mas e ’s gur e neach-matamataig a th’ annaibh tuigidh sibh gu furasta dè as ciall do “nas lugha na càil”!’<sup>172</sup> Is math dh’fhaoidte gun robh gnothaichean cràbhach ag adhbhrachadh strì seach a bhith a’ cruthachadh aontas agus co-chomann eadar na Gàidheil. Cha deach mòran susbaint cràbhach fhoillseachadh ann an colbh Gàidhlig an *Southern Cross* nas motha. Seach òran mu bhreith Ìosa Crìosd a chuir ‘Eileanach’ ris a’ cholbh aig àm Nollag 1894 agus an t-òran ‘Taladh Ar Slanuighear’ a rinn an t-Urr. Ronald Rankin airson a cho-thionail mus do dh’fhàg e airson Astràilia ann an 1855, chan eil barrachd sgrìobhaidhean cràbhach rim faighinn san iris.<sup>173</sup>

### Co-dhùnadh

B’ e amas a’ chaibideil seo sgrùdadh a dhèanamh air ion-dhèantachd teòiridh Sutch. Chan urrainnear ràdh gun do bhrosnaich an t-ana-cheartas agus an droch ghiùlan a dh’fheadh iad ann an Alba na Gàidheil rèite a dhèanamh le bhith a’ cur am beachdan sìos ann an òran no air pàipear. Mas e ’s gun deach iomradh a dhèanamh air an t-seann dùthaich agus an dòigh-beatha a bh’ aig na Gàidheil ann an Alba, tha e daonnan ceangailte le cùisean a bhuin don dùthaich ùir. Chan e strì a dh’fhuilingeadh san t-seann dùthaich a bhrosnaich Gàidheil sgrìobhadh is cruthachadh sa Ghàidhlig mar as trice, ach strì san dùthaich ùir. Le ‘Feileadh-beag’ a’ toirt iomradh air co-chomann Gàidheil Lunnainn agus ‘Cabarfeidh’ a’ bruidhinn mu chinnealtas Gàidheil na seann dùthcha, feumar a bhith mothachail gun deach cùisean am mìosad airson cultar is cànan nan Gàidheil ann an Sealann Nuadh fhèin. A thaobh chùisean leithid foghlaim, neo-eisimeileachd eaconamach, cothroman a bhith an sàs ann an saoghal poilitigeach, agus dòigh-beatha is soirbheas pearsanta thàinig piseach air staid nan eilthreach.

Tha coltas air gu bheil teòiridh strì Sutch ag obair ma ghabhar ri sluagh Sealainn Nuaidh mar bhuidheann aon-seòrsach aig an robh àrd-amasan agus prìomhachasan coitcheann. Aig ìre cultar nan Gàidheil, ’s fìor gun tàinig aon atharrachadh, aig a’ chuid as lugha, à strì a bha air èirigh ann an Alba. Dh’fhaodadh beachdachadh mu neo-làthaireachd iomradh air cinn-cinnidh, sean is ùr, mar fhreagairt do mhì-chinnt nan Gàidheil mu phàirt is choire nan uachdaran agus nan ceann-cinnidh sna Fuadaichean. Gidheadh, cha b’ ann ann an Sealann Nuadh a-mhàin a dh’èirich an t-atharrachadh sin. Cha gabhadh ràdh gun robh iomairt litreachas na Gàidhlig a stèidheachadh gu cunbhalach soirbheachail. Leis na Gàidheil is an cultar fo ionnsaigh ann an Alba bho àm Ar-a-mach nan Seumasach is na Gàidheil air tòir co-choslachadh leis a’ mhòr-chultar Ghallda ann an Sealann Nuadh fhèin, tha

---

172 *New Zealand Public Opinion*, 21 May 1881.

173 *Southern Cross*, 29 December 1894; *Ibid*, 25 April 1896.

coltas ann gur e an cur às do dhiofar chultaran an leasachadh as motha a thàinig à strì na seann dùthcha.

## Caibideal a dhà – Buaidh Na Dùthcha Ùire

### Ro-ràdh

Annas a' chaibideal mu dheireadh, chaidh buaidh na seann dùthcha air stèidheachadh litreachas na Gàidhlig ann an Sealann Nuadh a sgrùdadh. Chaidh a chur mun aire nach do phut Gàidheil Nuadh Sealannach airson foillseachadh cunbhalach ann an Gàidhlig air sgàth an làimhseachaidh a dh'fhuiling iad, agus an cultar, san t-seann dùthaich. Eu-coltach ri Canada agus Astràilia, cha deach iris fhoillseachadh riamh ann an Sealann Nuadh a bha ann an Gàidhlig agus gu sònraichte airson Ghàidheil Nuadh Sealannach. Tha e comasach gur e an t-iomallachadh a thug orra co-choslachadh a shireadh ann an Sealann Nuadh. Mar phàirt den phròiseas sin, cha d' rinn na Gàidheil oidhirp Gàidhlig a ghlèidheadh agus a thaisbeanadh san dùthaich ùir mar a rinn iad ann an colonaidean eile. Gidheadh, cha seas teòiridh Sutch leatha fhèin. Mas e 's gun tug làimhseachadh an cànan is cultar ann an Alba air na Gàidheil an cànan a thrèigsinn san dùthaich ùir, dè thug orra litreachas na Gàidhlig a ghlèidheadh agus adhartachadh ann an Canada agus Astràilia? Tha an caibideal seo a' toirt sùil air cothroman agus càileachdan Sealainn Nuaidh airson freagairt fhaighinn don cheist sin.

Chuir William Pember Reeves mun aire ann an 1899 gum b' e an saoghal ùr a thug buaidh shònraichte air dòigh-giùlain nan eilthireach.<sup>174</sup> B' iad na dùbhlain agus na sochairean a chuir an dùthaich ùr ro na h-eilthirich a dheimhinnich an cuid ghnìomhan is fhreagairtean do dh'atharrachaidhean agus leasachaidhean. Air sgàth dlùth-choilltean neo-cheannsaichte, pailteas so-ruigsinneach ghoireasan nàdarra agus aimsir na dùthcha ùire, thàinig sòisealtas stèidhichte air tàlant agus sgilean (seach sochairean teaghlaich agus beartais) gu bith.<sup>175</sup>

Cha deach Reeves às àicheadh gun tàinig na h-eilthirich le beachdan is dòighean-beatha stèidhichte gu Sealann Nuadh. Ge b' oil leis na h-eilthirich bun-bheachdan air 'calpa agus saothair, foghlam agus creideamh' a thoirt leotha thar a' chuain, bha Reeves den bheachd gun do dh'obraich na bun-bheachdan sin ceart cho math, no fiù 's nas fheàrr, ann an àrainneachd 'nas fhasa, nas sona.'<sup>176</sup> Na chunntas eachdraidheil, *The Long White Cloud*, tha Reeves a' comharrachadh gu h-àraidh fheartan is coltas sònraichte Sealainn Nuaidh. Tha iad sin ag obair mar chnàimh-droma ann an eachdraidh na dùthcha agus a sluaigh. Chunnacas *The Long White Cloud* mar bhun-leabhar aithnichte airson eachdraidh Sealainn Nuaidh gus 1950.

<sup>174</sup> W. P. Reeves, *The Long White Cloud*, (London, 1899).

<sup>175</sup> Peter Matheson, 'Foreword', ann am Brooking and Coleman (deas.) *The Heather and the Fern – Scottish Migration & New Zealand Settlement* (Dunedin, 2003), 7-9 (9).

<sup>176</sup> Reeves, *The Long White Cloud*, 168.

Mas e 's gun robh clò-bhualadh agus foillseachadh litreachas na Gàidhlig ann an Sealann Nuadh nam pàirt organach de leasachaidhean nàdarra, dosheachanta Sealainn Nuaidh, tha a' cheist ag èirigh ciamar a chaidh feartan a tha fìor shamhlachail do Shealann Nuadh a chur an cèill ann an sgrìobhaidhean Gàidhlig? A bheil e fìor gun robh an luchd-tuineachaidh dìreach airson 'cumail a' dol' an àite a bhith a' cumail 'teann-ghrèim air cuimhneachan air an t-seann dùthaich'?<sup>177</sup> Leis gun do nochd agus gun do lùghdaich litreachas Gàidhlig Sealainn Nuaidh gu h-obann aig deireadh an 19mh linn, an gabh nochdadh agus crìonadh na Gàidhlig ann an Sealann Nuadh a chur às leth buaidh na dùthcha ùire? Le bhith a' sgrùdadh susbaint nan colbhan Gàidhlig a chaidh fhoillseachadh sna 1880an agus sna 1890an, thèid teòiridh Reeves a chur fon phrosbaig.

Tha a' chiad fho-chaibideal, 'Sealann Nuadh – pàrras an fhir-imrich mhisneachail agus oidhirpeach' a' toirt sùil air an litreachas Gàidhlig a chaidh a bhrosnachadh le geallaidhean nan àiseantan eilthireachd. An uairsin, ann an 'Ro thrang airson sgrìobhadh – atharrachadh phrìomhachasan', tha buaidh na h-àrainneachd ùire fo sgrùdadh. Tha am fo-chaibideal, 'Oidhirpean ath-chuimhneachadh', a' sealltainn mar a thug tachartasan poiliteigeach agus eaconamach ann an Sealann Nuadh air na Gàidheil cofhurtachd a lorg taobh a-muigh crìochan na dùthcha. Tha colbhan Gàidhlig an *New Zealand Public Opinion, Sportsman and Saturday Advertiser* a' toirt fianais air a' ghnòthach sin. Tha na diofar bheachdan air cò a bu choireach airson a' ghluasaid air falbh bhon dualchas Ghàidhealach fo sgrùdadh ann an, 'Coire nan eilthireach Gàidhealach'. Tha an dà fho-chaibideal mu dheireadh, 'Bho ath-chuimhneachadh gu ath-dhùsgadh' agus 'Colbhan an *Southern Cross*', a' tabhann tuairisgeul agus anailis air an atharrachadh a thàinig air cruth agus susbaint litreachas Gàidhlig Sealainn Nuaidh aig deireadh an 19mh linn.

### **Sealann Nuadh – pàrras an fhir-imrich mhisneachail agus oidhirpich**

Nuair a chuir e roimhe cunntas eachdraidheil a sgrìobhadh, cha b' e cunntas '*globe-trotting impressionist*' air neo alt coimiseanaichte le sgrìobhadair nach do chuir riamh cas air talamh Sealainn Nuaidh a bha fànear do Reeves.

Rugadh Reeves ann an 1857 aig Lyttelton (Canterbury) do phàrantan Sasannach. Bha daonnan ùidh mhòr air a bhith aig Reeves ann an poileataigs. Às dèidh dha tarraing à ceum lagha aig Oilthigh Oxford (air sgàth droch shlàinte), thòisich Reeves colbhan poiliteigeach a sgrìobhadh airson an *Lyttelton Times* ann an 1883. Ghluais e air adhart gu bhith na sgrìobhaiche pàrlamaid na h-irise ann an 1883 mus do ghabh e thairis air obair athar mar dheasaiche na h-irise seachdaineil, an *Canterbury Times*. Chuir Reeves taic ri poileataigs libearalach. Ann an 1890, chaidh a bhileag,

---

<sup>177</sup> Patterson, Brooking, McAloon, *Unpacking the Kists*, 6.



‘Some historical articles on communism and socialism’ fhoillseachadh. B’ i a’ bhileag sin a’ chiad den chuspair sin ann an Sealann Nuadh. Dà bhliadhna às dèidh sin, chaidh Reeves ainmeachadh ministear Làbarach ann an caibineat Bhallance. Thathar ag ràdh gum b’ e Reeves a’ chiad mhinistear Làbarach ann an Ìmpireachd Bhreatainn. B’ e iomadh achd a chaidh a chur seachad fo Reeves. Chanadh gum b’ e siostam riaghladh Làbarach Reeves an siostam as iomlaine air an t-saoghal aig an àm sin. Fodha, chaidh Achd Truck a chur seachad ann an 1891 a chuir casg air tuarastal ann am farradh (seach airgid). Cuideachd, phut Reeves airson Achd Fhactaraidhean 1894 a chuir stad air fastadh cloinne nas òige na 14 bliadhna. Cuideachd, dheimhinnich an Achd uairean obrach airson bhoireannach agus cloinne. Fhuair Reeves mòran eas-aontachadh airson Bile Toirmeasg In-imrichean. Ged a chuir luchd an Aonaidh taic ris a’ bheachd na h-in-imrichean Àisianach às-dùnadh, cha deach aontachadh le às-dùnadh nan diol-dèircean (in-imrichean le nas lugha na £20). Ged a lean Reeves prionnsabalan sòisealach, cha b’ e Marxach a bh’ ann.<sup>178</sup>

Bu mhiann leis an neach-poilitigs ‘eachdraidh nach dèanadh dearmad air taobh dealbhadaid na sgeulachd’ a thabhainn don leughadair. San eachdraidh sin, tha an àrainneachd co-fhillte le co-dhùnaidhean agus dòigh-giùlain an luchd-àiteachaidh agus an dà chuid a’ toirt buaidh air a chèile. Bha Reeves airson cur an cèill gur i an àrainneachd a chuir cumadh air an luchd-tuineachaidh. Bhon toiseach, dheimhinnich nàdar na h-àrainneachd dè seòrsa luchd-tuineachaidh a bhiodh freagarrach airson tuineachadh sa cholonaidh. Le cnuic Eilein a Deas cho garbh is còmhdaichte le craobhan a bha doirbh rin clìoradh agus leis na geamhraidhean a bha nas cruaidhe na geamhraidhean an Eilein a Tuath, dh’fheumadh luchd-tuineachaidh Albannach airson tuineachadh ann.<sup>179</sup>

Dh’fhàg an sgaradh bho chàirdean agus an dùthaich mhàthaireil droch bhlas air teanga nan eilthireach, ge-tà. Tha litrichean eilthireach, air an tug Tanja Bueltmann sùil, a’ cur ann am faclan a’ chaill a dh’fhuiling an fheadhainn a dh’fhàg agus an fheadhainn a dh’fhuirich. Gu tric, bha tuigse ann nach fhaicteadh a chèile a-rithist beò.<sup>180</sup> Tha òran Iain MhicGillÌosa air turas an *Strathallan* gu Sealann Nuadh ann an 1858-59 ag ràdh, ‘Fad ’o m’chairdean ’s ’o m’luchd eolais / Cha be ’n deoin a rinn ur sgaradh.’<sup>181</sup> Cha do dh’fhàg iomhaigh nan càirdean an neach-bruidhinn às dèidh dha Breatainn fhàgail, ‘Ged a chi mi ’m brudar buairt iad, / Bi’dh iad fada ‘uam sa mhaduinn.’<sup>182</sup>

Le Otago cho coltach ri Alba, ge-tà, agus foirfe airson luchd-tuineachaidh Albannach, saoillear gum biodh an àrainneachd air sòlas a thoirt dhaibh. Ma

178 Keith Sinclair. ‘Reeves, William Pember’, Dictionary of New Zealand Biography, first published in 1993. Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand, <https://teara.govt.nz/en/biographies/2r11/reeves-william-pember> (ga chleachdadh 22 Sultain 2018)

179 Reeves, *The Long White Cloud*, 232.

180 Bueltmann, *Scottish Ethnicity And The Making Of New Zealand*, 46.

181 *The New Zealand Public Opinion*, 30 April 1881.

182 Ibid.

bha an t-àite iomchaidh airson nan Gàidheal, nach biodh e, cuideachd, iomchaidh airson an cànan?

Thòisich buaidh Sealainn Nuaidh a dh'obair air na h-eilthirich mus do dh'fhàg iad an dùthaich mhàthaireil. Tha òran Iain MhicGillÌosa ag innse mu thàlaidhean fuadan nan àidseantan-eilthireachd. B' e coltas agus càileachd na h-àrainneachd aon de na h-argamaidean as treasa a thug air eilthirich dol thar a' chuain. Air do MhacGillÌosa a' cholonaidh a ruigsinn ann an 1859, thug fìorachd an t-suidheachaidh air òran a dhèanamh. San òran, '*New Zealand as painted by the emigration agents some twenty-five years ago*', chuir e geallaidhean fuadan nan àidseantan taobh ri taobh ris an fhìrinn a bha ma choinneamh. Ann an stoidhle dhualach do àidseantan nan làithean siud, mar a mhothaich Marjory Harper, chuir tuairisgeulan air Sealann Nuadh Gàrradh Edein no Tìr a' Gheallaidh an cuimhne nan leughadairean.<sup>183</sup> Gheall na h-àidseantan, 'An tìr - do fhion tha i lán / 'S bannne blàth tha i silleadh !'<sup>184</sup> Tha an còrr den geallaidhean a' neartachadh iomhaigh Sealainn Nuaidh mar phàrras,

Far robh samhradh do ghnath  
Cheart cho blath ris an iuchar,  
Far nach feum an crodh bàn  
Fodar, bathach, no tuirneip !

Far bheil Fion uisge ghnath  
Teachd a mhain 'o gach fireach  
'O na beanntaichean ard  
'S currac bàn air a mullach.

Far an cinn am puntat  
I's gach barr e'd a chuineas  
Far nach iarr iad ga fàs  
Feamainn, lathach, no inneir.<sup>185</sup>

Gu tric, chaidh aimsir, talamh torrach, agus goireasan nàdarrach a chleachdadh mar chulaidh-bhrosnachaidh eilthireachd. Ann an *Gearr-chunntasan Air New Zealand; Air Son Feum Luchd-imrich* bho 1872, chleachd an àidseant-eilthireachd, an t-Urr. Peter Barclay, coltas na colonaidh gu h-àraidh airson eilthirich a thàladh chun na dùthcha. Airson càileachd shònraichte Sealainn Nuaidh a chur an cèill, chleachd Barclay faclan an talamh-eòlaiche, Ferdinand von Hochstetter, a mhol Sealann Nuadh mu 1867,

<sup>183</sup> Marjory Harper, "The evolution of emigrant travel to New Zealand in the nineteenth and twentieth centuries", *Journal for Maritime Research*, 18:1 (2016), 17-35 (17).

<sup>184</sup> *The New Zealand Public Opinion*, 19 February 1881.

<sup>185</sup> *Ibid.*

Le talamh torach [...] anabarrach iomchuidh air son treabhaidh 's tuathanais [...] tha e 'n a thìr gun ainmhidhean cunnartach, gun luibhean uimheil, ach beartach ann an ionmhas mhèinn, tìr far an cinnich eich, buar, agus caoraich, 's far am fàs measan, siol, agus buntàta gu pailt, tìr air a sgeadachadh le uile thaitneas agus dhreachan dealbh-choslas greadhnach agus nàdurra [...] a tha gealltuinn do 'n fhear-imrich mhisneachail, agus oidheirpeach, àm ri teachd a bhios tarbhach agus dealrach.<sup>186</sup>

Chithear gun tug von Hochstetter iomradh air na dearbh gheallaidhean a chaidh, a reir choltais, thoirt do MhacGillÌosa. Gidheadh, tha dàrna pàirt òran MhicGillÌosa a' foillseachadh breugan nan àidseantan,

'N ait samhradh a ghnath  
Cheart cho blàth ris an inchar,  
Tha coig mìosan nan ait so  
Do anradh 's do fhleuchadh.

Ged a chinn am buntàt  
Agus barr eile chuirear  
Ann an lionmhorachd àit,  
'S gann gum paigh e fear-cura.<sup>187</sup>

Tha an aimsir agus an talamh fo dhiteadh MhicGillÌosa a bha, mar a chithear, air a mhealladh le faclan nan àidseantan. Mu ionmhas na talmhainn, dhìomhol e, 'Na tha dh'òr anns an lar / 'S truagh a phairt tha ga shireadh...'<sup>188</sup> Ged as e dìomoladh a bha fa-near do MhacGillÌosa, tha an t-òran aige a' dearbhadh teòiridh Reeves. B' i an dùthaich ùr, a coltas agus a càileachd, a thug air bàrdachd a dhèanamh; fiù 's nam b' e dìomoladh agus càineadh amas na bàrdachd. Tha deireadh òran MhicGillÌosa gu sònraichte tiamhaidh,

Nuair rainig sinne thall,  
Gur ann a bha 'n iomairt,  
Bha gach Sasanach is gall  
Cealgach, sanntach 's neo-cheanalt.

'S cha be gaidheil a bha ann  
Do na ghraisg a bha 'n cumhachd,

---

<sup>186</sup> P. Barclay, *Gearr-Chunntasan Air New Zealand. Air Son Feuma Luchd-imrich*. (Edinburgh, 1872), 29.

<sup>187</sup> *New Zealand Public Opinion*, 26 February 1881.

<sup>188</sup> *Ibid.*

Yanks is Eirinneach gun Phàp  
Dithis b' fheàrr dona chuideachd.

'N aite saors agus àgh,  
Bhi 'n copairt aig gach duine,  
Gheibh thu daorsa gu bàs  
Mar deau mammon do theireadh.<sup>189</sup>

'N ait bhi sabhailt mar Adh'mh  
Sa gharadh man thuit e,  
'S ann bhios ruaig ort le Cáen  
Do bhràthair is seine.<sup>190</sup>

Thugadh iomradh, mar-thà, air òran Iain MacIllEathain a rinn am bàrd ann an Canada, 'Seann Albainn agus Albainn Ur' a tha, coltach ri òran MhicGillÌosa, a' cur geallaidhean an àidseint agus firinn an t-suidheachaidh taobh ri taobh.<sup>191</sup>

Bha òrain dimolaidh cumanta sna colonaidhean, gu h-àraidh sna làithean tràtha. Cha ghabh ràdh le cinnt cho eòlach 's a bha Gàidheil Sealainn Nuaidh air òran MhicGillÌosa. Nochd e airson a' chiad thuras ann an 1881 anns a' *Phublic Opinion*. Mar thoradh air staing an ionmhais, a fhuair breab tòiseachaidh bho bhriseadh (*collapse*) Banca Baile Ghlaschu ann an 1878, thàinig an t-Ìsleachadh Fada air Sealann Nuadh. Mhair an t-Ìsleachadh agus a dhroch bhuaidh air eaconamaidh na dùthcha fad nan 1880an.<sup>192</sup> Le Sealann Nuadh a' dol fodha ann an cion-cosnadh, briseadh-airgid am measg thuathanach, eucoir, agus duilgheadasan le misgeachd, dh'ath-dhearbh òran a thaisbean a h-uile rud a bha ceàrr ris a' cholonaidh bhon toiseach mì-shunnd an luchd-tuineachaidh. Gu h-inntinneach, an àite comhfhurtachd agus fois-inntinn a thoirt do na leughadairean mun dùthaich anns an robh a' mhòr-chuid dhiubh stuicte, thagh deasaiche a' *Public Opinion* connadh a chur ris an teine. Dh'fhaodadh gabhail ris, ge-tà, gun tàinig mòran a bhiodh air an t-òran a leughadh gu Sealann Nuadh sna 1870, aig àm iomairt ion-imrich mhaoinichte Vogel.<sup>193</sup> Tha e glè chomasach nach do dh'fhidir na h-in-imrichean ùra Sealann Nuadh mar a dh'fhidir MacGillÌosa i.

Ged a bha cunntasan nan àidseantan-eilthireachd gu tric làn ròlaistean, is iad a' taisbeanadh leagadh romansach de Shealann Nuadh, feumar ràdh nach robh iad gu tùr neo-fhìrinneach. Ge b' oil le Barclay na geallaidhean

---

<sup>189</sup> Ibid., 26. February 1881.

<sup>190</sup> Ibid.

<sup>191</sup> Maclean Sinclair, *Clarsach Na Coille*, 97.

<sup>192</sup> Brian Easton, 'Economic history - Boom and bust, 1870-1895', *Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand*, <http://www.TeAra.govt.nz/en/economic-history/page-5> (ga chleachdadh 3 Sultain 2018).

<sup>193</sup> Ibid.

cumanta a thaisbeanadh na gheàrr-chunntas, chithear gun robh dòigh-obrach Barclay car onaireach. Ann an às-carrann von Hochstetter, tha iomradh ann gum feumar a bhith ‘mhisneachail’ agus ‘oidheirpeach’ airson a bhith soirbheachail san dùthaich ùir. Dh’ullaich Barclay an leughadair leis na faclan, ‘Cha-n ’eil teagamh air bith nach feumair, ’s a’ cheud dol a mach, gleachd ri iomadh deuchainn ann an dùthaich choigrich;’ Chùm e air leis a’ chomhairle gun robh ‘saothair agus sàrachadh dualach’ gu h-àraidh sna làithean tràtha.<sup>194</sup>

### **Ro thrang airson sgrìobhadh – atharrachadh phrìomhachasan**

Tha cunntas eachdraidh Reeves suidhichte àiteigin eadar ròlaistean nan àidseantan tràtha agus fireantachd Barclay. Le ire de romansachd, tha Reeves a’ comharrachadh feartan na dùthcha a tha, ‘cho drùidhteach, caochlaideach, agus tarraingeach [...] cho làn fothail, atharrachadh agus deuchainn.’<sup>195</sup> Gu teòiridheach, bu chòir do na feartan sin cothrom is cuspair gu leòr a thoirt do na Gàidheil litreachas a chruthachadh. Sgrìobh Reeves nach robh rud sam bith nas fhreagarraiche airson faobhar a chur air deagh stàilinn na clach-bhleith nan colonaidean.<sup>196</sup> Airson litreachas, tha sin a’ ciallachadh gun robh comas aig an dùthaich ùir an litreachas Gàidhlig a bha ann mar-thà a leasachadh is adhartachadh. Cha do nochd sgrìobhaidhean cunbhalach gus na 1880an, ge-tà; cuideachd, cha do dhèilig an litreachas Gàidhlig a chaidh fhoillseachadh sna 1880an ach le litreachas à Alba agus mu Alba.

Tha freagairt don t-suidheachadh sin ri lorg ann an cunntas Reeves. Bha taobh eile, neo-romansach na phàirt de bheatha an neach-tuineachaidh,

*Everything was to make. The climate might be healthy and the mountain outlines noble. But nothing but work, and successful work, could reconcile an educated and imaginative man to the monotony of a daily outlook over league after league of stony soil, thinly clothed by pallid, wiry tussocks, bending under an eternal, uncompromising wind; where the only living creatures in sight might often be small lizards or a twittering grey bird miscalled a lark; or where the only sound, save the wind aforesaid, might be the ring of his horse’s shoe against a stone, or the bleat of a dull-coated merino, scarcely distinguishable from the dull plain around it.*<sup>197</sup>

---

<sup>194</sup> Barclay, *Gearr-chunntasan air New Zealand*, 25. Tha dearbhadh ann, cuideachd, a chanas gun do dh’iarr Barclay teisteanas caractar eilthreach bho fhastaichean agus mhinistearan mus do dh’aontaich e taic airgid a ghealltainn dhaibh. (Jock Phillips, ‘History of immigration - The great migration: 1871 to 1885’, Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand, <http://www.TeAra.govt.nz/en/history-of-immigration/page-8> (accessed 3 September 2018).)

<sup>195</sup> Reeves, *The Long White Cloud*, 4.

<sup>196</sup> Ibid., 226.

<sup>197</sup> Ibid., 238. (eadar-theangaichte bho Bheurla).

'S e bòidhchead amh na h-àrainneachd ùire, a h-eu-crìonachd is an aonaranachd, an t-adhbhar is a' chulaidh-bhrosnachaidh a thug a' bhuaidh a bu mhotha, a rèir Reeves, air beatha is beachdan an luchd-tuineachaidh. Dh'iarr an àrainneachd amh, neo-thruaillte air a' chiad luchd-tuineachaidh fàs calma, cruaidh, is fèin-eisimeileach.

Tha a' chiad cholbh a nochd anns an *Southern Cross* a' toirt fianais air an leasachadh sin. Chàin an sgrìobhadair nach robh Gàidheil na colnaidh a' sealltainn an aon spèis do nàdar is chreutairean 's a bha an sinnsearan.<sup>198</sup> Mar fhreagairt don cholbh sin, sgrìobh 'Eileanach' gun robhar ga fhaighinn neo-fhearail a bhith a' làimhseachadh chreutairean gu spèiseil. Na shùilean, b' e àrdan a bu choireach do shin.<sup>199</sup> A rèir teòiridh Reeves, ge-tà, 's e àrainneachd Sealainn Nuaidh a chuir an t-atharrachadh sin an gnìomh gu nàdarra. Ann an dòigh, dì-dhaonnaich is chruadhaich an àrainneachd an luchd-tuineachaidh gus an ullachadh airson làithean fada, cruaidh, saothreachail air oir na h-Ìmpireachd. Chan e mì-làimhseachadh chreutairean a tha aig cridhe an deasbaid, ach diùltadh Gàidheil Sealainn Nuaidh for is spèis a thoirt do sheann chleachdaidhean is phrìomhachasan. 'S e eagal ro atharrachadh is trèigsinn chleachdaidhean Gàidhealach a bhiadhaich mòran de na sgrìobhaidhean Gàidhlig a chaidh a chlà-bhualadh ann an Sealann Nuadh. Anns a' chiad cholbh Ghàidhlig a nochd ann an iris, *The New Zealand Public Opinion, Sportsman and Saturday Advertiser*, chaidh sgrìobhadair, "'S mor m' fheagal nach fan "Clan nan gaidheal ri guailean a cheile," fada san tìr ro."<sup>200</sup> Mas e an àrainneachd a dh'èignich an luchd-tuineachaidh an seann chleachdaidhean is phrìomhachasan a thrèigsinn, cha robh taghadh aig na Gàidheil. Dh'fhaodadh argamaid, ge-tà, mar a b' fheudar do na Gàidheil co-choslachadh leis an àrainneachd ùir, b' fheudar don litreachas co-choslachadh cuideachd. Le sùil air susbaint an litreachais a tha so-ruigsinneach,<sup>201</sup> chithear gun deach an litreachas tro sheòrsa de phròiseas is oidhirp co-choslachaidh. Thòisich am pròiseas sin le clò-bhualadh cunbhalach Gàidhlig ann an irisean. B' e iris Dhunedin, *The New Zealand Public Opinion*, a' chiad iris a dh'fhoillsich colbhan Gàidhlig. Ruith an colbh bho 1881 gu 1885. Às dèidh beàrn a mhair ochd bliadhna, dh'fhoillsich iris Inbhercargill, *Southern Cross*, colbh Gàidhlig. Eadar 1893 agus 1900, chuir grunnan sgrìobhadairean earrainn Ghàidhlig don iris.

### **Oidhirpean ath-chuimhneachadh**

Mar thoiseach tòiseachaidh, chuir an colbh Gàidhlig, a chaidh ainmeachadh '*Our Gaelic Column*' sa *Public Opinion*, fòcas sònraichte air

---

198 *Southern Cross*, 16 September 1893.

199 Ibid, 14 October 1893.

200 *New Zealand Public Opinion*, 12 February 1881.

201 Gu mì-fhortanach, cha ghabh sin a-steach na clàraidhean air coinneamhan Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh. Às dèidh strì cadar buill a' Chomaimn, chaidh a' mhòr-chuid de chlàraidhean ro-1934 a mhilleadh. (Entwistle, *The History of the Gaelic Society of New Zealand – 1881 – 1981*, 4.)

ath-chuimhneachadh seann phrìomhachasan le bhith a' foillseachadh òran is bàrdachd Ghàidhlig. Mhòthaich Reeves gum b' e na tuinichean a rinn litreachas na Beurla na phàirt dem beatha aonranach an fheadhainn as soirbheachaile.<sup>202</sup> Minichidh sin an àireamh mhòr de dh'òran is bhàrdachd Ghàidhlig à Alba anns a' *Public Opinion*. Ged nach eil a' mhòr-chuid de cholbhan nan 1880an a' gabhail gnothach ri Sealann Nuadh, chuir an àrainneachd ùr an t-seann àrainneachd an cuimhne nan Gàidheal.

Tha structar soilleir is eagraichte air colbhan Gàidhlig na h-irise, gu h-àraidh sa chiad bhliadhna, 1881. Thòisicheadh an colbh le 'Freagairtean' do leughadairean, leanadh sin le òrain agus bàrdachd, agus chrìochnaicheadh an colbh le 'Sop As Gach Seid' a thabhainn sean-fhaclan air neo sgeulachdan beaga, èibhinn.<sup>203</sup> Fhuair an colbh mu leth dhuilleige de rùm, rudeigin a chuir dragh air an deasaiche. Air 17mh dhen t-Sultain 1881, sgrìobh e gum b' e dìth rùm a chuir stad air 'grunn chonaltraidhean inntinneach' a chur ris a' cholbh.<sup>204</sup>

'S e glè bheag de shusbaint a' *Public Opinion* a dh'fhaodadh cur às leth Gàidheil a thàmh ann an Sealann Nuadh. Mar eisimpleir, 's e a' chiad phìos Gàidhlig a chaidh a chlà-bhualadh òran 'Ath-Dhusgadh Na Gaidhlig' le H.W. à Glaschu. Nochd an t-òran anns an *Highlander* ann an 1876. Chaidh a thaghadh gu sònraichte airson planaichean a bhith a' stèidheachadh comann Gàidhlig ann an Dunedin a chomharrachadh.<sup>205</sup>

Thairis air na còig bliadhna anns an deach colbh Gàidhlig a chlà-bhualadh san iris, nochd òrain leithid 'Is E Lionmhorachd Nan Caorach Chuir Clann Nan Daoin' Air Alabann' le Uilleam Mac Dhunleibhe<sup>206</sup>, 'Cumha' do na gillean, 'a thriall air an ts'lighe go Manitoba' le Iain MacGilleain à Bailemhartain, 'Moladh Do'n Ghaeilig, 'S Do'n Phiob-Mhoir Sa 'Bhliadhna 1781' le Donnachadh Bàn Mac an t-Saoir, 'Rainn A Ghabhas Maighdean D'a Leannan' cuideachd le Mac an t-Saoir, agus 'Òran' le Màiri NicEalair à 'Coire-beag, Lochial'.<sup>207</sup> Mar sin, fhuair leughadairean roghainn de sgrìobhaidhean air cuspairean leithid nam Fuadaichean, eilthireachd, buannachdan na Gàidhlig agus an fheadhainn a bhruidhneas i, gaol, agus call seann charaidean.

Tha àireamh nan sgrìobhaidhean le Gàidheil Nuadh Sealannach glè bheag. Dh'fhaodadh gur e amas a' choilbh, a bhith a' toirt air na leughadairean ath-chuimhneachadh, as adhbhar do ghainnead sgrìobhaidhean ùra.

B' e amas a' choilbh Gàidhlig ath-thogail is ath-bhrosnachadh am measg Gàidheil Sealainn Nuaidh. Sa chiad cholbh, chlà-bhuail an deasaiche an

---

202 Reeves, *The Long White Cloud*, 239.

203 Faic *New Zealand Public Opinion*, 25 June 1881.

204 Ibid., 17 September 1881.

205 *New Zealand Public Opinion*, 12 February 1881.

206 Ann an crùinneachadh òrain Mhic Dhunleibhe, 's e tiotal an òrain, 'Fios Thun A' Bhaird; Na Oran Bean Dhonnachaidh.' (Uilleam Mac Dhunleibhe, *Duain Agus Orain le Uilleam MacDhunleibhe, Am Bard Ileach* (Glasgow, 1882), ga chur a-mach air iarrtas agus fo iùil a' Chomainn Ilich.)

207 Ibid., 5 March 1881; 29 September 1883; 12 July 1884; 30 August 1884; 27 June 1885.

seanfhacl Gaeilge, “An ti a ta suas oltar deoch air an ta sios buailtar cos air.” Tha e a’ cur ris an iomradh sin gun do thuit a’ Ghàidhlig, “but na buailtar cos oirre.”<sup>208</sup> Cuideachd, san iris bhon Mhàrt 1881, thug an deasaiche comhairle don Ghàidheal, G.S.M. à Kaikorai innse do ‘D.M.’ a dhàn, a bha, ‘*of singular merit*’, a leughadh a-mach aig coinneamh mhiosail a’ Chomainn Ghàidhlig mus tugadh e fhèin do na clò-bhualadairean e.<sup>209</sup> Tha sin a’ sealltainn nach b’ e dleastanas na h-irise litreachas Gàidhlig ùr a sgaoileadh.

Tha coltas ann gun robh a’ mhòr-chuid den uallach airson litreachas ùr a bhrosnachadh air Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh. Chleachdadh irisean, uime sin, airson taic a chur don Chomann agus airson aire nan Gàidheal a bha sgapte air feadh Sealann Nuadh a ghlacadh. A dh’aindeoin sin, tha grunnan phìosan ann a tha a’ toirt iomradh air cùisean a bhuin do Shealann Nuadh. Is fìor nach deach an colbh a stèidheachadh airson litreachas Gàidhlig à Sealann Nuadh a bhrosnachadh. Chaidh a stèidheachadh gu sònraichte airson òrain, sgeulachdan, agus seanfhaclan Gàidhlig a cho-roinneadh. A bharrachd air sin, bhathar an dòchas coinneamhan eadar na Gàidheil a bhrosnachadh agus Gàidheil Sealainn Nuaidh aonadh fo aon chomann.<sup>210</sup>

Chan eil ach grunnan sgrìobhaidhean anns a’ *Public Opinion* le Gàidheil Nuadh Sealannach. B’ iad na sgrìobhadairean sin Fearchair MacDhòmhnaill, Iain MacGillÌosa, agus Gilleasbaig Mac an Aba. Dh’fhoillsich am *Public Opinion* trì òrain le MacGillÌosa thairis air sia irisean. Nochd ‘*New Zealand As Painted By Emigration Agents At Home Twenty-Five Years Ago*’ sna ciad cholbhan a dh’fhoillsich am *Public Opinion*.<sup>211</sup> An àite a bhith a’ cleachdadh an rùm air fad a thugadh dhan cholbh Ghàidhlig, chuir an deasaiche roimhe òran MhicGillÌosa a sgaradh thairis air barrachd air aon iris. San dòigh sin, tha coltas nas aotruime air a’ cholbh le seanfhaclan, duanagan beaga, agus freagairtean do leughadairean a’ lionadh pàirt den cholbh. Tha coltas ann nach robh an deasaiche airson cuideam sònraichte a thoirt do aon phìos sgrìobhaidh.

Rinn MacGillÌosa dà òran eile a chuireadh leis a’ cholbh. B’ iad sin ‘Strathallan’ a nochd sa Ghiblean 1881, agus ‘Oran an aghaidh misg – “mi-dhiadhaidheachd agus eucoir dhaoine a tha ’bacadh na firinn ann an neofhireantachd”’ a rinn e ann an Glaschu agus a chaidh a chlò-bhualadh dà thuras.<sup>212</sup> Tha òrain MhicGillÌosa làn càineadh, caoidh, agus dìteadh. Cha do chuir deasaiche a’ choilbh Ghàidhlig mòran ris na h-òrain, ach innse gum biodh iad a’ còrdadh ris an fheadhainn air am biodh comas an cànan a leughadh agus an fheadhainn a thàinig don cholonaidh còmhla ri

---

208 Ibid., 12 February, 1881.

209 Ibid., 12 March 1881. Cha do chlò-bhuail e an dàn.

210 Ibid., 12 February 1881.

211 Ibid., 19 February 1881; 26 February 1881; 5 March 1881.

212 Ibid., 30 April 1881; 21 May 1881; 24 January 1885.



MacGillÌosa.<sup>213</sup> Le taisbeanadh agus dùsgadh is brosnachadh cuimhneachadh aig cridhe na h-irise, chan e ioghnadh a th' ann nach eil mòran deasbad agus culaidhean-brosnachaidh airson deasbad a' nochdadh sna colbhan. Is cinnteach gur e an deasaiche a thagh sin, mar a chithear ann am 'Freagairt' a thug e do Ghilleasbaig Mac an Aba air 2 Giblean 1881. Sgrìobh e gum biodh e air a bhith deònach litir Mhic an Aba a chur ris a' cholbh, ach nach robh feum ann a bhith a' leantainn air leis a' chonnspaid.<sup>214</sup>

Gu follaiseach, tha eilthreachd aig cridhe an dà òran le Iain MacGillÌosa. Chan ann gu tric a tha cunntas air an eilthreachd fhèin a' nochdadh ann an sgrìobhaidhean Gàidhlig a chaidh a dhèanamh ann an Sealann Nuadh. Am measg an litreachais eile, sean agus ùr, tha òrain MhicGillÌosa a' seasamh a-mach. Mu na h-òrain agus na dàin eile, dh'fhaodadh ràdh gun robh iad freagarrach airson a' mhòr-chuid de Ghàidheil is iad a' togail air eachdraidh agus seachas farsaing nan Gàidheal. Tha MacGillÌosa, air an làimh eile, a' toirt iomradh air rudeigin a dh'fhaodadh a bhith, mar a mhothaich deasaiche a' choilbh, '*of some interest to some of the "old identities" who came to Otago with the late Mr Gillies, of Hampden.*'<sup>215</sup>

Gu h-eadar-dhealaichte bho òran MhicGillÌosa, tha cumha Fhearchair Dhòmhnallaich airson Dòmhnail Mhic'illeathain, a chaochail air 5 Faoilleach 1877, ann an aontas le amasan a' choilbh.<sup>216</sup> Air a sgrìobhadh ann an stoidhle traidiseanta, tha cumha Dhòmhnallaich a' cur an cuimhne cumhachan traidiseanta a chaidh a dhèanamh ann an Alba airson ceann-cinneadh. A-rithist, cha do thabhainn an deasaiche mòran fiosrachadh no beachdachadh air susbaint a' chumha. Ann an ro-ràdh goirid, tha e ag ainmeachadh gur ann do Dhòmhnall Mac'illeathain a chaidh an cumha a dhèanamh. A bharrachd air sin, tha e ag aithneachadh, '*F.D. Macdonald, late of Lochalsh, now of Haretuanga, New Zealand,*' mar bhàrd a' chumha. Chan eil gin de na h-òrain a chaidh a dhèanamh ann an Sealann Nuadh no mu Shealann Nuadh air an comharrachadh mar phìosan litreachais sònraichte. Ged a tha an Dòmhnallach a' toirt iomradh air cùisean a thuigeadh luchd-tuineachaidh Sealainn Nuaidh a-mhàin, chan eil oidhirpean follaiseach, bho thaobh an deasaiche, litreachas Gàidhlig à Sealann Nuadh a chomharrachadh gu sònraichte. Is iongantach sin leis gu bheil an

---

213 Anns an iris, *An Teachdaire Gaidhealach*, bhon t-Sultain 1857, chaidh an t-òran, 'Oran an Eilthirich' le Aonghas Beatan a chlà-bhualadh. Tha an t-òran a' toirt fianais air an droch bhuaidh a dh'fhàg an turas agus aonranachd (fiosaigeach agus inntinneil) beatha air an dùthaich Astràilianach air an neach-bruidhinn. Gu h-inntinneach, chuir deasaiche na h-irise ro-ràdh ris an òran anns a bheil e a' sior chomharrachadh gur e barail Bheatan a gheibhear anns an òran. Tha sin a' cur an cèill nach e an fhirinn a th' ann am baraillean Bheatan agus bàird eile anns a h-uile suidheachadh agus gum bu chòir leughadairean bhith misneachail. (*An Teachdaire Gaidhealach*, 1 September 1857).

214 Ibid., 2 April 1881. Chan eil e soilleir dè seòrsa connspaid air a bheil an deasaiche agus Mac an Aba a-mach.

215 Ibid., 30 April 1881.

216 Ibid., 15 October, 1881.

Dòmhnallach a' toirt iomradh sa chumha air sgilean agus coileanaidhean sàr-Ghàidheil Nuadh Sealannach,

Ach 's toil-inntinn bhi luaidh air,  
Barrachd d'innsgrin 'thoirt fuasglaidh 's gach cas,  
'S 's uair bha treubhan na tir so  
'Deanamh leir-sgrios gun dith air gach laimh,  
B' fhearr do gheur chuis 's an tim sin,  
Dh'fhaighinn reit' agus sithe mar b' aill,  
No na milean chaidh arm'adh,  
Le 'n cuid innleachd, 'us garbh-bheart, 'us stairn.

B'e do ghliocas 's do chiall-sa  
Thug gu tuigs' agus rian luchd na stri,  
'S tha na treubhan a b' fhiadhta  
'Curan ceill snd feadh chriocean na tir'  
'S bi'dh iad greis as do dheigh-se,  
Air bheag misneich, gun leirsinn, gun chli,  
Bu tu cuspair an dochais,  
'S thug dhobh furtachd an comhnaidh 's gach teinn.<sup>217</sup>

Seach William Newsham Blair, a thug iomradh air gràdh Mhic'Illeathain don Ghàidhlig na òraid air beulaibh Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh ann an 1888, chan eil mòran iomraidhean air '*Sir Donald M'Lean*' ann an tùsan ceangailte le Gàidhlig agus na Gàidheil.<sup>218</sup> Tha coltas air gun tug Gàidheil Nuadh Sealannach for is prìomhachas do shàr-Ghàidheil a bha suidhichte taobh a-muigh Sealainn Nuaidh sna 1880an agus sna 1890an.<sup>219</sup> An àite Dhòmhnall Mhic'Illeathain, fhuair Eachann MacDhòmhnail (Eachann nan Cath) urram is spèis am measg Gàidheil Sealainn Nuaidh.<sup>220</sup> Thug Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh ballrachd a mhair beatha air fad do dh'Eachainn MacDhòmhnail air dha tadhal air Sealann Nuadh ann an 1901.<sup>221</sup> Chuir na buill fiù 's taic ri togail càrn-cuimhne do MhacDhòmhnail ann an Inbhir Pheofharain às dèidh a bhàis.<sup>222</sup>

San fharsaingeachd, bha Gàidheil Sealainn Nuaidh nas buailtiche faothachadh is comhfhurtachd inntinneil fhaighinn taobh a-muigh na colonaidh. Tha colbhan nan 1880an nam fianais don chùis sin. Chaidh Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh a stèidheachadh ann an 1881, aig àm nan 'Ochdadan acrasach'. Aig àm èiginneach airson eaconamaidh Sealainn

<sup>217</sup> Ibid., 15 October 1881.

<sup>218</sup> *Otago Daily Times*, 24 February 1888.

<sup>219</sup> Ach a-mhàin Iain MacCoinnich, chan eil mòran iomraidhean air sàr-Ghàidheil Sealainn Nuaidh ann an aithisgean coinneamhan nan comann. Gidheadh, às aonais clàraidhean coinneamhan Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh, cha ghabh a' phuing seo a dhearbhadh.

<sup>220</sup> *Southern Cross*, 2 November 1901.

<sup>221</sup> *Manawatu Standard*, 28 October 1901.

<sup>222</sup> *Bush Advocate*, 14 April 1903.

Nuaidh, tha coltas air gun do shoirbhich le cultar nan Gàidheal. Gu h-inntinneach, ge-tà, thug an droch shuidheachadh eaconamach air mòr-sluagh na colonaidh fòcas a chur air na bha a' tachairt taobh a-staigh crìochan na dùthcha. Thug an t-Ìsleachadh Fada breab tòiseachail do dh'iomairtean a dh'amais air ath-leasachaidhean sòisealta. Le siostam shochairtean agus cobhair airson nam bochd a dhith, thòisich luchd-tuineachaidh ro-innleachdan obrachadh a-mach a fhritheil don t-suidheachadh àraid aca fhèin.<sup>223</sup> Faodar ràdh gum b' ann air sàillibh nam buannachdan, càileachdan, agus goireasan a bha cho fìor shamhlachail do Shealann Nuadh a-mhàin, a bha e eu-comasach do mhuinntir na colonaidh taic is cobhair fhaighinn bho Bhreatainn agus dhùthchannan eile. San àm chaochlaideach is mhi-chinnteach sin, dh'fhàs miann nan Gàidheal a bhith a' cur an cèill an cultar is an cànan. Is math dh'fhaoidte, ge-tà, nach robh e comasach dhaibh an cultar a chur an cèill ann an co-theacsa mì-stòlda Sealainn Nuaidh. Mhìnichadh sin an cuideam a bha ga chur air òrain, bàrdachd, agus sgeulachdan à Alba agus mu Alba.

A dh'aindeoin a' chumha do Mhac'Illeathain, tha e coltach nach d' fhuair Dòmhnall Mac'Illeathain an t-aon seòrsa làimhseachadh a fhuair Eachann MacDhòmhnail. Na òraid, '*Reminiscences of Islay*' bhruidhinn William Newsham Blair, '*of our illustrious fellow-colonist Sir Donald M'Lean. Although full of years and honours [...] his wandering thoughts were in the wild Hebrides and the language of the Hebrides was on his lips.*'<sup>224</sup> Tha fiosrachadh gu leòr mu bheatha is ghnìomhan Mhic'Illeathain a' dearbhadh gun tug e taic do dh'adhartachadh Ìmpireachd Bhreatainn is e a' tàmh ann an Sealann Nuadh. Ann an alt a nochd anns an *North Otago Times* ann an 1877, tha cunntas air sloinntearachd clann Mhic'Illeathain a' crìochnachadh leis an iomradh,

*Donald M'Lean, the founder of the house of Ardgour [...] did no more signal service in their day in avenging their country's wrongs than did their worthy kinsman and descendent in New Zealand [Dòmhnall Mac'Illeathain], in founding amongst the Maori people the law and loyalty of England.*<sup>225</sup>

Tha an t-iomradh seo a' cur an cèill mì-dheòin leantainneach nan Sasannach mathanas a thoirt do na Gàidheil. A rèir faclan an sgrìobhadair, chàraich Mac'Illeathain ciont is peacaidhean a dhream le bhith a' cur taic is cobhair do dh'iomairtean Sasannach. Nuair a leig Mac'Illeathain dheth a dhreuchd mar Mhinistear Ghnothaichean Tùsanach, sgrìobh e,

---

<sup>223</sup> 'Overview of NZ in the 19th century: 1870-1900', URL: <https://nzhistory.govt.nz/classroom/ncea3/19th-century-history-1870-1900>, (Ministry for Culture and Heritage) (ga chleachdadh 3 Sultain 2018).

<sup>224</sup> *Otago Witness*, 2 March 1888.

<sup>225</sup> *North Otago Times*, 10 February 1877.

*I shall always watch with interest the progress of the Natives in industrial pursuits, and of their children in acquiring a knowledge of the English language, that they may be able to avoid such misunderstandings as have often arisen between Europeans and Natives from ignorance of each other's language.*<sup>226</sup>

Sheachain deasaiche a' *Public Opinion* deasbad is iomradh air cùisean poilitigeach agus cràbhach. Chan eil cumha Mhic'Illeathain eadar-dhealaichte bho na h-òrain Nuadh Sealannach eile a chlà-bhuail an iris. Chan eil deasbad air susbaint agus buadh nan sgrìobhaidhean a' nochdadh le gin dhiubh. Tha an cumha sònraichte, ge-tà, is e mu Ghàidheal a chuir taic ri milleadh cultar is cànan tùsanaich Sealainn Nuaidh. Dhearbh Mac'Illeathain a dhìlse do Shasainn agus do lagh Shasainn le bhith a' cur ri cumhachd agus ùghdarras Bhreatainn ann an Sealann Nuadh. Ann an iris a chuir taic ri litreachas na Gàidhlig agus co-chomann nan Gàidheal, tha cumha fir a chuir taic ri ideòlas a bha air ionnsaigh leantainneach is buadhmhor a thoirt air na dearbh ghnothaichean sin mì-shuidhichte. 'S e gnè litreachail, stoidhle traidiseanta, agus cànan an òrain na h-aon fheartan a tha ga dhèanamh freagarrach airson amasan a' choilbh. Gu h-inntinneach, chaidh òran Ghilleasbaig Mhic an Aba, 'An tSeanna Chainnt' a chlà-bhualadh mu chòig mìosan ro chlà-bhualadh a' chumha. Tha aon rann ag ràdh,

Cha 'n sil sassanach fo 'n chrùn  
Air airde iuil is athrachadh  
A chuireas as an solus iulmhor  
Choisiun cliuth 's na blaran dhuinn  
Na seoid aigeannach gun gheild  
'S e 'm feileadh beg a b'aille dhoibh.<sup>227</sup>

### **Coire nan eilthireach Gàidhealach**

Cuide ri litrichean agus beachdachadh air na colbhan<sup>228</sup>, chuir Mac an Aba an t-òran, 'An tSeann Chainnt' chun deasaiche sa Ghiblean 1881.<sup>229</sup> Chan eil brìgh an òrain a' tighinn troimhe cho math 's a bu chòir. 'S e as adhbhar do shin gu bheil e suidhichte às aonais beachdachadh bhon deasaiche agus am measg sheanfhaclan aotrom, èibhinn, nach buin do chuspair òran Mhic an Aba. Anns an òran, tha Mac an Aba ag ainmeachadh adhbhar eile, a bharrachd air an àrainneachd, a chuir às don Ghàidhlig - na h-eilthirich Ghàidhealach fhèin.

<sup>226</sup> *Western Star*, 13 January 1877.

<sup>227</sup> *New Zealand Public Opinion*, 2 April 1881.

<sup>228</sup> Ann am freagairt do Mhac an Aba air 14mh dhen Chèitean, dh'aidich an deasaiche gun robh an luchd-clò-bhualaidh a' dèanamh cron air litreachadh Gàidhlig a' choilbh is air a' chànan a labhradh ann am pàrras. (*New Zealand Public Opinion*, 14 May 1881.)

<sup>229</sup> *New Zealand Public Opinion*, 2 April 1881.

Bi na d' thosd eilthireich gun tur,  
 Feich, 's thoir cùil na moiné ort,  
 Far an comp'ach dhuit an cu,  
 'S an seanna chat muisgeach cronan dhuit!  
 'S math a fhreajar-as an triuir  
 Chum seinn a chiuil is boiche lear: -  
 Fear a cronan 's fear a bubail  
 'S thu fein a liubhairt comhraidh dhoibh!<sup>230</sup>

Tha Mac an Aba a' moladh tilleadh do nàdar, do shàmhchair agus, le sin, 's dòcha don tùs-nàdar Gàidhealach. Ann an co-rèir ri amasan colbh Gàidhlig a' *Public Opinion*, tha an neach-bruidhinn a' moladh cuimhneachadh air ceòl is òrain Ghàidhealach. A bharrachd air sin, tha an t-òran ann an co-rèir le càineadh an sgrìobhadair a chuir a' chiad cholbh Gàidhlig chun *Southern Cross* agus le càineadh 'Eileanach'. Sgrìobh 'Eileanach' gun do chuir Gàidheil Sealainn Nuaidh an cùl ri gnothaichean dhan tug iad spèis san t-seann dùthaich.

Anns an Dùbhlachd 1893, thug 'Cabarfeidh' iomradh air òran a' Chiarain Mhabaich, 'B'annsa Cadal Air Fraoch'.<sup>231</sup> Anns an 17mh linn, fo chùram dhotairean ann an Dùn Èideann, thug cianalas airson na Gàidhealtachd air a' Chiaran Mhabach seinn, 'Chan eil agam cù gleusta, / Chan eil feum agam dha; / Cha suidh mi air baca, / Am monadh fada bho chàch;'<sup>232</sup> Tha coin an seo agus ann an òran Mhic an Aba a' riochdachadh feart Gàidhealach. Tha am feart seo ceangailte le gnìomhan is cur-seachadan Gàidhealach agus an tarraing air ais gu nàdar is gu sàmhchair. Tha Mac an Aba a' leantainn air na h-eilthirich a dhìteadh airson a' phrìomhachais a thug iad don Bheurla,

S thusa ceann aobhair mo ranr,  
 Fuirich thale 's na chunntim thu,  
 A ruith sios na cainnt nach dual dhuit,  
 Bi'dh began suairceas 's samhchair dhuit.  
 Toisich an toiseach a bheurla,  
 Siobh is leubh mar 's cor dhuit;  
 'S maith a dhaoit ma'm faigh thu 'm bas  
 Gun dean a ghaleig foghlum dhuit.'<sup>233</sup>

Air sgàth droch litreachadh, chan eil e cho soilleir san rann seo cò air a tha MacGillÌosa a' bruidhinn. Dh'fhaodadh gum b' e eilthirich à dùthchannan

230 Ibid.

231 *Southern Cross*, 30 December 1893.

232 Mackenzie, *Sar-obair Nam Bard Gaelach*, 54.

233 *New Zealand Public Opinion*, 2 April 1881.

eile a bha e a' ciallachadh, air neo eilthirich Ghàidhealach. Air an làimh eile, tha e comasach gun robh e a-mach air Gàidheil Sealainn Nuaidh. Tha fianais ann gun robh Iain MacCoinnich agus Dòmhnall Mac'Illeathain a' cur an cùl ri Gàidhlig airson an cothroman obrach agus poilitigeach adhartachadh. Is cinnteach gun robh cuid ann a thàinig gu Sealann Nuadh is a chaill an cuid Ghàidhlig.

Tha òran a chuir Alistair MacLachlainn gu deasaiche a' *Public Opinion* air 19 Màrt 1881 a' dèiligeadh ris an dearbh cuspair sin. San òran, tha Maighstir sgoile à Sron-na-fian, Gleanndarual a' tachairt air nighean a b' àbhaist a bhith a' tighinn dha chlas. Às dèidh dhi bliadhna a chur seachad ann an Glaschu bha a cuid Ghàidhlig breac is làn Beurla.<sup>234</sup> Tha an call do-leasachail sin air a chomharrachadh gu sònraichte san rann mu dheireadh anns a bheil Mac an Aba a' sònrachadh a-mach nàimhdean na Gàidhlig; 's iad sin na h-eilthirich agus na goill,

Duisgibh suas chlann tir nam beann  
'S an cuis 'ur cainnt bi'dh naibhreas oirbh  
An adhaidh eilthireich as ghaill,  
A chuir le 'n teangaibh suarach i.  
Is "lamh air laimh" "ri guaihbbh cheil"  
Bi'dh na treun fhir nasal so,  
Is fhad bhios grian an aird na speur  
Gach fine 's treubh bi'dh gaelig achd.<sup>235</sup>

Mas e 's gum b' ann le Gàidheil Sealainn Nuaidh a bha Mac an Aba a' bruidhinn na òran, is e gam brosnachadh taic a thoirt don cultar is don cànan, feumaidh gum b' iad na tràth-eilthirich a bha e a' ciallachadh. Chan eil cinnt ann cuin a chaidh an t-òran a dhèanamh, ach mas e 's gun deach a dhèanamh sna 1860an no sna 1870an, mhinicheadh sin mì-shocair a' bhàird. Le Boile an Òir sna 1860an agus iomairt ion-imrich Vogel sna 1870an, thaom ceudan de dh'eilthirich a-steach gu Sealann Nuadh. Do dhòighean stèidhichte, bha sin a' ciallachadh atharrachadh, ùrachadh, measgachadh, agus san fharsaingeachd, co-choslachadh. Faodaidh gun do ghabh Gàidheil leithid Mhic an Aba ruigsinn luchd-tuineachaidh ùra mar bhagairt don siostaman cultarail is sòisealta.

Bhiodh e ro fhurasta, ge-tà, coire airson crìonadh na Gàidhlig a chur air na h-eilthirich ùra. Tha atharrachadh phrìomhachasan cuideachd air a thaisbeanadh ann an dealbh-magaidh a dh'fhoillsich an *N.Z. Observer And Freelance* ann an 1891. Fo thiotal 'Gnothaichean Eaglaise' chithear dà dhealbh. Tha a' chiad dhealbh a' sealltainn dithis bhodach ann an deise gun sgeadachadh le bataichean. Tha am fo-thiotal ag ràdh, 'Gillean a tha 90, aig

---

234 Ibid., 19 March 1881.

235 Ibid., 2 April 1881.

nach eil Beurla, ach 's fheàrr leotha searmonan Beurla'. Tha an dàrna dealbh a' taisbeanadh dithis ghillean is iad a' caitheamh fèileadh-beag agus deise spaideil le clò Gàidhealach. Sgrìobhte fon dealbh ann am Beurla, tha, 'Gillean aig nach eil Gàidhlig, ach feumaidh iad searmonan Gàidhlig.'<sup>236</sup> Cha saoillear gur e na seann eilthirich Ghàidhealach agus, a bharrachd air sin, luchd-tuineachaidh Waipu a thaghadh Beurla thar Gàidhlig. Air an làimh eile, tha dearbhadh ann nach b' e na h-eilthirich ùra a rinn cron air a' Ghàidhlig, ach an fheadhainn a rugadh ann an Sealann Nuadh do phàrantan Gàidhealach. Ach b' iad sin na dearbh dhaoine a thaisbean an *Observer* mar luchd-leantainn dioghrasach na Gàidhlig.

Thathar ag ràdh mu Iain MacPhaidein, a bha na bhàrd do Chomann Gàidhlig Sealainn Nuadh bho 1898 gu 1925, gun robh a chuid òran cho fada gun do thòisich buill òga a' chomainn, aig nach robh Gàidhlig, am basan a bhualadh le chèile. An àite stad a chur air, ge-tà, bhrosnaich iad MacPhaidein barrachd rannan a chur ris na h-òrain.<sup>237</sup> Cha ghabh ràdh gun robh a h-uile Gàidheal òg eu-comasach Gàidhlig a bhruidhinn. Tha fianais eile ann mu fhear òg leis an ainm, Pautin, a bha fileanta ann an Gàidhlig. Ann an aithisg air coinneamh Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh, tha Pautin, à Timaru, ga mholadh airson oidhirpean Gàidhlig a theagasg dha fhèin. Thuirt Uilleam MacLeòid, rùnaire a' Chomainn, gun robh comas aig Pautin litir a sgrìobhadh a cheart cho math ri duine sam bith eile a bha an làthair.<sup>238</sup>

'S urrainnear ràdh mun teaghlach Mhic an Aba gun d' rinn iad oidhirp Gàidhlig a ghlèidheadh san teaghlach. Tha teaghlach Mhic an Aba gu h-àraidh inntinneach is a mhac-bràthar, Raibeart Mac an Aba, na Ghàidheal Nuadh Sealannach aig an robh comas Gàidhlig a bhruidhinn. Rugadh Raibeart Mac an Aba air tuathanas Dunragget faisg air Invercargill ann an 1864. Bho 1893 air adhart, bha Mac an Aba an sàs ann am poiliteags is e os cionn cathair Mataura gus 1908. San àm sin, ann an 1906, fhuair e cairt-puist bho Ghàidheal ann an Oamaru a chanas,

Toir dhomh do làmh mo charaid grinn  
 Is gheibh sinn òran a bhios binn;  
 Guidhe cridhealas gach là  
 Do gach neach an tìr mo ghràidh.  
 Gu ma fada beo thu 's ceò dheth do thigh.<sup>239</sup>

<sup>236</sup> *Observer*, 19 September 1891.

<sup>237</sup> Entwistle, *The History of the Gaelic Society of New Zealand*, 52.

<sup>238</sup> *Otago Daily Times*, 4 February 1910.

Tha leabhraichean Gàidhlig Pautin rim faighinn ann an cruinneachadh Leabharlann Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh a tha, a-nis, suidhichte ann an leabharlann poblach Dhunedin. Chleachd Pautin ainm Gàidhlig, 'Buaidhear Mac-a-Phanton' sna leabhraichean (Victor H. Panton).

<sup>239</sup> Postcard to Robert MacNab, 23 of ? 1906, MacNab, Robert, 1864-1917: Papers, Alexander Turnbull Library, Wellington.

## Bho ath-chuimhneachadh gu ath-dhùsgadh

Gu h-eadar-dhealaichte bho amasan a' *Public Opinion*, chan eil amasan colbhan Gàidhlig an *Southern Cross* cho soilleir.

Ron chiad cholbh, a nochd 16 Sultain 1893, sgrìobh deasaiche na h-irise gun deach fhaighneachd don *Southern Cross* rùm a thoirt do sgrìobhaidhean Gàidhlig. Dh'aontaich na deasaichean leis an iarrrtas 'gu sunndach' is fios aca gun robh mòran sa choimhearsnachd a mheasadh colbh Gàidhlig luachmhor. Airson chùisean a dhèanamh nas fhasa do dheasaichean agus do chlà-bhualadairean, dh'iarradh air sgrìobhadairean na h-altan a sgrìobhadh gu soilleir. B' e a b' adhbhar don iarrrtas sin nach robh comasan leughadh no sgrìobhadh sa Ghàidhlig aig luchd-obrach an *Southern Cross*.<sup>240</sup> Gu h-eadar-dhealaichte, bha Gàidhlig aig deasaiche a' *Public Opinion*. Uime sin, b' urrainn dha earrainn Ghàidhlig a chur ann an àitichean àraid a rèir cudromachd. Cuideachd, bha roghainn aige gun a bhith a' cur cuid de sgrìobhaidhean don chlà-bhualadair.

Chunnacas mar-thà, aig ìre nas laige, dàimh eisimeileach deasaiche colbh Gàidhlig a' *Public Opinion* air luchd-seilbh na h-irise. Leis an deasaiche a' gearan mu dhith rùm a chaidh a thoirt dha airson a choilbh, tha an smachd a bh' aig luchd-labhairt na Beurla air an nàdar agus an uiread de Ghàidhlig a chaidh a chur a-mach a' fàs soilleir. Tha an dàimh sin fiù 's nas soilleire anns an *Southern Cross*.

Gu h-àraidh sna colbhan tràtha, bhiodh na sgrìobhadairean a' cur an cèill taing is bheannachdan don deasaiche. Tha e mar gun robh na Gàidheil mothachail air 'fialaidheachd' luchd-labhairt na Beurla. Na chiad cholbh Gàidhlig, sgrìobh 'Eileanach' aig an deireadh, 'Ach feumaidh sinn a bhì truacanta ri fear a chlobhualaidh mus bi fhoighidinn a dol 'san deachamh oirnn, 's nach tràig a fein ar cainnt; 's gur mòr am beud.'<sup>241</sup> Ged a thug an dùthaich ùr cothrom do na Gàidheil neo-eisimeileachd eaconamach a choileanadh, bha an cultar is an cànan fhathast fo smachd luchd na Beurla. An coimeas ri Alba, Canada, agus Astràilia, far an deach aig na Gàidheil irisean Gàidhlig fhoillseachadh, bha litreachas na Gàidhlig ann an droch shuidheachadh ann an Sealann Nuadh.

Nuair a chuir barrachd sgrìobhadairean altan Gàidhlig don *Southern Cross*, thòisich amasan sònraichte tighinn am barr. Às dèidh do cholbh Gàidhlig a' *Public Opinion* obair ath-chuimhneachaidh a dhèanamh, chithear gu bheil nàdar de mhi-fhoighidinn agus èiginn a' tighinn am barr ann an colbhan an *Southern Cross*. Tha freagairt don atharrachadh sin ri lorg ann an leasachaidhean cultarail nan 1870an agus 1880an.

---

240 Chan eil mòran fios ann air cò bha os cionn deasachadh a' choilbh Ghàidhlig. Bho iomradh bàis, ge-tà, 's urrainnear ràdh ri cinnt gun robh John Lyon McDonald ga dheasachadh airson greiseag. B' ann à Glen Isla, Forfarshire a bha an Dòmhnallach. Thàinig e gu Dunedin ann an 1863. A bharrachd air Dunedin, dh'obraich McDonald ann an diofar dhreuchdan ann am Baile na h-Aibhne agus Invercargill. Na làithean mar dheasaiche a' choilbh Ghàidhlig, bhiodh Gàidheil a' tadhal air oifis an Dòmhnallaich gu bitheanta airson deasbad mu litreachadh na Gàidhlig. Tha iomradh bàis an Dòmhnallaich a' ràdh gun robh na coinneamhan sin mar 'Greugach a' tachairt air Greugach, no nas iomchaidhe Gàidheil a' tachairt air Gàidheil'. (*Southern Cross*, 26 October 1907.)

241 *Southern Cross*, 14 October 1893.



Nochd colbh Gàidhlig a' *Public Opinion* ann an cuideachd ri stèidheachadh Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh.<sup>242</sup> Neartaich an colbh co-chomann nan Gàidheal le bhith a' cur nan cuimhne an dualchas. Chuidich deasaiche a' choilbh cuideachd le iomairtean stèidheachadh chomann Gàidhlig air feadh Sealainn Nuaidh. Tha 'Freagairt' bho 14 Cèitean 1881 a' sealltainn iarrtas an deasaiche do 'N. McL.' comann Gàidhlig a stèidheachadh ann an Rodney. Mar adhbhar do shin, sgrìobh an deasaiche, '*We want to unite all the Gaels in one society.*'<sup>243</sup>

Tha colbhan Gàidhlig an *Southern Cross* a' comharrachadh atharrachadh ann an coimhearsnachdan Gàidhealach. Chan e an susbaint fhèin a tha a' toirt fianais air an atharrachadh sin. Is math dh'fhaoidte gun deach an dearbh seòrsa susbaint a chur do dheasaiche colbh Gàidhlig a' *Public Opinion*. 'S e dòigh cleachdadh na Gàidhlig a dh'atharraich gu follaiseach sna 1890an. Sna 1880an, chithear litreachas na Gàidhlig gu h-àraidh ann an cruth òrain is bàrdachd. Cha d' fhuair eadhon mòran sgeulachdan no naidheachdan. Eadar-dhealaichte bhon dòigh taisbeanaidh sin, ghabh colbh Gàidhlig an *Southern Cross* cruth colbh-beachd. A rèir miann, amas, is toil an sgrìobhadair, chaidh beachdachadh, càineadh, dìteadh, òrain sean agus ùr, sgeulachdan, naidheachdan, eachdraidh, agus seanfhaclan a chlà-bhualadh. Gu tùr an urra ris an sgrìobhadair, gheibhear colbhan ann an Gàidhlig air fad, colbhan ann am Beurla, colbhan le Beurla an toiseach agus an còrr ann an Gàidhlig, agus colbhan a mheasgaich Beurla agus Gàidhlig. Coltach ri colbh a' *Public Opinion*, b' e crìochan rùim aon rud a chur bacadh air na sgrìobhaidhean.

### **Colbhan an *Southern Cross***

Ann am faclan Reeves, thug aon rud gu h-àraidh cruth is cumadh air litreachas na Gàidhlig ann an Sealann Nuadh. B' e sin a bhith a' toirt aire nan Gàidheal air falbh bho uaigneas agus thrèigsinn beatha air crìoch Ìmpireachd Bhreatainn. Anns a' chaibideil mu dheireadh, thugadh iomradh air agairt 'Eileanach' do Ghàidheil Sealainn Nuaidh sgrìobhaidhean Gàidhlig a chur ris a' phàipear. Thugadh iomradh, cuideachd, air iomradh den aon seòrsa a chuir deasaiche colbh Gàidhlig a' *Public Opinion* a-mach.<sup>244</sup> Gidheadh, mas e obair chruaidh a thug inntinn an luchd-tuineachaidh air falbh bho aonaranachd am beatha-tùsaire, tha e comasach nach robh ùine aca smuaintean a chaitheamh air sgrìobhadh; aire neo, bhiodh cuimhneachadh air an seann bheatha agus an seann chàirdean gam fàgail a' strì le cianalas is eu-dòchas. Tha an teòiridh sin a' fàs nas creideasaidhe ma bheirear sùil air cuid de na colbhan Gàidhlig a nochd anns an *Southern Cross*.

---

242 Choinnich Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh airson a' chiad thuras Diciadain, 7 Cèitean 1881 ann an Oddfellow Hall, Dunedin.

(Entwistle, *The History of the Gaelic Society*, 14.)

243 *New Zealand Public Opinion*, 14 May 1881.

244 *Ibid*, 19 February 1881.

Thug ‘Cabarfèidh’ breab tòiseachail don agairt na cholbh ‘Air Duthaich’. Thog e gu sìmplidh air buailteachd agus cleachdadh nan Gàidheal a bhith eòlach air càirdean agus an dùthaich anns an robh iad beò.<sup>245</sup> Ged a tha nàdar neo-chiontach air an iomradh, tha ‘Cabarfèidh’ a’ bruidhinn mu Ghàidheil na h-Alba (chan ann mu Ghàidheil Sealainn Nuaidh) a bhiodh a’ siubhal don dùthaich airson a bòidhchead a mhealtainn.<sup>246</sup> Fhuair na Gàidheil an t-aon seòrsa ath-chuimhneachadh bho ‘Eileanach’. Anns a’ cholbh, ‘A Bhean Shithe’, chomharraich an sgrìobhadair cleachdadh nan Gàidheal agus nan Èireannach a bhith measail air nàdar, an teaghlach, caraidean, agus aoigheachd.<sup>247</sup> An àite cuimhneachadh neo-dhìreach, tro bhàrdachd agus òrain air beusan Gàidhealach, chuir sgrìobhadairean Gàidhlig an *Southern Cross* gu dìreach ann am faclan na bha ceàrr mun choimhearsnachd Ghàidhealaich (nan rèir). Chuir ‘Eileanach’ a’ cheist airsan, ‘C air son a sheasadh cairdean fuar fad as a n’ uair a tharlas dhaibh an cein-thir?’<sup>248</sup>

B’ e dùthaich làn phailteas a bh’ ann an Sealann Nuadh far an robh obair aig a’ mhòr-chuid den luchd-tuineachaidh.<sup>249</sup> Le obair so-ruigsinneach agus na fuasgladh do bheatha cruaidh san àrainneachd neo-cheannsaichte, mhothaich ‘Eileanach’, ‘S gann gum faidh sibh crathadh na làimhe ’s an dol seachad [...]’s breisleach cabhaig air gach aon.’<sup>250</sup> Fhuair cothrom obrach agus cabhag beatha san dùthaich ùir cuidhteas de nàdar is character Gàidhealach. Mhothaich ‘Feileadh-Beag’ is e a’ cnuasachadh air ‘fuaralachd’ nan daoine, ‘nach robh idir ann an Daoine-uasail flathail na ghaidhealtachd.’<sup>251</sup> ’S e obair shoirbheachail gu h-àraidh, mar a dh’agair Reeves, a thug inntinn an luchd-tuineachaidh air falbh bho easbhaidhean beatha sa cholonaidh. B’ e na Gàidheil, cuideachd, a ghabh pàirt san t-soirbheachas sin; sgrìobh ‘Eileanach’,

Chi sibh fear agus fear a bha aon uair na ’sgalaig, no ri obair-latha anns an duthaich mu thuath, a nis a’ togail a chinn gu smiorail ’s e na uachdaran fearainn. Chi sibh e a’ dol do’n eaglais na’a charbad fhein gu h-eireachdail, a ghearran stòlda ga tharruing gu reidh, ’s a bhean lamh ris sgeadaichte le gùn tomadach neo-ghann ’s e s’an fhasan, agus boineid shuaicheanta sgeimheil a chuireadh tìlac air ban-tighearna.’<sup>252</sup>

Tha an tuairisgeul a’ tighinn às dèidh do dh’-‘Eileanach’ iomradh a thoirt air a’ chall a dh’fhuiling na Gàidheil às dèidh dhaibh an dùthaich

---

<sup>245</sup> *Southern Cross*, 11 November 1893.

<sup>246</sup> Ibid.

<sup>247</sup> Ibid, 7 July 1894.

<sup>248</sup> Ibid, 15 December 1894.

<sup>249</sup> Ibid, 10 March 1894.

<sup>250</sup> Ibid, 15 December 1894.

<sup>251</sup> Ibid, 16 December 1893.

<sup>252</sup> Ibid, 13 January 1894.

mhàthaireil fhàgail, leithid call an càirdean, nan cnoc, nan gleannan, nan coilltean, nan eun, agus sealladh nan lochan.<sup>253</sup> Far an robh ‘Eileanach’ ag aideachadh a’ mhaith a thàinig le beatha ann an Sealann Nuadh (an t-saorsa, am pailteas, agus am beairteas) tha ‘Cabarfeidh’ a’ co-dhùnadh colbh air na cothroman ùra a chuireadh ro na Gàidheil ann an Sealann Nuadh leis na sreathan, ‘Cha ’n e ar nòs bhi spaideil sporsail, Bruidhneach, bosdail, miodalach;’<sup>254</sup> An e gun do ghabh soirbheachas àite dòigh-giùlain àbhaisteach nan Gàidheal?

Gu fortanach, tha òran Iain MhicGillÌosa air geallaidhean nan àidseantan eilthireachd a’ tabhann beachd-smuain mu dhùbhlain a chuireadh ro na tràth-thuinichean. Ged a tha e comasach gun robh MacGillÌosa a’ bruidhinn le ròlaiste, feumar aire a thoirt air na sgrìobh e mu làimhseachadh nam bochd ann an Sealann Nuadh.

“Oir ’s deblidh fear an sporain fhalaibh  
Gum leine ghlain se ’n droch earradh.  
'S a ghnothach ri luchd na beurla –  
'S gun e ach mar bhalbh ag eisdeachd.<sup>255</sup>

Tha MacGillÌosa a’ cur ann am faclan dìth smachd is chomas an neach-tuineachaidh a bha gun bheòshlainte, gun chàirdean, is gun choimhearsnachd san dùthaich ùir. Tuigear gun do dh’fheuch na Gàidheil an suidheachadh sin a sheachnadh air neo a leasachadh; gu h-àraidh às dèidh don luchd-tuineachaidh a bhith fo smachd agus an eisimeil uachdaranan agus uaislean ann am Breatainn, saoillear gun do chuir iad oidhirp anns a bhith a’ coileanadh ìre de neo-eisimeileachd.

Thug atharrachadh phrìomhachasan litreachas Gàidhlig don t-sluagh, fiù ’s mas ann airson ùine ghoirid a-mhàin a fhuair e sin. Chaidh litreachas Gàidhlig ann an Sealann Nuadh bho ath-chuimhneachadh le taic bàrdachd is òrain gu càineadh is caoidh call chleachdaidhean. Dh’fhaodadh ràdh gum b’ e an call sin prìomh-chuspair litreachas Gàidhlig nan 1890an.

Tha atharrachadh an litreachais dlùth-cheangailte le atharrachadh ann an daidhneamaig fharsaing na dùthcha. Dh’fhàs diorras nan làithean tràtha nas laigse le ruigsinn barrachd eilthireach air sgàth Boile an Òir sna 1860an agus sgèama ion-imrich Vogel nan 1870an. Chuir riaghaltas Vogel stad obann air poileasaidh in-imrich mhaoinichte aig deireadh nan 1870an.<sup>256</sup> A dh’aindeoin sin agus dol-am-miosad suidheachadh eaconamach na dùthcha, chùm iarrtasan in-imrichean à Breatainn air taomadh a-steach.<sup>257</sup> Le

---

<sup>253</sup> Ibid.

<sup>254</sup> Ibid, 25 November 1893.

<sup>255</sup> *New Zealand Public Opinion*, 26 February 1881.

<sup>256</sup> Arnold, *The Farthest Promised Land*, 99.

<sup>257</sup> Ibid., 100.

àireamh luchd-tuineachaidh air fàs tro na 1870an gu h-àraidh, dh'fhàs feum air carthannas airson luchd-tuineachaidh aosta agus luchd-tuineachaidh ann an droch shuidheachadh eaconamach.<sup>258</sup> Ged a sgrìobh ball Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh (cha do nochd ainm fon litir) ann an litir do dheasaiche a' *Public Opinion* nach b' e buidheann carthannais a bh' anns a' Chomann, tha aithisgean air coinneamhan a' chomainn bho na 1880an agus na 1890an a' tabhann fianais air iomairtean carthannais.<sup>259</sup> Is math gun do ghabh an comann uallach airson carthannas na coimhearsnachd Gàidhealaich. Sa chaidheil mu dheireadh, bha dìteadh 'Feileadh-beag' air dìth co-chomann am measg nan Gàidheal fo sgrùdadh.<sup>260</sup> Tha faclan 'Feileadh-beag' na fhianais nach b' urrainn do na Gàidheil a bhith an dùil ri taic bhon choimhearsnachd. B' fheudar dhaibh comann airson sin. Ged nach robh amannan dùbhlanaich neo-chumanta ann an coimhearsnachdan agus sgìrean Sealainn Nuaidh, cha robh a' cholonaidh riamh air ìsleachadh fhidir le buaidh cho mòr air an dùthaich air fad aig an àm cheudna.<sup>261</sup> Chomharraich an suidheachadh ùr sin na 1880an le eu-dòchas agus mì-chinnt mun àm ri teachd. Dh'ullaich a' mhi-chinnt an rathad airson rèabhlaid shòisealta agus phoilitigeach. B' e sochairean luchd-fearainn aon de na gnothaichean a chaidh a chur fo dheasbad. Air tòir cur-às do shiostam chlasaichean, dh'fhàs miann airson comann-sòisealta co-ionnan nas neartmhoire. Airson a' chiad uair, thug luchd-tuineachaidh Sealainn Nuaidh an aire air falbh bhon dùthaich mhàthaireil agus a dh'ionnsaigh na dùthcha ùire.<sup>262</sup> Seo atharrachadh a tha ri fhaicinn gu soilleir ann an colbhan Gàidhlig an *Southern Cross*.

### Co-dhùnadh

Thòisich àrainneachd Sealainn Nuaidh buaidh fhàgail air na Gàidheil mus do dh'fhàg iad an dùthaich mhàthaireil. B' e tàlaidhean is culaidhean-brosnachaidh nan àidseantan-eilthireachd a chruthaich ìomhaigh de Shealann Nuadh mar phàrras air taobh eile an t-saoghail. An dùil ri neo-eisimileachd, beartas, agus dòigh-beatha nas soirbhe, ràinig na Gàidheil a' cholonaidh. Cha tug e fada gus an tug briseadh-dùil fìorachd an t-suidheachaidh air Gàidheal a' chiad òran a dhèanamh. Gidheadh, cha do nochd òran MhicGillÌosa air geallaidhean fuadan nan àidseantan-eilthireachd gus às dèidh a bhàis (1873). A rèir Reeves, b' e obair chruaidh a chum an luchd-tuineachaidh trang sna bliadhnaichean tràtha. Le dìth rathaidean agus telegràfan a' fàgail meadhanan conaltradh na colonaidh ann an droch staid, bha e an urra ris an luchd-tuineachaidh cumail trang airson

258 Jeanine Graham, 'Settler Society', Geoffrey W. Rice (Ed.), *The Oxford History Of New Zealand – Second Edition* (Oxford, 1998), 112-140 (136).

259 *New Zealand Public Opinion*, 12 July 1884.

-Faic, *Otago Daily Times*, 29 July 1885 & *Otago Daily Times*, 4 April 1896.

260 *Southern Cross*, 16 December 1893.

261 Graham, "Settler Society", 138.

262 *Ibid.*, 139.

rèite a dhèanamh leis na droch bhuidhean a dh'fhàg eilthreachd air an inntinn. Chuir Brooking et al. mun aire gun robh na h-eilthirich a thàinig gu Sealann Nuadh cleachdte ri buaidhean eilthreachd is iad air gluasad taobh a-staigh Alba mar-thà.<sup>263</sup> Fiù 's ma bha na Gàidheil cleachdte ri bannan cultarail sgarte, bha an suidheachadh aig oir na h-Ìmpireachd eadar-dhealaichte. Gu follaiseach, b' fheudar dhaibh co-choslachadh leis an àrainneachd amh, ùr airson slàinte inntinn agus cuirp a ghlèidheadh. Thog *Unpacking the Kists* air a' cheist an robh an luchd-tuineachaidh airson adhartachadh san dùthaich ùr air neo teann-ghrèim a chumail air an t-seann dùthaich. Air sgàth dìth litreachas foillsichte sna bliadhnaichean tràtha, tha coltas air gun robh an luchd-tuineachaidh airson adhartas a dhèanamh san dùthaich ùr. Tha rannsachadh Ron Palenski air fèin-aithne nàiseanta Sealainn Nuaidh a' sealltainn gun robh irisean mar phrìomh-dhòigh conaltraidh muinntir Sealainn Nuaidh. Gidheadh, cha deach aig eilthirich stoidhle Breatannach irisean ath-chruthachadh ann an Sealann Nuadh.<sup>264</sup> Le luchd-tuineachaidh Sealainn Nuaidh a' cruthachadh an stoidhle fhèin de dh'irisean, tha a' cheist ag èirigh carson nach robh Gàidhlig air a riochdachadh annta? Ann an cunntas le sgrìobhadair a chleachd an t-ainm-pinn 'Sgiathanach' air cuimhneachan Ballarat agus Boile an Òir ann an 1854, tha e ag ràdh mu na h-eilthirich ann an Astràilia gun robh iad,

*Superior in mental and bodily capacities to the average capacities of their countrymen whom they had left in their native lands. The courage and adventure which had made them emigrants and the physical strength which had enabled them to weather the rude elements of early goldfields life were qualities which made them valuable as colonists and free men, but dangerous as slaves.*<sup>265</sup>

Chuir Tom Brooking mun aire gur e teicheadh bho ghruaim a' Chiaraidh Cheiltich a bha fa-near do Ghàidheil agus Ghoill nuair a chuir iad romhpa eilthreachd a dhèanamh gu Sealann Nuadh.<sup>266</sup> Ma tha e fìor gun robh an luchd-tuineachaidh Ghàidhealach a thàinig gu Sealann Nuadh a' gabhail ris, no fiù 's a' cur taic ri, sgaradh bhannan len dualchas, minichidh sin dìth litreachas Gàidhlig sna tùs-làithean. Minichidh sin, cuideachd, trìgsinn seann bheusan, leithid taisbeanadh spèis is urram do nàdar a thuigeadh, mar a mhothaich 'Eileanach', mar rud neo-fhearail. Tha coltas air gun tug Sealann Nuadh saorsa bho aintighearnas agus chlaon-bhreith cho math ri saorsa bho bhannan cultarail do na Gàidheil.

---

<sup>263</sup> Patterson, Brooking, McAloon, *Unpacking the Kists*, 36.

<sup>264</sup> Ron Palenski, "The Making of New Zealanders: The evolution of national identity in the nineteenth century", *The English Historical Review*, 129:537, 1 April 2014, 1-354 (57).

<sup>265</sup> *Tuapeka Times*, 29 July 1905.

<sup>266</sup> Brooking, "Sharing out the Haggis" ann an *The Heather and the Fern*, 50.

Mu na 1880an, ge-tà, chan urrainnear ràdh gun robh barrachd buaidh aig àrainneachd agus càileachd Sealainn Nuaidh air na h-eilthirich na bha aig tachartasan poiliteagach, eaconamach, agus sòisealta na seann dùthcha. Bha stèidheachadh Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh dlùth-cheangailte le neartachadh cultar nan Gàidheal ann an Alba. Thug stèidheachadh Comann Gàidhlig Inbhir Nis ann an 1871 agus Mòr-thaisbeanadh Ceilteach a thachair ann an Inbhir Nis ann an 1878 buaidh air stèidheachadh comann Gàidhlig ann an Sealann Nuadh fhèin.<sup>267</sup>

Tha teòiridh Reeves a' fàs nas creideasaidhe ma bheirear sùil air colbhan nan 1890an. Sheall sgrùdadh susbaint nan colbhan gun do dh'fheuch cuid de Ghàidheil ri ath-ghluasad a dhèanamh air atharrachadh phrìomhachasan agus trèigsinn seann chleachdaidhean. Chithear gun robh buaidh Sealainn Nuaidh ag obair gu mòr air coltas agus susbaint nan colbhan. Seach cholbhan eagraichte le amas soilleir, chaidh colbhan-beachda a chlà-bhualadh. Ghabh na colbhan sin gnothach ri cùisean a bhuin do Shealann Nuadh gu sònraichte. Tha sin a' sealltainn mar a thòisich Gàidheil fòcas a chur air an dùthaich anns an robh iad a' tàmh an àite a bhith a' sìor-thilleadh gu Alba nan cuid smuaintean. B' e ath-leasachadh comann-sòisealta Sealainn Nuaidh, a dh'èirich mar thoradh air an Ìsleachadh Fhada, a dh'adhbhraich sin.

Thug na 1880an agus na 1890an litreachas Gàidhlig susbainteach do na Gàidheil. Ged a tha an dà dheichead cùl ri cùl, dh'obraich culaidhean-brosnachaidh eadar-dhealaichte orra. Ann an dòigh, tha litreachas nan 1880an a' dearbhadh teòiridh Sutch; b' e Alba a stiùir làmh is peann nan Gàidheal ann an Sealann Nuadh. Sna 1890an, ge-tà, tha teòiridh Reeves a' dearbhadh gun robh crìochan ann do bhuidh na h-Alba. Dh'fhaodadh ràdh gu bheil na colbhan goirid fhèin a' riochdachadh buaidh na dùthcha ùire. Tha eisimeileachd nan sgrìobhadairean air deasaichean aig nach robh Gàidhlig a' riochdachadh eisimeileachd nan Gàidheal air Beurla mar chànan is chultar an adhartais. Tha an t-eagal ro atharrachadh agus call phrìomhachasan, a chuireas na colbhan an cèill, measgaichte le moladh agus moit dòighean na dùthcha ùire. Dearbhaidh sin an t-eadar-ghluasad a thàinig air na Gàidheil às dèidh do Shealann Nuadh dol tro eadar-ghluasad, cuideachd, tron 19mh linn.

---

267 Bueltmann, *Scottish Ethnicity And The Making Of New Zealand Society*, 77.

## Caibideal a trì – Buaidh Eilthreachd

### Ro-ràdh

Ann an dà chaibideal mu dheireadh, chaidh sùil a thoirt air na h-adhbharan a thug air Gàidheil Sealainn Nuaidh corpas litreachais a chruthachadh san dùthaich ùir. Ged a bha iad air beatha ùr a thòiseachadh air taobh eile an t-saoghail, bha buaidh na seann dùthcha fhathast ag obair orra. Tha sin ri fhaicinn ann an colbhan Gàidhlig an *New Zealand Public Opinion, Sportsman and Saturday Advertiser* a thug blas de litreachas Gàidhlig à Alba don leughadair. Tha coltas air gun do chuir na Gàidheil an cùl ris an dùthaich ùir is gun do theich iad nan inntinn gu dùthaich an àraich le taic bàrdachd, òran, sgeulachdan, agus seanfhaclan air sgàth an Ìsleachaidh fada. Gidheadh, tha fianais ann gun do thòisich muinntir Sealainn Nuaidh barrachd fòcas a chur air Sealann Nuadh fhèin gus an sòisealtas a leasachadh agus an t-Ìsleachadh a cheannsachadh. A dh'aindeoin a' choltais, cha deach Gàidheil Nuadh Sealannach an aghaidh na srutha. Ann am faclan Marjory Harper, cha robh iad ach ri, '*planting of ethnic anchors*' mar dhrochaid eadar an t-seann dùthaich agus an dùthaich ùir.<sup>268</sup> Gu minig, tha buaidh na h-acaire eitnigich ri faicinn ann an stèidheachadh sgoiltean agus eaglaisean a lean prionnsabalan agus siostaman nan institiudean san t-seann dùthaich.<sup>269</sup>

B' e as adhbhar gun tug e cho fada bun-stèidh a chruthachadh airson litreachas na Gàidhlig ann an Sealann Nuadh gun robh meadhanan conaltraidh ann an droch staid air feadh na colnaidh. Dh'atharraich sin le iomairtean leasachaidh Julius Vogel sna 1870an nuair a chaidh teileagrafan, rathaidean, rathaidean-iarrainn, agus drochaidean a thogail.<sup>270</sup> Ge b' e càit an robh iad a' fuireach sa cholnaidh, bha e comasach do Ghàidheil ann an Rodney leughadh mu stèidheachadh Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh ann an Dunedin. On a chaidh dualchas agus fèin-aithne a chur an cuimhne Gàidheil Sealainn Nuaidh a-rithist, le taic colbhan a' *Public Opinion*, b' urrainnear gluasad air adhart le leasachadh agus adhartachadh litreachas Gàidhlig. Tha na 1890an a' sealltainn mar a dh'atharraich cruth litreachas na Gàidhlig fo bhuaidh na dùthcha ùire. An àite bàrdachd is òrain, sgrìobh na Gàidheil colbhan-beachd a nochd san *Southern Cross*. Tha na colbhan a' toirt fianais don atharrachadh a thàinig air dòigh-giùlain agus dòigh-smaoineachaidh nan Gàidheal.

Gus na h-adhbharan airson leasachaidhean ann an Sealann Nuadh a shoilleireachadh thug Sutch agus Reeves dlùth-aire air gnothaichean a bhuin don t-sòisealtas agus do dh'àrainneachd Bhreatainn agus Sealainn

---

<sup>268</sup> Harper, *Adventures & Exiles*, 326.

<sup>269</sup> Ibid., 326-27.

<sup>270</sup> Ron Palenski, 'The Making of New Zealanders; The evolution of national identity in the nineteenth century', *The English Historical Review*, 129:537, 1 April 2014, 1-354 (25).

Nuaidh. Tha teòiridhean an dithis eachdraichean air am biathadh le fiosrachadh mu na thachair mus do dh'fhàg na h-eilthirich agus le fiosrachadh mu na thachair às dèidh dhaibh Sealann Nuadh a ruigsinn. Chan eil facal aca, ge-tà, air a' chùis a cho-cheangail an seann dùthaich leis an dùthaich ùir; b' i a' chùis sin eilthireachd. B' i eilthireachd an t-aon fheart a bha aig a h-uile neach-tuineachaidh Nuadh Sealannach ann an cumantas. Uime sin, 's urrainnear ràdh gum b' i eilthireachd, a buaidhean agus a h-impleachdan, fìor bhun-stèidh a h-uile leasachadh a chaidh a chur an gnìomh ann an Sealann Nuadh.

Mhothaich Miles Fairburn sin nuair a sgrùd e eagrachadh sòisealta (*social organisation*) colanaidh Sealainn Nuaidh. Na leabhar, *The Ideal Society and Its Enemies; Foundation of Modern New Zealand Society, 1850-1900*, tha e a' dearbhadh gun robh eagrachadh sòisealta Sealainn Nuaidh làn easbhaidhean. Cuideachd, tha Fairburn a' togail air atamachadh (*atomisation*) a dh'adhbhraich gluasadan a bha fìor shamhlachail do phàtrain eagrachadh sòisealta Sealainn Nuaidh a-mhàin.<sup>271</sup> Ann an co-theacsa stèidheachadh sòisealtas, bidh atamachadh a' nochdadh ann an sòisealtasan far a bheil fòcas làidir air an duine fa leth. Tha an duine fa leth sin air tòir bhuannachdan pearsanta sa chiad dol a-mach an àite a bhith air tòir buannachdan na coimhearsnachd air no na dùthcha air fad. A thaobh nan eilthireach Gàidhealach, chaidh buidhnean de dh'eilthirich a thàinig gu Sealann Nuadh san aon bhàta atamachadh (air no a bhriseadh an àird) às dèidh dhaibh an dùthaich a ruigsinn. Tha "atamachadh" ri mhothachadh ann am briseadh agus sgaoileadh fiosaigeach nan Gàidheal air feadh Sealainn Nuaidh agus, cuideachd, nan gnìomhan agus amasan pearsanta a thug leasachadh agus soirbheas gu gach duine fa leth. A-rèir Fairburn, 's e na rinn eilthireachd agus colonachadh do dh'inntinn agus bhodhaig dhaoine a dheimhinnich eachdraidh Sealainn Nuaidh. Chaidh iomradh a thoirt air droch staid conaltradh Sealainn Nuaidh anns a' chaibideal mu dheireadh. Le rathaidean agus meadhanan conaltraidh eile a dhìth, bha àitichean-tuineachaidh agus luchd-tuineachaidh sgapte air feadh na colonaidh. Chinn an t-atamachadh sin nàdar de neach-tuineachaidh a bha neo-eisimeileach agus gun bhannan sòisealta.<sup>272</sup> Leis fhèin, cha b' e eas-bhuannachd a bh' ann an neo-eisimeileachd. Gidheadh, b' e cuid de na droch bhuidhean a bh' aig atamachadh air an luchd-tuineachaidh aonranachd, fòirneirt, agus misg.<sup>273</sup> Tha an caibideal seo a' toirt sùil air buaidh atamachaidh air susbaint an litreachais a chruthaich na Gàidheil ann an Sealann Nuadh. 'S e gu h-àraidh an strì agus na duilgheadasan sòisealta a dh'adhbhraich atamachadh, cuide ri cur an cèill *trauma* na h-eilthireachd a tha fo sgrùdadh.

271 Miles Fairburn, *The Ideal Society and Its Enemies - Foundations of Modern New Zealand Society, 1850-1900* (Auckland, 1989).

272 Ibid., x.

273 Ibid.



Tha a’ chiad fho-chaibideal a’ tabhann tuairisgeul air prionnsabalan saoghal *Arcadia*. Tha litreachas tràth na Gàidhlig ann an Sealann Nuadh a’ sealltainn nach b’ urrainn do na Gàidheil an dòigh-beatha a dhaingneachadh le riaghailtean *Arcadia*. Tha sgrùdadh ‘Atamachadh’, ris an do chuir *Arcadia* taic, a’ toirt fianais air aonaranachd fhiosaigeach agus inntinneil a dh’fhidir na Gàidheil air sgàth eilthireachd. Tha ‘Co-chruinneachadh nan Gàidheal’ a’ sealltainn oidhirpean nan Gàidheal an t-atamachadh a cheannsachadh le bhith a’ stèidheachadh Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh. Tha amasan a’ Chomainn Ghàidhlig a’ fàs soilleir anns an fho-chaibideal, ‘Strì airson fèin-aithne Gàidhealach’. Le barrachd eilthireach Gàidhealach Sealann Nuadh a ruigsinn sna 1870an, thàinig ath-bheòthachadh air fèin-aithne, cultar, agus cànan nan Gàidheal. Tha an caibideal a’ tighinn gu crìoch le sgrùdadh nan colbhan Gàidhlig a thaobh an dòigh anns an do làimhsich iad buaidhean strìtheil an atamachaidh ann an, ‘Olc an atamachaidh.’

### Arcadia

B’ e nua-innleachd litreachas Bhreatainn a bh’ ann an iomhaigh Sealainn Nuaidh mar *Arcadia*.<sup>274</sup> Chaidh am facal *Arcadia* fhèin a chleachdadh gu bitheanta mar cho-fhacal airson pàrras.<sup>275</sup> Chaidh adhartachadh le irisean gu sònraichte a chlà-bhuail cunntasan agus litrichean eilthireach a bha, gu ìre mhòr, soirbheachail sna colnaidhean. B’ e aon de na h-irisean sin *Cuairtear nan Gleann*. Ann an 1840, stèidhich an t-Urr. Tormod MacLeòid (Caraid nan Gàidheal) an iris leis an amas fiosrachadh mu na colnaidhean a thoirt do na Gàidheil.<sup>276</sup> Tro chòmhradh, chunntasan, agus litrichean, chuireadh na Gàidheil an aithne leis an dùthaich air taobh eile an t-saoghail a bha ainmeil thar dùthchannan eile. B’ e gu h-àraidh pailteas ghoireasan nàdarra a chaidh a chomharrachadh mar a dhearbhas iomradh bhon Mhàrt 1840, ‘Mar so tha fàs agus cinneas feòir agus mheasan agus luibhean san eilean so na’s làidire ’s na’s reachdmhoire na ann an aon àit eile air a’ bheil cunntas againn.’<sup>277</sup> B’ e coimeasgadh cunntasan fàbharach eilthireach agus an t-suidheachaidh ann an Alba a neartaich miann airson saoghal *Arcadia*.<sup>278</sup> Bha a’ Ghàidhealtachd gu sònraichte ann an droch staid eaconamach às dèidh do chogaidhean Napoleon tighinn gu crìoch ann an 1815. Mar a thuit prìsean airson ceilp agus crodh gu grad, chaidh casg a chur air sruth cudromach teachd-a-steach air feadh na Gàidhealtachd. Fhreagair uachdarain air a’

274 Ibid., 4.

275 Faic dàn Beurla le Eobhan Mac Colla, ùghdar ‘Clàrsach nam Beann’, a chaidh a chlà-bhuail ann an *Celtic Magazine*, *Celtic Magazine*, April 1884, 287.

276 Sheila M. Kidd, “Caraid nan Gaidheal and ‘Friend of Emigration’: Gaelic Emigration Literature of the 1840s” *The Scottish Historical Reviews*, Volume LXXXI, 1: No. 211: April 2002, 52-69 (56).

277 *Cuairtear nan Gleann*, March 1840, 13.

278 Fo riaghaltas Bhallance, chaidh oidhirp a dhèanamh saoghal *Arcadia* a thabhann don t-sluagh far am biodh an t-aon uiread de dh’fhearann agus de chaoraich aig gach duine. (*Press*, 6 July 1878).

Ghàidhealtachd don dùmhlachd ùir, don bhochdainn, agus don mhiann airson fearainn le iomairtean taiceil a bhrosnaich eilthreachd.<sup>279</sup> Bha feum air sluagh mòr gus ceilp a bhuain. Ach anns na deicheadan a lean 1815, bha na h-uachdaran ag amharc air sluagh na tìre mar uallach. Bhathar a' ruairgeadh nan daoine chun na Galldachd agus thall thairis. Tha fianais ann gun do rinn mòran de na Gàidheil a thàinig gu Sealann Nuadh eilthreachd taobh a-staigh crìochan Bhreatainn an toiseach. Fiù 's air a' Ghalldachd, ge-tà, cha robh piseach air tighinn air beatha nan Gàidheal. Ann an còmhradh eadar 'Cuirtear nan Gleann' agus 'Eachann Tirisdneach', a chaidh a chlà-bhualadh ann an *Cuirtear nan Gleann* san Ògmhios 1840, tha an dithis luchd-bruidhinn a' cur cunnartan beatha ann an Glaschu ri taobh cunnartan beatha ann an Sealann Nuadh. A dh'aindeoin eagal ro chanabailean<sup>280</sup>, tha smùr, eucoir, agus cabhag Ghlaschu a' cur barrachd dragh air Eachann,

's fèarr leam dol thairis; ach gun teagamh air bith, bu choma leam a bhi 'n cunnart mi fèin no mo bhean, no h-aon do na pàisdean a bhi air ar cur air a' bhior-ròsdaidh, mar gu'm biodh ceithreamh muilt ann;<sup>281</sup>

Leis na Gàidheil teagmhach mu bheatha ann am bailtean Alba, cha robh feum fiù 's air tuairisgeul mionaideach air na bha *Arcadia* dha-rìribh a' ciallachadh. A rèir an eachdraiche James Belich, chuidich ìomhaigh *Arcadia*, tìr nan geallaidhean, cur-às do *trauma* eilthreachd is do na h-eilthirich dìreach gu bhith, '*plunging off the other end of the world*.'<sup>282</sup> Stèidhich Fairburn *Arcadia* Nuadh Sealannach air rannsachadh is mìneachadh J.C. Davis ann an, *Utopia and the Ideal Society: a Study of English Utopian Writing 1516-1700* (1981). Tha teòiridh Davis *Arcadia* ag aithneachadh,

*universal human problems – moral corruption, personal unhappiness, poverty, social conflict [...] result fundamentally from normal society's failure to harmonise human wants with economic resources.*<sup>283</sup>

Ma ghabhar ris a' mhìneachadh sin, chithear gun deach cùisean ann an Alba gu tùr an aghaidh phrionnsabalan *Arcadia*. Ghabh cuid den t-sluagh bràth air feadhainn eile; chuir sin taic ri stèidheachadh agus daingneachadh siostam rag chlasaichean. A bharrachd air sin, chaidh goireasan nàdarra a mhi-ghnàthachadh airson buannachd àireamh bheag de dhaoine aig an robh làmh an uachdar. Chruthaich sin mì-chothrom agus strì san t-sòisealtas. Tha

---

279 Harper, *Adventures & Exiles*, 25.

280 Ann an litir bho 1872 leis an àidseant-eilthreachd, an t-Urr. Peter Barclay, tha Barclay a' dèanamh àidseantan-eilthreachd Aimeireaganach a sgaoil fathann mu na canabailean Nuadh Sealannach am measg nan Gàidheal. (Appendix to the Journals of the House of Representatives, 1 January 1873).

281 *Cuirtear nan Gleann*, June 1840, 82.

282 Hewitson, *Far Off In Sunlit Places*, 22.

283 Fairburn, *The Ideal Society and its Enemies*, 9.

òran Iain MhicGillÌosa air turas an *Strathallan* a' toirt iomradh air uallach eile a thàinig air Alba às dèidh cogaidhean Napoleon. Chaoidh MacGillÌosa gum b' i Alba a dhiùlt, 'rùm thoirt dhomh no fasgadh.'<sup>284</sup>

Bha toiseach an 19mh linn air làrach domhainn fhàgail air Alba. Cuide ri mì-ghnàthachadh ghoireasan fo làimh nan uachdaran, dh'fhàg crìoch nan cogaidhean, tilleadh nan saighdear, agus ruigsinn eilthireach Èireannach pàirt mhòr den t-sluagh gun fhastadh.<sup>285</sup>

Ann an saoghal *Arcadia*, chan eilear ag aithneachadh dìth ghoireasan. Gabhar ris gu bheil nàdar solar-ghoireasan gu leòr airson feumalachdan a' chinne-dhaonna a shàsachadh.<sup>286</sup> Gus àrainneachd iomchaidh airson *Arcadia* a chruthachadh, dh'fheumadh an sluagh a bhith, '*innately moderate*'. Dh'iarr is fhuair iad dìreach na bha iad feumach air.<sup>287</sup> Ann an saoghal iomchaidh *Arcadia*, chuireadh co-mheasgachadh pailteas agus modarataigeachd (*moderation*) às do dh'fheumalachdan airson chomann-sòisealta sam bith. Cuideachd, chuireadh an co-mheasgachadh às do shiostam chlasaichean agus rangachd shòisealta (*social hierarchy*). Leis gun robh an àrainneachd a' sìor sholar ghoireasan don t-sluagh, goireasan nach ruitheadh a-mach gu sìorraidh, cha robh feum ann air comann a stèidheachadh airson, '*creation, management, protection, and allocation,*' ghoireasan nàdarra.<sup>288</sup> Air sgàth cuibhreachadh nàdarra (*natural restriction*), sgil a dh'ionnsaich modarataigeachd do mhuinntir *Arcadia*, cha bu mhiann le duine sam bith barrachd a chruthachadh agus a chàrnadh na bu chòir, gu teòiridheach.<sup>289</sup>

Gu tràth ann an stèidheachadh na colonaidh, chaidh '*strong petit-bourgeois tendencies*' a chruthachadh air sgàth beartas nàdarra na dùthcha ùire.<sup>290</sup> A rèir Fairburn, b' e sin a dh'adhbhraich an co-ionannachas a bha cho fìor-shamhlachail do Shealann Nuadh. Leis an luchd-obrach a bhith 'cho beairteach rim maighstir agus rim bana-mhaighstir' dh'èirich nàdar de '*extreme individualism*'.<sup>291</sup> Fhuair an *extreme individualism* sin taic bho bhun-phrionnsabalan *Arcadia* a chuir às don fheum airson comann-sòisealta. Gu h-inntinneach, a rèir teòiridh *Arcadia*, b' e coincheap chomann-sòisealta prìomh-adhbhar do 'dhol-am-miosad' sòisealtas dùthaich sam bith.

*It is a place of justice, prosperity, harmony, morality, social freedom, contentment, leisure, and simplicity because, by not requiring a social organisation. Arcadia has abolished the immediate causes of all*

284 *The New Zealand Public Opinion*, April 30 1881.

285 Harper, *Adventures & Exile*, 37.

286 Fairburn, *The Ideal Society and its Enemies*, 9.

287 Ibid.

288 Ibid., 10.

289 Ibid., 8.

290 Ibid., xi.

291 Ibid.

*injustice, poverty, discord, corruption. In turn, the freedom from excessive organisation is the combined effect of natural abundance and innately moderate desires. Arcadia satisfies people without burdening them with convention, obligation, collaboration, coercion, manipulation, and persuasion – all the costs of social life.*<sup>292</sup>

Tha rannsachadh Tanja Bueltmann air eitnigeachd Albannach agus sòisealtas Sealainn Nuaidh a' sealltainn gun deach na ciad chomann a stèidheachadh sna 1850an. B' e amas nan comann taic a chur ri, '*weakened social and cultural fabric of their new home by means of fraternal bonding...*'.<sup>293</sup> Ann an *Arcadia*, ge-tà, '*no contrived associations generate artificial desires, and no artificial desires generate contrived associations.*'<sup>294</sup> Is math dh'fhaidte gu bheil sin fìor airson sòisealtas *Arcadia*. Feumar cuimhneachadh, ge-tà, nach d' fhuair luchd-tuineachaidh Sealainn Nuaidh àrach ann an saoghal *Arcadia*. Gu tric, bidh eachdraichean Nuadh Sealannach ag ràdh gum b' e eilthreachd roghnachail, seach eilthreachd èignichte, a rinn luchd-tuineachaidh Albannach.<sup>295</sup> B' i an eilthreachd roghnachail, a rèir nan eachdraichean, a dh'fhàg an luchd-tuineachaidh comasach an seann bhannan cultarail a sgaradh agus co-choslachadh leis an t-sòisealtas ùir.<sup>296</sup> Gun a bhith feumach air comharran cultair agus siostaman sòisealta, bhitheadh an seòrsa luchd-tuineachaidh sin foirfe airson saoghal *Arcadia*.

Tha Marjory Harper air sealltainn, ge-tà, nach deach buaidhean 'putadh is tarraing' a rèir a chèile, mar as trice.<sup>297</sup> Cha ghabh eilthirich a cho-roinneadh ann an dà bhuidheann, le leth dhiubh nam fògarraich agus an leth eile nan dàn-siubhlaichean (*adventurers*).

Ma chuimhneachar air colbh-beachd 'Feileadh-Beag' a sgrìobh mu cho-chomann Gàidheil Lunnainn agus dìth leithid de chomann ann an Sealann Nuadh, chithear gun robh na Gàidheil cleachdte ri, agus feumach air comainn.<sup>298</sup> Le miannan fuadan (*artificial desires*) an làthair mar-thà, cha robh bonn-seasamh aig saoghal *Arcadia* ann an Sealann Nuadh bhon toiseach. Is math dh'fhaidte gun robh coltas *Arcadia* air cochall Sealainn Nuaidh, ach san taobh a-staigh bha prionnsabalan gu tur eadar-dhealaichte a' riaghladh beatha làitheil an luchd-tuineachaidh.

## **Atamachadh**

B' e fìor bhacadh do *extreme individualism* saoghal *Arcadia* a bh' ann an atamachadh. Sa chiad dol a-mach, saoillear gum biodh atamachadh

---

292 Ibid., 10.

293 Bueltmann, *Scottish Ethnicity and the Making of New Zealand Society*, 64.

294 Fairburn, *The Ideal Society and its Enemies*, 10.

295 Patterson, Brooking, McAloon, *Unpacking the Kists – The Scots in New Zealand*, 11.

296 Ibid., 4.

297 Harper, *Adventures & Exile*, 32.

298 *Southern Cross*, 16 December 1893.

ag adhartachadh prionnsabalan *Arcadia*. Leis nach robh feum ann air comann-sòisealta, cha robh feum ann air co-chruinneachadh nas motha. Tha Fairburn a' comharrachadh nach eil sin a' ciallachadh gum b' e aonaran a bhiodh ann an neach-tuineachaidh *Arcadia*. Bhitheadh muinntir *Arcadia* a' coinneachadh ri chèile, ach ann an dòigh, '*spontaneous, carefree, totally voluntary*'.<sup>299</sup> Gidheadh, tha comharran ann a chuireas mun aire gun robh droch bhuidhean aig atamachadh air luchd-tuineachaidh Sealainn Nuaidh. Mura robh atamachadh air tòiseachadh obair air na h-eilthirich mus do dh'fhàg iad Breatainn, bhuail a bhuidh orra air an t-slighe aig a' char a b' anmoiche. Ann an litir a sgrìobh 'Iain Neonach' à Achdlan (*Auckland*) dha charaid, Aonghas, sa bhliadhna 1863, bhruidhinn e mu dhìth smachd nan Gàidheal, 'anns duithaich Imriche so, ans mheil sinne clann na ghael air ur tilgeadh cuideach mar rud chuireag muir air tir le tuiteamas, gun dad do fhios againn ro aobhar air chul na smo n'thaig bho mheal aig do mhathair.'<sup>300</sup> Tha nàdar na litreach agus cunntas is tuairisgeulan an sgrìobhadair air cùisean poilitigeach na colonaidh a' cur air sùilean an leughadair gu bheil Aonghas a' tàmh ann an dùthaich eile.

Tha buaidh an atamachaidh a' tighinn am barr ann an dà dhòigh; sa chiad dol a-mach tha 'Iain Neonach' a' caoidh an astair eadar a charaid is e fhèin, 'Ochan, ochan bhearr leum gu ro tuilleadh againn dheth do gne anns duithaich Imriche so.'<sup>301</sup>

Cuideachd, tha coltas air gu bheil an sgrìobhadair a' faighinn a dhachaigh ùr fhathast cèin, coimheach, is gu bheil seòrsa astar inntinneil ga fhàgail an-shocair ann an Sealann Nuadh. 'S e, 'duithaich N' Staroinean gorm' (dùthaich nan sròintean gorma) a bh' aige air an dùthaich ùir.<sup>302</sup> Chan eil an t-ìomradh seo air coltas agus sgeadachadh-cuirp nam Māori a' seasamh leis fhèin. Tha traidisean tatù aodainn, cùis a bhiodh air a bhith annasach agus 's dòcha borb ann an sùilean nan Eòrpach, ga leantainn le tuairisgeul air bùrach saoghal poilitigeach Sealainn Nuaidh. Comharraichidh sin mì-chofhurtachd agus mì-chinnt an sgrìobhadair mu bheatha san dùthaich ùir,

The pairlaimaidan cho pailt agus gur mbhi n'da'ra te anns rathad air n'teile, mur gu faicheadh dhu cearc featheamh ach fhagad teile nead, s'choluath agus bhereig i n'tubh na luididh te ur na haite.<sup>303</sup>

Tha an t-astar fiosaigeach bhon charaid agus an t-astar inntinneil bhon dachaigh ùr a' sealltainn buaidh an atamachaidh air Iain Neonach. Gu follaiseach, bha trioblaidean aige socrachadh ann an Sealann Nuadh agus an dùthaich seo fhaicinn mar a 'dhachaigh ùr'. Tha Fairburn a' mìneachadh

---

299 Fairburn, *The Ideal Society and its Enemies*, 10.

300 *New Zealand Herald*, 28 November 1863.

301 *Ibid.*

302 *Ibid.*

303 *Ibid.*

gun robh ‘dachaigh’ na mheatafor airson suidheachaidhean sòisealta agus dlùth-chàirdean. Fhad ’s a bha an dà rud sin a dhith, cha b’ urrainn do luchd-tuineachaidh gabhail ris an dùthaich ùir mar ‘dhachaigh’ cheart.<sup>304</sup> Tha faclan Iain Neonach a’ dearbhadh nach do thachair atamachadh aig ìre fhiosaigeach a-mhàin. Gun teagamh, tha atamachadh nas fhollaisiche ann an nàdar sgapte an luchd-tuineachaidh agus an àitichean-tuineachaidh. Thòisich atamachadh obair air an luchd-tuineachaidh, ge-tà, mus do ràinig iad Sealann Nuadh. B’ e aonranachd aon de na feartan as samhlachaile do dh’atamachadh.<sup>305</sup> Tha an aonranachd sin ri faicinn ann an tuairisgeul ‘Iain Neonach’ air call smachd nan Gàidheal is iad air an tilgeil air cladaichean dùthchannan cèine.

Tha an dìth smachd sin a’ tighinn am barr, cuideachd, ann an cunntas air turas an *Strathallan* le Iain MacGillÌosa. Ann am muinghin na mara agus sgioba na luinge, chan eil teagamh ann gun do dh’fhàg *trauma* an turais làrach air inntinn nan eilthireach. B’ e sin làrach a sgar na h-eilthirich bho chèile, fiù ’s bho eilthirich a bha air Sealann Nuadh a ruigsinn air an aon bhàta. Tha cunntas MhicGillÌosa a’ comharrachadh culaidhean-brosnachaidh atamachadh. Air an turas fada gu Sealann Nuadh, b’ e cùis bhitheanta a bh’ ann an stoirmean agus sìde chaochlaideach,

’S dh’fhag an doinionn air bheag sgoinn sinn,  
Ceither lá ’m oichean fada.

Ged a bha ar bata gleusda,  
Bha aisnean a cleith a bragail.

A croinn chalma laidir ura,  
Bha iad a lubadh mar shlataig.

Cha robh toll air a clar uachdair,  
Nach robh sruth na luath’s a teachd leis.

...

’N uair rainig sinn “Ceap-an-Dochais,”  
Bha muir bochdach mar na beannaibh.

...

Cheangladh dithis air an stinir,  
Do ’n dream bu turnail’ bha againn.

...

Cha seasadh ceannard na seol’dair,  
Mar biodh rop ann a lamhan.

---

304 Fairbum, *The Ideal Society and its Enemies*, 211.

305 Ibid., 253.

Dh' earainn air gach neach a dh'fhaodas,  
Fuireach daonan aig a bhaile.

...

“Bu maith dhuinn a bhi mar a bha sinn,  
Seach mo bhathadh anns an fhaichd so.”<sup>306</sup>

A bharrachd air na stoirmean, bhiodh bagairt teine a' fàgail an luchd-siubhail faisg air uchd a' bhàis,

Thainig sgeul air latha sabaid,  
Gun robh ar bata na lasair.  
Air na gnùisean a bha aillidh  
Bha aogal a bhais le cabhaig.<sup>307</sup>

Chaidh na h-eilthirich Ghàidhealach atamachadh leis na dh'fhidir iad air an turas. Le bàs luchd-siubhail eile agus bagairt bàis man timcheall fad trì mìosan, gabhar ris gun do dh'fhàg an t-eilthireachd làrach domhainn ann an inntinn nan Gàidheal. Chan e nàdar a-mhàin a dh'adhbhraich mì-chofhurtachd agus dith sàbhailteachd air an turas is MacGillÌosa a' caoidh, ‘Cha leig mi ni as mo lamhan, / Nach dean na meairlich a ghlachdadh.’<sup>308</sup> Nas fhaide na turas do na colonaidhean Breatannach eile, bhiodh na h-eilthirich a' tàmh taobh ri taobh air na bàtaichean fad trì gu ceithir mìosan.<sup>309</sup> Thug Marjory Simpson iomradh air cho teann 's a bha an suidheachadh air na bàtaichean is an luchd-siubhal a' tighinn à diofar coimhearsnachdan, diofar àrainneachdan sòisealta, agus, uaireannan, fiù 's diofar dhùthchannan.<sup>310</sup> Chan eil e cho iongantach gun do sgap an luchd-tuineachaidh às dèidh dhaibh an dùthaich ùr a ruigsinn is e air a bhith eu-comasach dhaibh earbsa a chur ann an luchd-siubhail eile.

Chaidh òran MhicGillÌosa agus litir Neonaich fhoillseachadh mar bhuannachd do leughadairean Gàidhealach. Gu bitheanta, chaidh susbaint litrichean a cho-roinneadh le eilthirich eile gus taic a thoirt dhaibh rèite a dhèanamh leis an aonranachd agus an atamachadh.<sup>311</sup> Fhad 's a chaidh litir ‘Iain Neonach’ a chlà-bhualadh airson fo-sgrìobhaichean an *New Zealand Herald* à Wangarei, chaidh òran MhicGillÌosa a chlà-bhualadh mar phàirt de iomairt ath-chuimhneachadh agus ath-stèidheachadh fèin-aithne Gàidhealach le taic a' *Public Opinion*. 'S e na tha ann an cumantas aig an dà phìos litreachais gun deach an cruthachadh air sgàth atamachadh agus gu bheil iad a' strì an aghaidh atamachaidh. Le bhith a' cruthachadh litreachas,

---

306 *New Zealand Public Opinion*, 30 April 1881

307 Ibid.

308 Ibid.

309 Faic cunntas Ngairre Webb air beatha a seanmhair, Ainnie NicCoinnich (bean Iain MacCoinnich), (Ngairre Webb, 'A Portrait Of My Grandmother – lady Annie McKenzie', ann an 'McKenzie, Sir John', MS-1926/1122 – Archives, Hocken Library (Dunedin).

310 Harper, 'The evolution of emigrant travel to New Zealand in the nineteenth and twentieth centuries', 18.

311 Fairburn, *The Ideal Society and its Enemies*, 209.

chruthaich na h-eilthirich drochaid aig an robh comas cur às do dh'atamachadh. Gidheadh, cha deach an drochaid sin a thogail gus na 1880an nuair a chaidh litreachas Gàidhlig a sgaoileadh gu farsaing ann an Sealann Nuadh.

### Co-chruinneachadh nan Gàidheal

Chaidh togail air 'miann fuadan' an luchd-tuineachaidh airson comann-sòisealta mar-thà. Ged a nochd comainn air feadh Sealainn Nuaidh bho na 1850an air adhart, cha deach miann a chur an cèill airson comann a bhiodh a' frithealadh do na Gàidheil Nuadh Sealannach gu sònraichte gus na 1870an. Is math dh'fhaoidte gur e gearanan, a leithid dùbh-chàineadh A.G. Allan, a thug breab tòiseachail do stèidheachadh comann Gàidhlig. Ann an 1873, chuir e earrann chun *Otago Witness* a' caoidh dìth iomairtean am measg mhinistearan Gàidhealach ann an Sealann Nuadh comainn a chur air dòigh. '*There are 3000 Highlanders in this Province,*' sgrìobh Allan, '*and yet they do not possess sufficient spirit to get up a Celtic Society.*'<sup>312</sup> Tha Allan a' cur ann an sùil an leughadair gum b' e a b' adhbhar do chrionadh co-chomann agus dualchas nan Gàidheal, '*superabundance of roast beef and mutton.*'<sup>313</sup> Tha faclan Allain a' toirt fianais do dhà rud. Sa chiad dol a-mach, tha coltas air gun robh prionnsabalan *Arcadia* air a bhith soirbheachail le bhith a' cur bacadh air cruinneachadh is aonadh nan Gàidheal fo bhratach comann-sòisealta. Chuir pailteas às do mhiannan chomann. Cuideachd, ged a dh'fhaodadh e bhith ròlaisteach ceangal a tharraing eadar mairtfeoil ròsta agus an t-òran Sasannach, '*The Roast Beef of Old England*', tha a' cheist ag èirigh an do ghabh Gàidheil Sealainn Nuaidh ri cleachdaidhean agus prìomhachasan Sasannach thar an cleachdaidhean agus co-chomann Gàidhealach. Chuireadh sin mun aire gun deach comann Gàidhlig a stèidheachadh gu sònraichte airson eitnigeachd agus fèin-aithne nan Gàidheal ath-stèidheachadh ann an Sealann Nuadh. Le barrachd eilthireach Gàidhealach a' ruigsinn Sealann Nuadh sna 1870an, tha e comasach gum bu mhiann leis na Gàidheil fèin-aithne Gàidhealach a chur an cèill. Air neo, mar a mhinich Bueltmann, dh'fheuch na Gàidheil ri bhith, '*delineat[ing] themselves from other Scots.*'<sup>314</sup> 'S e an dàrna gnothach a chuireas beachd Allain mun aire gun robh pailteas na chnap-starra don Ghàidhlig. Air 5 Faoilleach 1881, dh'fhoillsich an *Otago Daily Opinion* sanas airson stèidheachadh comann litreachas na Gàidhlig ann an Dunedin. Eadar-dhealaichte bho fheumalachdan ballrachd a' Chomainn Chailleannaich, dheimhinnich eitnigeachd cò bhiodh freagarrach airson ballrachd.<sup>315</sup> A bharrachd air a bhith a' cur stèidheachadh

---

312 *Otago Witness*, 3 May 1873.

313 Ibid.

314 Bueltmann, *Scottish Ethnicity and the Making of New Zealand Society*, 77.

315 Ibid., 96. A rèir riaghailtean ballrachd a' chomainn, cha robh eitnigeachd cudromach airson ballrachd. A bharrachd air sin, bha buill nach robh nan Albannach ann an oifisean àrda air bòrd a' chomainn.



a' chomainn às leth ruigsinn àireamh mhòr de dh'eilthirich Ghàidhealach sna 1870an, tha Bueltmann ag argamaid gum b' e freagairt do dh'ion-ghabhalachd (*inclusiveness*) a' Chomainn Chailleannaich a bh' ann an stèidheachadh comann a thug ballrachd do bhuidheann eitnigeach sònraichte.<sup>316</sup>

Chleachdadh prionnsabalan Comann Gàidhlig Inbhir Nis mar bhun-stèidh airson a' chomainn ùir. A rèir an *Otago Daily Times*, bha 240 fir air ùidh airson ballrachd don chomann a chur an cèill. Aig an ìre thràith sin, b' fheudar do bhuill bhith fileanta ann an Gàidhlig airson ballrachd.<sup>317</sup> Tha coltas ciallach air sin on a chuir an Comann taic ri glèidheadh agus adhartachadh na Gàidhlig agus a litreachas ann an Sealann Nuadh. Gidheadh, dhiùlt na riaghailtean cead a-steach (*admission*) a thoirt do dhaoine aig an robh an t-aon ideòlas (a thaobh glèidheadh na Gàidhlig), ach aig nach robh Gàidhlig.

Ann an 1881, chuir Donald M'Tavish colbh chun *Public Opinion* a chàin faclan sgaiteach mèar Wellington, William Hutchison. Bha Hutchison air an taic is moladh a fhuair na Gàidhlig mar phàirt de dh'iomairt stèidheachadh Cathair Cheilteach aig Oilthigh Dhùn Èideann a cheasnachadh. Aig deireadh a' choilbh, sgrìobh M'Tavish nach robh Gàidhlig aige, gu mì-fhortanach, is mar sin cha robh e, '*admissable into the Gaelic Society.*' Thabhainn e fhathast 'na h-oidhirpean laga aige' (*feeble efforts*) airson Comann Gàidhlig adhartachadh.<sup>318</sup> Ann an colbh eile a sgrìobh M'Tavish airson an *Evening Star*, ochd bliadhna ro cholbh a' *Public Opinion*, tha M'Tavish ga aithneachadh fhèin mar '*Hielander*'. Fon ghairm, 'Clann Na Gaidheal A Guaillean A Cheile,' tha M'Tavish a' dìteadh beachd neach-comhairle Dhunedin casg a chur air na Gàidheil feileadh-beag a chaitheamh ann an Dunedin.<sup>319</sup> Tha eisimpleir M'Tavish a' sealltainn cho teann 's a bha riaghailtean a' Chomainn an toiseach. A rèir choltais, cha do ghabh an comann fiù 's le Gàidheil mura robh Gàidhlig aca.

Dh'fhàs riaghailtean a' Chomainn nas saoirsneile rè ùine, mar a dhearbhas aithisg mun Chomann a nochd anns an *Ashburton Guardian* ann an 1899. Cha robh feum ach air, '*a strain of Highland blood,*' seach fileantas ann an Gàidhlig airson ballrachd an uair-sin.<sup>320</sup> Gun a leithid de chomainn eile an làthair ann an Sealann Nuadh, tha ceist ann a thaobh riaghailtean a' Chomainn. Tha e comasach gun robh Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh stèidhichte air riaghailtean Comann Gàidhlig Astràilia a bharrachd air comainn Gàidhlig na h-Alba, mar eisimpleir Comann Gàidhlig Inbhir Nis.

---

316 *Ibid.*, 77.

317 *Otago Daily Times*, 5 January 1881.

318 *New Zealand Public Opinion*, 5 February 1881.

319 *Evening Star*, 22 January 1873.

320 *Ashburton Guardian*, 18 August 1899.

Bhiodh an *New Zealander* ag aithris mu choinneamhan is thachartasan Comann Gàidhealach Geelong. Tha aithisg bho 5 Gearran 1859 a' toirt cunntas air buileachadh dhuaisean air balaich òga a bha air fileantas ann an Gàidhlig a dhearbhadh. Tha an cunntas a' co-dhùnadh le bhith ag ràdh gun robh sgilean Gàidhlig, '*an indispensable qualification for membership of the Highland Society*'.<sup>321</sup> Tha e comasach gun do lean Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh riaghailtean chomann ann an Astràilia sna làithean tràtha. Tha Bueltmann ag argamaid nach b' e oidhirpean dìonadach a bha air cùlaibh stèidheachadh chomann Albannach ann an Sealann Nuadh. Cha b' e eagal ro iomallachadh (*marginalisation*) no ro chrionadh eitnigeach (*ethnic fade*) a thug air mion-chultaran comainn a stèidheachadh.<sup>322</sup> Gidheadh, chan eil am beachd sin a' dol leis an fhianais bho riaghailtean tràtha Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh. An coimeas ri comainn eile, cha robh fàilte ron a h-uile duine le ùidh sa chànan agus comas sa Ghàidhlig aon de na feumalachdan airson ballrachd. Fiù 's mura robh amasan dìonadach aig comainn Albannach eile, bha nàdar às-dùnach air Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh. Feumar cuimhneachadh gun robh sòisealtas Sealainn Nuaidh air tòir co-ionannas (gu h-àraidh sna 1880an agus sna 1890an rè agus às dèidh an Ìsleachaidh fhada). Tha Bueltmann ag ràdh gun do dh'fhàs an '*Scottish associational scene*' ann an Sealann Nuadh nas toinnte le stèidheachadh a' Chomainn Ghàidhlig a fhrithheil do bhuidheann eitnigeach sònraichte.<sup>323</sup> Neartaich Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh an sgaradh eadar Gàidheil agus a h-uile neach-tuineachaidh eile. B' e an sgaradh eadar Gàidheil agus Goill a bha gu h-àraidh aimhriteach, a rèir Bueltmann. Ann an dòigh, le bhith a' ceannsachadh an atamachaidh a sgar na Gàidheil bhon a chèile, neartaich na Gàidheil an t-atamachadh a bhiodh gan sgaradh bhon a h-uile neach-tuineachaidh eile.

### **An strì airson fèin-aithne Gàidhealach**

Tha teòiridh *Arcadia* ag ràdh gur e gainnead ghoireasan cuide ri cus eagrachadh sòisealta tùs gach olc. Airson olc a sheachnadh, dh'fheumadh stuth-leasachadh (*material amelioration*) a choileanadh. Gidheadh, cha toir an teòiridh sin for don aonranach, don strì, agus do thrèigsinn bheusan sòisealta a dh'èiricheas ma leasaichear stuth ann am falamhachd shòisealta (*social vacuum*).<sup>324</sup> Thug an dà chaibideil mu dheireadh iomradh air call bheusan is phrìomhachasan Gàidhealach<sup>325</sup> a dh'èirich am measg luchd-tuineachaidh Gàidhealach. Ged a bha cuid de Ghàidheil air an suidheachadh

<sup>321</sup> *New Zealander*, 5 February 1859.

<sup>322</sup> Bueltmann, *Scottish Ethnicity and the Making of New Zealand Society*, 67.

<sup>323</sup> *Ibid.*, 77.

<sup>324</sup> Fairburn, *The Ideal Society and its Enemies*, 250.

<sup>325</sup> Mar eisimpleir, co-chomann eadar na Gàidheil, spèis do nàdar agus don càirdean.

a leasachadh, mar a mhothaich ‘Eileanach’<sup>326</sup>, thrèig iad an coimhearsnachdan air an slighe gu soirbheas is beairteas. Gu follaiseach, choimhead *Arcadia* às dèidh stuth-fheumalachdan (*material needs*) an t-sluaigh. A thaobh feumalachdan spioradail agus cultarail nan Gàidheal, ge-tà, dh’fhan a’ cholonaidh fo-leasaichte.

Mar a chuir A.G. Allan mun aire, dh’fheumadh gainnead airson na Gàidheil aonadh ann an Sealann Nuadh; agus thàinig miann Allain gu bith sna 1880an. Dh’fhaodadh ràdh gu bheil na 1880an a’ toirt fianais air mar a bha Sealann Nuadh a’ trèigsinn prionnsabalan *Arcadia*. Mar a ro-innis bun-riaghailtean *Arcadia*, b’ e as adhbhar do dh’olc cus eagrachadh sòisealta. Nuair a thòisich riaghaltas Sealainn Nuaidh iomairtean ath-leasachaidh, eagrachadh eaconamach agus sòisealta a chur an gnìomh sna 1870an, thàinig an eadraiginn (*interference*) le prionnsabalan *Arcadia* gu ceann sna h-‘Ochdadan acrasach’ agus san Ìsleachadh Fhada. Dh’fhaodadh argamaid, ge-tà, gun do thòisich cùisean dol iomrall le Boile an Òir sna 1860an. Dh’fhosgail olc an eagrachaidh shòisealta an doras do dhuilgheadasan a bha air a bhith cumanta san t-seann dùthaich, ‘*hierarchy, class conflict, oppressive status conformity*.’<sup>327</sup>

Tha na duilgheadasan sin air an cur an cèill ann an oidhirpean nan Comann Gàidhlig is Gàidhealach air feadh Sealainn Nuaidh luach agus ceannas cultar agus cànan nan Gàidheal a dhaingneachadh.

Gus gnìomhan Gàidheil Sealainn Nuaidh a thuigsinn, feumar an toiseach gabhail ris gur e buidheann fa leth bho bhuidhnean eilthreach eile a bh’ annta.

Tha faclan Bueltmann et al. a’ tighinn gu inntinn a-rithist nach b’ e ‘*melting pot*’ ach ‘*salad bowl*’ a bh’ ann an sòisealtas Sealainn Nuaidh.<sup>328</sup> Mas e ’s gun robh na h-Albannaich (ainm-trusadh a tha a’ gabhail a-steach nan Gàidheal) cho deònach co-choslachadh leis an t-sòisealtas nas fharsainghe, mar a tha Brooking et al. a’ cur mun aire, carson a tha colbhan irisean a’ taisbeanadh oidhirpean is argamaidean a chomharraich gun robh na Gàidheil gam faicinn mar bhuidheann fa leth, le eachdraidh, beusan, agus feallsanachd eadar-dhealaichte?<sup>329</sup> Tha coltas ann gun robh na Gàidheil deònach co-choslachadh airson pàirt a ghabhail ann an soirbheachas stuthach. Gu follaiseach, bha soirbheachas stuthach sgarta bho shoirbheachas spioradail, ge-tà.

Ann an Sealann Nuadh coltach ri Alba, bha na Gàidheil, an cànan, agus an cultar gu tric fo chàineadh agus fo ionnsaigh luchd-labhairt na Beurla. Chan eil teagamh ann gun tug na h-eilthirich am beachdan claon-bhreitheach leotha don dùthaich ùir. Dh’fhoillsich an *Dunstan Times* colbh sgaiteach sa

---

326 *Southern Cross*, 13 January 1894.

327 Fairburn, *The Ideal Society and its Enemies*, 250.

328 Bueltmann, Hinson & Morton, *The Scottish Diaspora*, 28.

329 Tom Brooking, ‘Introduction’, ann an Tom Brooking and Jennie Coleman (deas.), *The Heather and the Fern – Scottish Migration & New Zealand Settlement* (Dunedin, 2003), 11-15 (11).

Ghiblean 1881 a dhearbhas an seòrsa ionnsaigh a bhuail air na Gàidheil ann an Sealann Nuadh. Chàin an sgrìobhadair an *New Zealand Public Opinion* airson colbh Gàidhlig a chlà-bhualadh. Na bheachd,

*No one but a Gael or a born idiot would try to wade through it... No wonder there are so many lunatic-printers in the world! If I was editor of a paper that "ran" a "Gaelic Column," do you know what I should do? Why, I should have all the pie picked up off the floor of the printing office, make the devil set it up, put a sub-heading to it – say "Ogs an' Pigs" – put it under the heading of "Our Gaelic Column," and insert it accordingly.*<sup>330</sup>

Chaidh a leithid de chàineadh fhoillseachadh gu bitheanta. Chlà-bhuail an *Akaroa Mail and Banks Peninsula Advertiser*, an *Thames Star*, agus an *Nelson Evening Mail* an dearbh colbh, as aonais faclan oilbheumach sgrìobhadair an *Dunstan Times*.<sup>331</sup>

Bhuail na Gàidheil air ais, ge-tà. Ann an iomadh colbh rinn na Gàidheil cùis-mhagaidh de dh'aineolas luchd na Beurla. Dh'fhoillsich an *Daily Telegraph* sanas airson dannsa is cruinneachadh Comann Gàidhealach Hawke's Bay ann an 1895. Chaidh iarraidh air, 'g'ach fear agus té bhuinneas do "Thir-nam beann nan gleann s'nan gaisgeach" an cairdean a thóirt comhla riu; co-dhiu bitheadh iad "Sassunnach" no "Eirinneach."". Chuir an sgrìobhadair ri deireadh a' choilbh,

*[The above refers to the Highland Society's ball, to be held on Friday next. We append this information for the benefit of those who have not been privileged to learn the language that was spoken in Paradise.]*<sup>332</sup>

Dh'fheuch na Gàidheil gu bitheanta luach na Gàidhlig a dhearbhadh leis an t-seann argamaid gum b' i a' Ghàidhlig a' chiad chànan a chaidh a labhairt le Adhamh ann an Gàrradh Edein.<sup>333</sup> Ann an ro-ràdh eadar-theangachadh Gàidhlig de chumha Gleanna Garraidh le Walter Scott, sgrìobh 'Eileanach' a thaobh gaisgeachd Gleanna Garraidh, 'Of course the blind Sassunach cannot understand the loss he has sustained by that accident to the Tower

---

330 *Dunstan Times*, April 22 1881.

331 Gu h-intinneach, san aon iris anns an deach an Colbh Gàidhlig a chàineadh, tha an *Akaroa Mail* ag aithris gu neo-phàirteach mu fhoghladh sgoil Ghearmailteach. (*Akaroa Mail and Banks Peninsula Advertiser*, 15 February 1881).

332 *Daily Telegraph*, 21 May 1895.

333 Thàinig an t-seann argamaid sin thar a' chuain leis na Gàidheil. Chualas i, mar-thà, ann am bàrdachd le Alasdair Mac Mhaighstir Alasdair, 'Moladh an ùghdair do 'n tsean chànoin Ghailic'. (Alasdair MacDhòmhnaill, *Ais-eiridh Na Sean Chànoin Albannaich: No, An nuadh Oranaiche Gaidhealach* (Dùn Èideann, 1751), 1. Ged a mhair an argamaid thar na linntean, mar a dhearbhas foillseachadh leabhar Lachlain Mhic'Leoin, *Adhamh Agus Eubh No Craobh Sheanchais Nan Gael* (Edinburgh, 1837), tha faclan teagmhach deasaiche a' *Public Opinion* (poetic licence a th' ann na rèir) a' toirt fianais air crìonadh na h-argamaide ann an Sealann Nuadh.

*of Babel, when all but a handful fell away from this beautiful original tongue.*<sup>334</sup>

Mar a thaom barrachd eilthireach a-steach gu Sealann Nuadh tron 19mh linn, mothaichear oidhirpean nan Gàidheal an còirichean, mar bhuidheann cultarail agus sòisealta fa leth, a dhèanamh dligheil. Ann an colbh an *Otago Witness* bho 11 Iuchar 1906, tha iomradh air rannsachadh sgoileirean Gearmailteach a dh'fheuch ri inbhe nan cànan Ceilteach mar phàirt den 'teaghlach mìorbhaileach, Arianach' a dhearbhadh. Tha am beachd sin gu tric air a neartachadh le iomraidhean air luach litreachas na Gàidhlig am measg litreachas Greugach agus Ròmanach.<sup>335</sup> Tha sanas airson iris Chanadianach, an *Gàidheal*, fiù 's ag ràdh gun robh dileab litreachas na Gàidhlig nas luachmhoire na dileab nan Greugach is nan Ròmanach.<sup>336</sup> Tha a leithid de dh'iomraidhean ag amas air dà rud gu sònraichte; tha luach is dligheachd-breithe cultar nan Gàidheal gam firinneachadh le a nàdar àrsaidh agus le bhith ga suidheachadh ri taobh mòr-litreachasan eile. Cuideachd, chuir a leithid de cholbhan às don bheachd choitcheann nach robh litreachas Gàidhlig ann.

Tha colbh-beachd le Cabarfeidh bhon t-Sultain 1893 a' mineachadh gu mionaideach gu bheil dà sheòrsa litreachas ann, Litreachas Eòlais agus Litreachas Cumhachd. Tha Litreachas Eòlais a' gabhail a-steach leabhraichean mòr-eòlais, leabhraichean saidheans is ealain, leabhraichean iùil, faclairan, leabhraichean gràmair agus, san fharsaingeachd, leabhraichean a cho-roinnicheas eòlas leis an leughadair. Tha leabhraichean cumhachd, air an taobh eile, a' gabhail cruth bàrdachd, bròn-chluiche, nobhailean, agus, san fharsaingeachd, sgrìobhaidhean anns a bheil mac-meanmna duine a' tighinn am barr. Tha comas aig leithid de leabhraichean an leughadair a bhrosnachadh, a phutadh, fhàgail air bhioran, agus a cheannsachadh. A rèir Cabarfeidh, cha robh Litreachas Eòlais ri fhaighinn ann an Gàidhlig, ach bha gu leòr Litreachas Cumhachd ann. Tha e a' leantainn air ag ràdh gu bheil seann abairtean Gàidhlig a' taisbeanadh slat-tomhais àrd de mhoraltachd, ghràs, iomchaidheachd, agus àbhachdas nach deach riamh a lorg am measg dhaoine bhorba agus bumaileirean (*clodhoppers*).<sup>337</sup>

Fhuair argamaidean ceannas litreachas na Gàidhlig taic bho cholbh Gàidhlig a' *Public Opinion*. Le bhith a' taisbeanadh sàr-eisimpleirean de litreachas na Gàidhlig don t-sluagh, dh'fheuchadh pròis agus fèin-aithne ath-stèidheachadh ann an Gàidheil Sealainn Nuaidh. Nochd còmhradh air ceannas cultarail agus cànanach gu co-thimeil ri sgaoileadh saidheans fuadan tomhais-chlaigeann (*Phrenology*) a bha air aire an t-sluaigh a ghlacadh tron 19mh linn. Dh'fhaodadh ràdh gun robh cuid ann am Breatann

---

334 *Southern Cross*, 14 April 1894.

335 *Otago Witness*, 11 July 1906.

336 *Wanganui Herald*, 12 March 1873.

337 *Southern Cross*, 23 September 1893.

fo smachd ideòlas tomhais-chlaigeann. Tha T. M Parssinen a' mìneachadh gur e tomhais-chlaigeann a thug cnàmhan agus feòil do chuid de na claon-bhreithean as motha ann an comann-sòisealta libearalach, Bhictòrianach.<sup>338</sup> Aig àm atharrachadh agus mì-chinnt an 19mh linn, tha Parssinen a' sgrìobhadh, thug sgoil tomhais-chlaigeann cinnt is fois-inntinn do dhaoine is i a' seòrsachadh dhaoine a rèir fheartan a bhuin don nàdar-ainmhidh agus do bhuidhean ciallach.<sup>339</sup> Cuideachd, le bhith a' cleachdadh feallsanachdan na sgoile sin, shaoileadh gun gabhadh sluaghan a sheòrsachadh a rèir an ìre de shìobhaltas agus de bhuirbe. Chleachdadh an seòrsachadh sin gus goid fearainn ann an dùthchannan cèine fo làimh nan Eòrpach fhìrinneachadh.<sup>340</sup> Tha làthaireachd feallsanachd na sgoile tomhais-chlaigeann ann an Sealann Nuadh a' tighinn am barr ann an dà litir a chuir Eachann MacGilleathain (1818-1892), am maighstir sgoile Ìleach agus cruinniche beul-aithris, gu William Newsham Blair air 17 Gearran 1888 agus air 28 Ògmhios 1888.<sup>341</sup> Tha litir MhicGilleathain bhon 17mh latha dhen Gherran 1888 a' togail air facal-fhreumhachd agus na tha faclan ag innse mu chleachdaidhean traidiseanta.<sup>342</sup> Le bhith a' sgrùdadh agus a' mìneachadh freumhan agus cleachdaidhean fhaclan, shuidhich MacGilleathain a' Ghàidhlig ann an co-theacsa stèidhichte agus leantainneach nam mòr-chànan is mòr-chultaran. Ged a tha an litir ann am Beurla, tha faclan Gàidhlig, gu h-àraidh seann Ghàidhlig, airson buill-ghineamhainn fhìreannach agus bhoireannach fo dheasbad. Tha MacGilleathain a' mìneachadh mar a dh'atharraich cleachdaidhean a' chinne-dhaonna bho bhith a' dèanamh adhradh don *Phallus*, gu ìomhaigh nathair a ghabh àite ìomhaigh *Phallus*, gu ìomhaigh craoibhe a ghabh àite ìomhaigh na nathrach.<sup>343</sup> Airson an fhacail 'tòn' a mhìneachadh, tha MacGilleathain a' cleachdadh eisimpleir de ainm-àite Ìleach, 'tòn mhòr Shannaig', a tha e a' taisbeanadh mar, '*broad expanse of rocks projecting into sea on north-west coast of Islay*'. Mu chleachdadh an fhacail, tha MacGilleathain a' leantainn air ag ràdh gun robh na Gàidheil ceart cho neo-cheanalta ann a bhith a' cleachdadh a leithid de dh'fhaclan 's

338 T.M Parssinen, "Popular Science and Society: The Phrenology Movement in Early Victorian Britain", *Journal of Social History*, Vol. 8, No. 1 (Autumn, 1974), 1-20 (7).

339 Ibid., 8.

340 "'Types of mankind': science and race in the 18th and 19th centuries. The Oyal Society, <https://royalsociety.org/topics-policy/diversity-in-science/black-history/types-of-mankind/> (ga chleachdadh 11 Iuchar 2018).

341 Thàinig William Newsham Blair gu Sealann Nuaidh air an *Daniel Rankin* tràth sa bhliadhna 1863. Chaidh a thogail ann am Baile a' Ghràna, Eilean Ìle, far an d' fhuair e teagasg bho Eachann MacGilleathain. Às dèidh do Bhlair an sgoil fhàgail, chaidh a thrèanadh gu bhith na shuirbhidhear agus innleadair-togail anns an Òban agus Dùn Èideann. Ann an Sealann Nuadh, chaidh prìomh-innleadair an Eilein Mheadhanaich (air a bheil a-nis Eilean a Deas) a dhèanamh de Bhlair. Dh'atharraich suidheachadh obair Blair a-rithist nuair a chaidh aon phrìomh-innleadair, Mr Blackett, a thaghadh airson a bhith os cionn na colonaidh air fad. Chaidh Blair ainmeachadh mar neach-cuideachaidh a' phrìomh-innleadair is chaidh a ghairm gu Wellington. Às dèidh do Bhlackett a dhreuchd a chur dheth, chaidh Blair ainmeachadh mar phrìomh-innleadair a' cholonaidh. Bhuannaich Blair cliù air feadh Sealainn Nuaidh le bhith an sàs ann am pròiseactan leithid drochaid-rathaid Wingatua, rathad-iarainn Otago mheadhanach, agus solar-uisge Silverstream. A bharrachd air obair einnseanairachd bha Blair an sàs ann an Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh. (*Otago Witness*, 7 May 1891).

342 Alexander Turnbull Library, MacLean, Hector, fl 1888 : Letters.

343 Ibid.

a tha muinntir Sealainn Nuaidh.<sup>344</sup> Aig deireadh na litreach, tha MacGilleathain ag iarraidh air Blair, ‘*specimens of the hair of the New Zealanders*’ a chur thuige.<sup>345</sup>

Tha freumhachd-fhaclan cuideachd aig cridhe na dàrna litreach. Leis an sgoil tomhais-chlaigeann a’ nochdadh mar phrìomh-chuspair na litreach, thug MacGilleathain iomradh air na sgrìobh e ann an *Races of Britain* le John Beddoe. A rèir choltais, chuir MacGilleathain liosta de dh’fhaclan Māori agus Gàidhlig a tha cosmhail a thaobh ciall agus coltas ris an litir. Gu mì-fhortanach, chan eil an liosta ann nas motha. Cuide ri freumhachd-fhaclan, tha coltas agus cinneadh fo dheasbad. A rèir MhicGilleathain, bhuin na Gàidheil agus na Goill do shliochd nan Arianach. B’ e comheasgachadh Ibèirich, Ceiltich, agus Lochlannaich a bh’ anns na Gàidheil, na rèir. Le bhith a’ tabhann tuairisgeul air coltas aodainn, fuilte agus fhrasganan nan Tiutanach agus nan Ceilteach, dh’fheuch MacGilleathain ri bheachd a dhearbhadh.<sup>346</sup>

Bha ùidh mhòr aig MacGilleathain ann an sgoil tomhais-chlaigeann (*Phrenology*) agus gnùiseachd (*physiognomy*). Tha feallsanachd nan sgoiltean, gu h-àraidh a thaobh ceannas sluagh àraid, cuideachd a’ tighinn troimhe ann am beachdan-smuain Bhlair.

Air 22 Gearrain 1888, thug Blair òraid seachad, ‘*Reminiscences of Islay*’, air beulaibh Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh. Chan e cuimhneachain a-mhàin a bha fa-near do Bhlair san òraid, ach cuideachd a bhith a’ brosnachadh nan Gàidheal an dachaigh ùr fhaicinn agus a thuigsinn tro shùilean Gàidhealach. Choilean e sin le taic seachas mu chailleach Ìleach a dh’fhaighnich dheth mus do dh’fhàg e Alba an robh eilthireachd chun na Gàidhealtachd ùire roimhe. A rèir Bhlair, b’ e ‘Gàidhealtachd ùr’ ainm freagarrach airson Sealann Nuadh is Sealann Nuadh ceart cho math na ‘dùthaich nam beanntan is na tuile’ ’s a bha Alba. Gus bannan maoth-inntinneach a bharrachd a thogail leis an dùthaich ùir, rinn Blair coimeas eadar feartan fiosaigeach na h-Alba agus feartan fiosaigeach Sealainn Nuaidh. Le bhith a’ toirt tuairisgeul seachad air àrainneachd Sealainn Nuaidh, dh’fheuch Blair astar abhainn Waitaki a mhineachadh leis an astar eadar Ìle agus Diùra, àirde bheanntan Ìle le àirde bheanntan Eilean Stiùbhairt, agus le àirde beinn Cargill.<sup>347</sup> San dòigh sin, chruthaich e bann eadar an seann dùthaich agus an dùthaich ùr agus, a bharrachd air sin, thug e taic do na Gàidheil fàs nas eòlaiche air àrainneachd a bha coimheach dhaibh. Choilean e sin le bhith a’ filleadh iomhaighean na h-Alba a-steach dhan àrainneachd ùir.

Gu h-inntinneach, thog e air ionnannachd eadar tuineachadh nan Lochlannach sna h-Eileanan an Iar agus tuineachadh nan Gàidheal ann an

---

344 Ibid.

345 Ibid.

346 Ibid.

347 *Otago Witness*, Issue, 2 March 1888.

Sealann Nuadh. Na rèir, ‘An toiseach, chuir iad [na Lochlannaich] curaidhean-baoghlach air an t-slighe a dhèilig leis na tùsanaich ann an dòigh a bha freagarrach airson gach duine, agus às dèidh sin chaidh colonaidh chunbhalach a chur air dòigh.’<sup>348</sup> Cha ghabh ràdh le cinnt an robh Blair a’ gealachadh ciad ruigsinn nan Lochlannach air neo an do ghabh e le feallsanachd sgoil tomhais-chlaigeann a dh’fhirinnich colonachadh fo làimh an t-sluaigh as sìobhalta.

Ann an 1884, sgaoil an *Otago Daily Times* pàipear a chaidh a sgrìobhadh le F. W. L. Thomas is a bha stèidhichte air fiosrachadh a bha Eachann MacGilleathain air thabhann. B’ ann air buaidh nan Lochlannach air ainmean àite Ìle a bha am pàipear sin. Am measg fiosrachadh eile, tha am pàipear a’ togail air làrach a dh’fhàg na Lochlannaich, air neo na ‘*Scandinavian ruffian*’ air Ìle. Thug Thomas iomradh air a’ bhliadhna 794 nuair a thòisich na Lochlannaich an creachadh sna h-Eileanan an Iar is iad a’ sgriosadh an àite mar mhadaidhean-allaidh am measg chaora. A rèir MhicGilleathain is Thomas, chualas an gairm, ‘Loingeas cogaidh anns a chaolas!’ gu tric sna làithean sin.<sup>349</sup>

A bharrachd air dith aithneachadh Bhlaire air creachadh nan Lochlannach, tha e follaiseach nach do ghabh Blair idir feart de na h-aimhreitean eadar an luchd-tuineachaidh agus na Māori sna 1860an is e ag ràdh gun robhar a’ dèiligeadh ris na tùsanaich ann an dòigh ris an do dh’aontaich gach buidheann. Tha a’ cheist ag èirigh an robh Blair a’ bruidhinn mu luchd-tuineachaidh agus mu Mhāori an Eilein a Deas air neo an do thagh e a bhith aineolach mu aimhreitean fearainn nam bliadhnaichean a dh’fhalbh? Aig coinneamh Comann Gàidhealach Hawke’s Bay san t-Sultain 1895, thug ceannard a’ chomainn, R. D. M’Lean, iomradh air an abairt, ‘Clan na’n Gaidheal ri guallaibh a cheile’ is e ag ràdh gum b’ e abairt a bh’ ann a chaidh a chleachdadh air feadh na Gàidhealtachd aig àm cogaidh. Mu chogadh, ge-tà, thuir e gum b’ e rudeigin a bh’ ann nach robh aig an luchd-tuineachaidh ri fhidir riamh ann an Sealann Nuadh, gu fortanach.<sup>350</sup> Bha an t-Eilean a Tuath gu h-àraidh na theas-mheadhan do strì is aimhreit eadar luchd-tuineachaidh agus tùsanaich.<sup>351</sup>

Ged nach eil an òraid a’ dol a-steach gu domhain (agus gu firinneach) ann an anailis na dàimhe eadar na Māori agus Pākehā, tha e coltach gun robh Blair a’ feuchainn ri làthaireachd agus seilbheadaireachd nan Gàidheal ann an Sealann Nuadh fhirinneachadh. Na òraid gu Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh, shamhlaich Blair baoghlairean Lochlannach ris na Gàidheil a

---

<sup>348</sup> *Otago Daily Times*, Issue, 10 March 1888.

<sup>349</sup> *Ibid*, 10 March 1884.

<sup>350</sup> *Daily Telegraph*, 7 September 1895.

<sup>351</sup> Cuideachd, ’s e mac Dhòmhnail Mhic’illeathain a bh’ ann an R.D M’Lean. Ann an dòigh, rinn Dòmhnall Mac’illeathain cùisean nas miosa ann an Taranaki eadar 1859 is 1860 nuair a thug e comhairle dhan riaghladair, Thomas Gore Browne, na Māori aig Waitara èigneachadh am fearann a reic. Thachair sin an aghaidh comhairle àrd-cheannard, Wiremu King ite Rangitake. Chomharraich an droch chomhairle sin agus gnìomhan an riaghladair toiseach Cogaidhean Sealainn Nuaidh. (Patterson, Brooking, McAloon, *Unpacking the Kists*, 118.)



thàinig gu Sealann Nuadh sna làithean tràtha. Ma bha an dà bhuidheann de ‘bhaoghlairean’ a’ dèiligeadh ris na tùsanaich ann an dòigh fhreagarrach airson gach duine, tha a’ cheist ag èirigh dè cho freagarrach ’s a bha fuadachadh agus goid fearainn do na Māori? Ma ghabh Blair ri creachadh, milleadh, losgadh, agus marbhadh mar dhòighean freagarrach airson a bhith a’ dèiligeadh ri Gàidheil aig àm ruigsinn nan Lochlannach, tha a shlatan-tomhais airson làimhseachadh iomchaidh nam Māori fo làimh nan Gàidheal, agus nan eilthireach Eòrpach san fharsaingeachd, a’ fàs soilleir cuideachd.

Cha ghabh ràdh gun robh Blair air tòir leisgeul airson giùlan nan Gàidheal ann an Sealann Nuadh. Ghabh e pàirt ann an deasbad leantainneach mu phàirt is ùghdarras nan Gàidheal san dùthaich ùir.

### **Olc an atamachaidh**

Bha eilthireachd agus atamachadh air an cron a dhèanamh air inntinn nan Gàidheal; a dh’aindeoin oidhirpean nan comann Gàidhealach agus nan colbhan Gàidhlig, tha buaidhean an dà fheart millteach a’ ruith tro litreachas Gàidhlig Sealainn Nuaidh mar loidhne dearg. Tha na tha ann de dh’òrain agus litrichean tràtha a’ toirt fianais air an aonaranachd a dh’fhairich na Gàidheil is iad air an sgaradh gu h-inntinneil agus gu fiosaigeach bho chàirdean, charaidean, agus luchd-tuineachaidh eile. B’ e fèin-eòlas agus astar a rinn an sgaradh. Bha comas aig litreachas an t-astar fiosaigeach agus inntinneil a lùghdachadh. Gidheadh, air sgàth na h-àirimh big de dh’eilthirich Ghàidhealach agus nàdar sgarta an tuineachaidh, b’ e litreachas Beurla a lìon am beàrn a dh’fhàg droch chonaltradh agus chòmhdhail. Cha do ràinig an litreachas a chaidh a chruthachadh sna làithean tràtha a’ mhòr-chuid de Ghàidheil Sealainn Nuaidh gus stèidheachadh colbh Gàidhlig a’ *Public Opinion* ann an 1881. Dhèilig an corpas beag, ùr a chaidh a chlà-bhualadh ri eilthireachd agus buaidh an atamachaidh. Anns a’ *Public Opinion* agus anns an *Southern Cross*, nochd sreath de cholbhan a ghabh gnothach ri droch bhuidhean atamachadh. B’ iad sin aonaranachd, misg, agus strì eadar-phearsanta.<sup>352</sup> ’S urrainnear ràdh gun tàinig na buaidhean gu ceann aig àm an Ìsleachaidh Fhada agus sna deicheadan a lean às a dhèidh.

Mar thoradh air in-imrich nan 1870an, dh’fhàs àireamh an t-sluaigh a dh’fhuirich ann am bailtean mòra na colonaidh. Chuir buil an Ìsleachaidh Fhada barrachd uallach air suidheachadh a bha, mar-thà, teann is cion-cosnadh, bochdainn, agus aimhreit shòisealta a’ dèanamh suidheachadh dona fiù ’s nas miosa. B’ e Pròstanaich gu h-àraidh a dh’fheuch ri moralachd na colonaidh a chur ceart. B’ iadsan a stèidhich an dà ghluasad

---

352 Fairburn, *The Ideal Society and its Enemies*, 250.

a shabaid airson toirmeasg deoch làidir agus ath-stèidheachadh teagasg a' Bhioball ann an sgoiltean.<sup>353</sup>

Mar fhreagairt do thrioblaidean am measg nan coimhearsnachdan le deoch làidir, chuir deasaiche colbh Gàidhlig a' *Public Opinion*, 'Oran an aghaidh misg – "mi-dhiadhaidheachd agus eucoir dhaoine a tha 'bacadh na firinn ann an neofhireantachd'" anns a' cholbh sna bliadhnaichean 1881 agus 1885. Chaidh an t-òran a dhèanamh le Iain MacGillÌosa ann an Glaschu. Cha robh trioblaidean le misg buailteach do Shealann Nuadh a-mhàin. Tha Norma Davies Logan air mìneachadh gun do dh'èirich duilgheadasan le deoch làidir mar thoradh air a' ghnìomhachasadh. Gus rèite a dhèanamh ri beatha agus mì-chinnt mun àm ri teachd sna bailtean mòra, ghabh an clas ìochdarach ri cleachdaidhean òil a bha air a bhith buailteachd don iar-fhlaitheachd gu ruige 1840.<sup>354</sup> Tha beachd Fairburn gum b' e buaidh an atamachaidh a bh' ann am misg ga lagachadh le làthaireachd nan dearbh duilgheadasan ann an Alba.

Tha ro-ràdh an òrain ag ràdh gun deach a dhèanamh le Gàidheal à Glaschu, 'a tha ro dhuilich airson a luchdducha a bhi air an giulan air falbh le tuil bhuaireis na mallachd gu cuan an leir-sgrìos...'<sup>355</sup> 'S e an t-ioranas nach b' e an deoch a chuir na h-eilthirich gu cuan an lèir-sgrìos, ach gum b' e cuan an lèir-sgrìos a chuir na h-eilthirich chun na dibhe. Tha an t-òran a' toirt tuairisgeul air a' chron a rinn an deoch air teaghlaichean, balaich agus nigheanan òga, agus an dùthaich air fad. Tha rabhadh agus bagairt ann am faclan a' bhàird is e ag ràdh, 'Tha e air a chur an céill / Am Facal Dhé nach failnich, / Nach meal misgear rioghachd Dhé / A chaoidh mur tréig e àbhaist.'<sup>356</sup>

Mar oidhirp iùil a thoirt do na leughadairean, chuir an deasaiche an t-òran-molaidh, 'Comunn na Stuamachd', le Rob MacDhughail anns a' cholbh san Iuchar. Gu h-eadar-dhealaichte bho òran MhicGillÌosa a dhìt is chàin luchd na dibhe, tha òran MhicDhughail a' tabhann fiosrachadh mu bhuidheann a chuidich le trioblaidean misg, 'Am fear bha 'n uiridh le daoraich, / Na shineadh 'san aolach gun treoir, / Tha 'm bliathna air fhèin 's air a theaghlach, / Le h-aran 's le h-aodach a fòir.'<sup>357</sup> Tha cothrom ann gun tug na comainn Ghàidhealach taic is cobhair a bharrachd do Ghàidheil a strì le leithid de thrioblaidean. Cha robh an t-uallach air na comainn a-mhàin, ge-tà. Mar fhuasgladh don mhisg agus, mar sin, do cheannsachadh buaidhean atamachadh, chaidh an *WCTU* (*Women's Christian Temperance Union*) a stèidheachadh ann an 1885. Bliadhna às dèidh sin, ann an 1886, chuidich stèidheachadh *The New Zealand Alliance* le amasan an *WCTU*

353 Erik Olssen, 'Towards a New Society', ann an Rice, *The Oxford History Of New Zealand*, 254-284 (268).

354 Norma Davies Logan, 'Drink and Society: Scotland 1870-1914', tràchdas PhD, Oilthigh Ghlaschu, Glaschu, 1983, 2.

355 *New Zealand Public Opinion*, 21 May 1881.

356 Ibid.

357 *New Zealand Public Opinion*, 30 July 1881.

bacadh reachdail misg a choileanadh.<sup>358</sup> Thàinig miann nam boireannach airson chòirichean co-ionnan gu ceann ann an iomairtean airson còir-bhòtadh ann an 1891, 1892, agus 1893. Shoirbhich leis an iomairt ann an 1893 nuair a fhuair boireannaich còir-bhòtadh ann am mòr-phàrlamaid na tìre.

Chaidh glè bheag de litreachas Gàidhlig fhoillseachadh sa *Public Opinion* a thug iomradh air duilgheadasan a bha air èirigh san t-sòisealtas. Tha e doirbh innse a bheil susbaint eile a' choilbh a' cur an cèill aonaranachd nan Gàidheal. On a tha fianais ann gun do dh'innis deasaiche a' choilbh do sgrìobhadairean an cuid bhàrdachd a thaisbeanadh air beulaibh a' Chomainn Ghàidhlig an àite a bhith a' toirt rùm dhaibh sa cholbh, b' e guth an deasaiche seach guth an t-sluaigh a bh' ann an colbh Gàidhlig a' *Public Opinion*.

Air sgàth 's gun deach colbh Gàidhlig an *Southern Cross* a sgrìobhadh le saor-thoilich gabhar ris gu bheil e nas dlùithe air beachdan a' mhòir-shluaigh. Cha robh facal air misg air neo deoch-làidir aig sgrìobhadairean colbh Gàidhlig an *Southern Cross*. B' e dol am mìosad an t-sòisealtas gu farsaing a chuir na sgrìobhadairean an cèill.

Gu tric, bhiodh 'Cabarfeidh' a' cur seanfhacal Gàidhlig ann an co-theacsa sòisealtas Sealainn Nuaidh. Le bhith a' dèanamh sin, chomharraich e mì-ghiùlan an t-sluaigh. Thòisich e an cleachdadh sin san Dàmhair 1893 nuair a thaisbean e an seanfhacal, 'Ag itheadh na cruaiiche fo' crios.' Mhìnich e gun do,

'Dh'èirich an gnàth-fhacal so o'n. Cleachdadh a bha agus a tha cumanta 'san dùthaich [...] a bhith toirt sguaban a taobh na cruaiiche an uair a thachradh nach biodh ùine ann gus a bristeadh, agus earrann dhith a chur do 'n t-sabhal.'<sup>359</sup>

Ann an co-theacsa na dùthcha ùire, tha an seanfhacal a' samhlachadh droch chleachdadh a bha cumanta am measg shearbhantan a chaith tuarastalan air biadh agus deoch mus do choisinn iad e. B' e an casg a chuir leithid de ghiùlan air adhartas an t-saoghail a chuir dragh air an sgrìobhadair gu h-àraidh.

Bha daoine òga gu tric fo dhìteadh 'Cabarfeidh'. A bharrachd air a bhith suarach rin cuid airgid, bhiodh iad cuideachd a' cleachdadh an aois mar leisgeul airson ainbheairtean. Fon t-seanfhacal, 'Aicheadh na caillich air an sgillinn nach e sgillinn a bh' ann idir ach dá bhonn-a-sia,' chàin 'Cabarfeidh' an fheadhainn a chleachd 'gòraiche na h-òige' mar leisgeul airson olc agus giùlan mì-iomchaidh.<sup>360</sup> Chan e ioghnadh a th' ann gun do

---

<sup>358</sup> Fairburn, *The Ideal Society and its Enemies*, 268.

<sup>359</sup> *Southern Cross*, 21 October 1893.

<sup>360</sup> *Southern Cross*, 4 November 1893.

dh'amais na sgrìobhadairean air daoine òga gu sònraichte len cuid càineadh agus dìteadh. Aig àm Boile an Òir gu h-àraidh, bhiodh fir òga a' taomadh a-steach dhan dùthaich. Air an tarraing agus air am brosnachadh leis an *extreme individualism*, dh'èirich seòrsa sòisealtas anns an robh gach duine a' strì air a shon fhèin, no mar a chuir 'Eileanach' e, 'gach duine air a shon fein 's am fear a bhios air dheireadh beiridh a bhiast air.'<sup>361</sup>

Mhòthaich 'Eileanach' cuideachd gum b' iad na fir òga, neo-phòsta gu sònraichte a bha ri miastadh. Na rèir, dh'fhàg geall beartais an iochdmhor agus cruaidh iad gus an robh iad coma mu shunnd corporra agus inntinneil luchd-tuineachaidh eile.<sup>362</sup> Tha faclan Eileanach a' sealltainn dol am miosad a' ghinealaich òga, 'Cha-n'eil teagamh sam bith nach 'eil aireamh ann a tha a' teannachadh 's a cruadhachadh 'n uair a gheibh iad a bheag no mhor a ghreim air ni, agus gu h-araidh mur buin dhaibh leannan no bean-phòsda gus an reothadh na feinealachd a chumail a mach as na h-uilt.'<sup>363</sup> Cha b' ann air an raointean òir a-mhàin a thàinig fèinealachd an luchd-tuineachaidh am barr. Ann an saoghal poilitigeach Sealainn Nuaidh cuideachd, bha e fada nas cudromaiche do chuid de luchd-poileataigs faighinn a-steach do na pàrlamaidean na bha e leasachadh a dhèanamh air cùisean a bhuin don dùthaich.<sup>364</sup>

Chithear ann an colbhan an *Southern Cross* miann an sgrìobhadair, 'Eileanach', cuid den uallach a thoirt do bhoireannaich is iad air barrachd chòirichean a bhuannachadh dhaibh fhèin. Fon tiotal, 'Ag Cumail An Cainnt Agus Saorsa Nam Boirionnaich,' thug Eileanach iomradh air an leasachadh a thàinig air Sealann Nuadh le còir-bhotaidh nam boireannach.<sup>365</sup> Mar leasachadh math a dh'èirich às an olc, chithear gun do chuir e earbsa ann an comas nam boireannach an dùthaich a chàradh. A thaobh làimhseachadh nam boireannach, sgrìobh e,

Bha e na chleachdadh aig gach sluagh, eadar Iudhaich is chinnaich, a bhi cumail traillean, is cha robh na mnathan gu tric ann a' staid mòran na b-fhearr. Bha iad air an cumail fodh sheorsa do chuibrich 's do dhaoise air feadh gach linn 's tha a thoradh sin ri fhaicinn gus an latha an diugh, eadhon na ar measg fein. Cha do dh- orduich an Cruithfhear riamh [...] gu'm bitheadh ise fo smachd 's fo chuibhraichean, mar gu'm a chreutair diblidh neo-àdhmhor gun treoir i.<sup>366</sup>

Cha b' e Eileanach a-mhàin a thog air a' choimeas eadar boireannaich agus tràillean. Chithear sin ann an rannsachadh, 'Fuzzy frontiers of identity: The

---

<sup>361</sup>Ibid, 10 March 1894.

<sup>362</sup>Faic alt Terry Hearn, 'Scots Miners on the Goldfields, 1861-1870', ann an *The Heather and the Fern*, 78, airson barrachd fios mu àrdachadh àireamh fhirinneach aig àm Boile an Òir.

<sup>363</sup>Ibid.

<sup>364</sup>Ibid, 5 December 1896.

<sup>365</sup>Ibid, 18 November 1893.

<sup>366</sup>Ibid.

British case’, anns a bheil Robin Cohen a’ togail air an dà sheòrsa fèin-aithne Breatannach a dh’èirich mar thoradh air brùidealachd an riaghladair, Edward John Eyre, ann an ceannsachadh aramach Bàgh Mhorant ann an Iameuca ann an 1865.<sup>367</sup> Bheachdaich am feallsanaiche, John Stuart Mill, air a’ cheangal phoilitigeach eadar daorsa tràilleachd agus daorsa bhoireannach. Air tòir casaid Eyre airson muirt agus grèidheadh luchd-togail fianais Iameucach (a ghabh a-steach boireannaich) chuir Mill an cèill fèin-aithne Breatannach a bha nas co-ionnan agus ‘feminized’.<sup>368</sup> Tha am fèin-aithne sin cuideachd a’ tighinn am barr ann an dòigh-smaoineachaidh cuid de sgrìobhadairean an *Southern Cross*. Tha colbh bho 5 Dùbhlachd 1896 a’ cur an cèill an dòchais gun dèan na boireannaich, ‘sguabadh a bhios dreachmhor,’ den bhùrach a dh’fhàg fir ann an saoghal poilitigeach na dùthcha.<sup>369</sup>

Gidheadh, chan e uallach airson cùisean poilitigeach a-mhàin a chuireadh air na boireannaich. Às dèidh dha dìth cholbhan Gàidhlig a chaidh, dh’amais Eileanach air boireannaich gu sònraichte le iarrtas, ‘N uair a fhuair na boirionnaich a nis an saorsa c’ar son nach d-thugadh iad dhuinn a dhealbh de’n cainntearachd. Is cinnteach gur an dhaibh fein is aithne an ceileireadh a dheanamh.’<sup>370</sup> Le doras an t-saoghail phoilitigich air fhosgladh do bhoireannaich, thug iad an aire air na cothroman agus na cumhachdan ùra a chaidh a thoirt dhaibh.

## Co-dhùnadh

A dh’aindeoin buaidh na seann dùthcha agus na dùthcha ùire air co-dhùnaidhean, leasachaidhean, agus atharrachaidhean a chuireadh an gnìomh ann an Sealann Nuadh, ’s urrainnear faicinn gum b’ i eilthreachd a bha air breab tòiseachail a thoirt do mhòran ghnìomhan agus smuaintean nan eilthreach. Tha litreachas na Gàidhlig a chaidh a dhèanamh ann an Sealann Nuadh aig deireadh an 19mh linn a’ sealltainn gum b’ e miann airson chothroman beatha agus obrach nas fheàrr a bhrosnaich mòran Ghàidheal dol thar a’ chuain. Cha robh litreachas na Beurla gan ullachadh gu h-ìomchaidh airson dùthaich fo leasaichte air fìor chrìoch Ìmpireachd Bhreatainn. Chaidh Sealann Nuadh a thaisbeanadh dhaibh mar phàrras no mar shaoghal *Arcadia* anns an robh a h-uile goireas pailt agus so-ruigsinneach. Cha robh e na chuideachadh gun robh àrainneachd agus goireasan na dùthcha ùire a’ cur chothroman agus dhùbhlàn ùra, gun roshampall ro na h-eilthirich. O nach deach riaghailtean agus prionnsabalan *Arcadia* a mhineachadh dhaibh, dh’ath-chuir na h-eilthirich gu sìmplidh an seann siostaman de ‘*creation, management, protection, allocation*’ chun na

<sup>367</sup> Robin Cohen, ‘Fuzzy frontiers of identity: The British case, Social Identities’, *Social Identities; Journal for the Study of Race, Nation and Culture* 1:1 (1995), 35-62 (42).

<sup>368</sup> *Ibid.*

<sup>369</sup> *Southern Cross*, 5 December 1896.

<sup>370</sup> *Ibid.*, 10 March 1894.

dùthcha ùire mar a dhearbhas na colbhan Gàidhlig a dhèilig ri fèinealachd cuid de Ghàidheal is iad air tòir beartas agus ùghdarras.<sup>371</sup>

Nearthaicheadh *extreme individualism* a chaidh a dhèanamh nas miosa fiù 's leis an atamachadh a bha air tighinn am barr air sgàth eilthireachd agus falamhachd shòisealta na colnaidh. A thaobh an cultar agus an cànan, tha coltas ann gun robh iomairtean ath-stèidheachadh agus glèidheadh ro anmoch airson cron an *extreme individualism* agus an atamachaidh a cheartachadh. Bha litreachas sgapte nan làithean tràtha, litreachas nan 1880an, agus litreachas nan 1890an, fo sgàil buaidhean eilthireachd. Chaidh iomradh a thoirt air atharrachadh fòcas an t-sluaigh sna 1880an agus 1890an mar-thà. Gu co-thimeil le èirigh co-chomann am measg muinntir Sealainn Nuaidh, chuir cuid de Ghàidheil Nuadh Sealannach romhpa comainn a stèidheachadh airson ath-stèidheachadh agus glèidheadh fèin-aithne Gàidhealach. Le nàdar às-dùnach, chaidh an comann an aghaidh gluasadan ùra an t-sòisealtais. Tha an litreachas fhèin a' toirt fianais do chrionadh dlùth-chomann nan Gàidheal. Is math dh'fhaoidte gun robh oidhirpean nan Gàidheal am fèin-aithne a stèidheachadh tro sgaoileadh agus cruthachadh litreachas ro fhadalach. Às dèidh trì deicheadan, air tuairmse, de dh'atamachadh, tha coltas air gun robh co-chomann agus aonadh fo bhratach cumanta comasach, ach dìreach aig ìre nàiseanta, Nuadh Sealannach. Bhiodh Gàidhlig agus comann às-dùnach a' cur nan Gàidheal fo bhuaidh atamachadh a-rithist. O nach do lorg Gàidheil Sealainn Nuaidh dòigh an cultar agus an cànan a dhaingneachadh ris an àrainneachd agus ris an t-sòisealtas ùir, cha do mhair <sup>iad</sup> fada.

---

371 Fairburn, *The Ideal Society and its Enemies*, 10.

## Co-dhùnadh

Ann an 1857, sgrìobh William Smaill, a chaidh gu Sealann Nuadh còmhla ri Iain MacGillÌosa, gun robh turas an *Strathallan* air a bhith taitneach gu leòr.<sup>372</sup> Tha cunntas Smaill ga neartachadh le sgrìobhaidhean Beurla eile, mar eisimpleir litir Walter Simpson a chlà-bhuail an *Otago Witness* ann an 1858. Thug Simpson iomradh air a' chofhurtachd agus a' chùram a chaidh a thoirt don luchd-siubhail air an *Strathallan*.<sup>373</sup> Tha leithid de chunntasan Beurla a' lionadh leabhraichean eachdraidh a dh'amaiseas air dealbh iomlan a chruthachadh de sgeulachd nan eilthireach a chaidh gu Sealann Nuadh san 19mh linn.<sup>374</sup> Ged nach eil na cunntasan Beurla breugmhor, chan eil comas aca sgeulachd luchd-tuineachaidh Sealainn Nuaidh a chur an cèill gu h-ìomchaidh. Sna ceithir deicheadan a dh'fhalbh, dh'fheuch eachdraichean, leithid Brooking, McCarthy, agus Bueltmann, am beachd coitcheann a cheartachadh gum b' e buidheann aon-ghnèitheach a bh' ann an eilthirich Bhreatannach. Ged a tha fiosrachadh air na h-eilthirich Albannach a' sìor fhàs, tha guth Gàidheil Sealainn Nuaidh fhathast mùchte.

Às aonais òran Gàidhlig Iain MhicGillÌosa, mar eisimpleir, bhiodh turas an *Strathallan* air a chuimhneachadh mar thuras taitneach agus cofhurtail. Tha na prìomh-thùsan, a chaidh a chleachdadh san tràchdas seo, a' dearbhadh gu bheil beachdan nan eilthireach Gàidhealach uaireannan a' dol an aghaidh an fhiosrachaidh a tha againn, agus uaireannan eile tha iad ga neartachadh. Tha cuideachd ri fhaicinn gun robh faireachdainnean, beachdan, agus gnìomhan ann a bha cumanta am measg eilthireach sna colonaidhean Breatannach. Bha call-misneachd, aithreachas mun eilthireachd, gràin air an dùthaich ùir, agus cianalas airson na chaidh fhàgail ann an Alba cumanta. Tha cunntas nan Gàidheal a thuinich sna diofar cholonaidhean a' sealltainn cuideachd gun robh oidhirpean co-choslachadh, oidhirpean rèite a dhèanamh ris an t-suidheachadh ùir, agus glèidheadh is ath-bheòthachadh na Gàidhlig a' tachairt air feadh nan colonaidhean Breatannach. Gidheadh, 's e culaidhean-brosnachaidh agus dèine nam fàireachdainnean agus nan gnìomhan sin a bha eadar-dhealaichte ann an gach colonaidh. Tha criomagan litreachais a' toirt beachdan breithnichte don leughadair. Tha na beachdan sin taobhach is iad a' cur an cèill faireachdainnean agus breithneachadh an sgrìobhadair aig àm sgrìobhaidh. Cha ghabh nochdadh, leasachadh, agus crìonadh litreachais a mhìneachadh le susbaint nan colbhan, litrichean, agus pìosan sgrìobhaidh eile a-mhàin.

---

372 Hewitson, *Far Off In Sunlit Places*, 26.

373 *Otago Witness*, 6 March 1858.

374 Faic cuideachd leabhar-latha John Morris a chaidh gu Sealann Nuadh air an *Strathallan* cuideachd. (The Voyage of the "Strathallan"; Life on an Immigrant Ship Bound for New Zealand, <https://sites.rootsweb.com/~nzlscant/strathallanamck4.htm> (ga chleachdadh 25 Sultain 2018)).

Ann am measadh co-chòrdalachd teòiridhean Reeves, Sutch, agus Fairburn le litreachas na Gàidhlig à Sealann Nuadh, feumar aire a thoirt air faclan Donald E. Meek. Sgrìobh Meek gun do dhìochuimhnich Gàidheil an 19mh linn gu tric an strì a bha iad air fhidir air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan às dèidh dhaibh gluasad don Ghalldachd air neo às dèidh dhaibh an suidheachadh fhèin a dhèanamh nas fheàrr ann an dòighean eile. Dh'ainmich e a' chùis, '*anesthesia* cultarail.'<sup>375</sup> Chan ann a-mhàin às dèidh gluasad don Ghalldachd a bhiodh an *anesthesia* air tòiseachadh obair, ach cuideachd às dèidh gluasad thar a' chuain agus gu taobh eile an t-saoghail. Chan eil sin ag ràdh gun do dhìochuimhnich na h-eilthirich an cultar agus am prìomhachasan. Chan eil sin a' ciallachadh nas motha gun do dhìochuimhnich iad mun eilthireachd agus an strì a bha eilthireachd air adhbhrachadh nam beatha. Tha litreachas Gàidhlig à Sealann Nuadh na dhearbhadh do shin.

Thàinig luchd-tuineachadh gu Sealann Nuadh san 19mh linn à diofar theaghlaichean, bhailtean, sgìrean, dhùthchannan, agus mhòr-thìrean. Bha iad air a bhith beò ann an diofar cho-theacsaichean cultarail agus sòisealta mus do ràinig iad a' cholonaidh. Ma bha a h-uile neach-tuineachaidh air tòir seachnadh strì agus mhearachdan a bhathar air fhidir gu ruige eilthireachd, bhiodh a' cholonaidh air a bhith na *dystopia*, gun amas agus iùil soilleir airson stèidheachadh sòisealtas ùr; ach cha b' e *dystopia* a bh' ann, ach cha b' e *Arcadia* a bh' ann nas motha. Is math dh'fhaoidte gu bheil tùsan Beurla a' cur mun aire gu bheil leasachaidhean Sealainn Nuaidh stèidhichte air oidhirpean trioblaidean na seann dùthcha (Sasainn) a sheachnadh, ach tha tùsan Gàidhlig a' sealltainn nach eil mòran fianais ann a dhearbhas gum b' e strì nan Gàidheal gu sònraichte a thug breab tòisealachail do litreachas Gàidhlig Sealainn Nuaidh.

Tha e, an uair-sin, furasta gu leòr leasachadh, amas, agus susbaint litreachas na Gàidhlig ann an Sealann Nuadh a chur às leth na dùthcha ùire. Ged a tha e drùidhteach gu leòr gu bheil litreachas na Gàidhlig à Sealann Nuadh ann, feumar aideachadh nach eil uiread, shusbaint, agus a chruth eadar-dhealaichte bho litreachas na Gàidhlig a chaidh a chruthachadh sna colonaidean eile. Bha dìth thidsearan agus mhinistearan, mì-dheòin nan Gàidheil a bhith a' tighinn còmhla ann an comainn (agus comainn a stèidheachadh sa chiad dol a-mach), agus duilgheadasan le bhith a' brosnachadh nan Gàidheal bacadh a chur air crìonadh an cànan agus an cultar rim faicinn air feadh saoghal na Gàidhlig san 19mh linn agus aig toiseach an 20mh linn. Tha sin fìor cuideachd airson duilgheadasan a dh'èirich ann an àrainneachd shòisealta muinntir nan colonaidean agus Bhreatainn, leithid fòirneirt, misg, agus eucoir. Chuir Fairburn na gnothaichean sin às leth atamachadh agus eilthireachd. Is cinnteach nach tug atamachadh agus eilthireachd piseach air suidheachadh a bha, mar-thà,

---

375 Meek, *Tuath Is Tighearna*, 14.



duilich, ach cha ghabh ràdh gu deimhinnte gur iad prìomh-adhbhar trioblaidean an t-sluaigh.

B' e amas an tràchdais seo eòlas *diaspora* nan Gàidheal a leudachadh le bhith ag ainmeachadh agus a' sgrùdadh litreachas na Gàidhlig à Sealann Nuadh. Ann an trì caibidealan, chaidh anailis a dhèanamh air suidheachadh agus àrainneachd Gàidheil Sealainn Nuaidh agus na sgrìobhaidhean a dh'èirich à sin. Ged nach eil corpas litreachas Gàidhlig à Sealann Nuadh cho mòr ris na corpasan litreachais à Canada agus à Astràilia, b' fiach e beachdachadh air frèam-obrach a chruthachadh a sheòrsaicheas diofar thèaman litreachas na Gàidhlig à Sealann Nuadh gu h-ìomchaidh. 'S e na choilean an rannsachadh seo, tùs-mheasadh agus tùs-suidheachadh a dhèanamh air pàirt den litreachas Gàidhlig. Tha feum ann air barrachd rannsachadh, gu h-àraidh sna tasglannan air feadh Sealainn Nuaidh. Coltach ris na Gàidheil a thàinig gu Sealann Nuadh tron 19mh linn, tha an litreachas a dh'fhàg iad sgapte air feadh Sealainn Nuaidh agus air feadh diofar ionadan rannsachaidh san latha an-diugh. Tha Waipu a' seasamh a-mach mar cheann-uidhe do luchd-rannsachaidh a tha air tòir litreachas na Gàidhlig. Tha luchd-rannsachaidh taigh-tasgaidh Waipu trang a' dèanamh seòrsachadh agus sgrùdadh air litreachas nan Gàidheal a thàinig gu Waipu ann an 1854. Gu mì-fhortanach, cha robh ùine gu lèor aig ùghdar an tràchdais seo feitheamh ri toraidhean an t-seòrsachaidh agus an sgrùdaidh sin. Mar a bhithtear an dùil, tha beagan litreachas Gàidhlig ri lorg ann an Leabharlann Nàiseanta Sealainn Nuaidh ann an Wellington. Tha an litreachas sin a' gabhail a-steach an dà chuid, sgrìobhaidhean pearsanta agus sgrìobhaidhean a dh'amais air buidheann nas fharsainghe de leughadairean, gu h-àraidh air feadh Eilean a Deas agus na dùthcha air fad. Ann an cruinneachadh Alexander Turnbull, gheibhear litrichean Eachainn MhicGilleathain, cairt-phuist le duine neo-ainmichte gu Robert McNab, cruinneachaidhean bàrdachd Ghàidhlig Alexander Cameron Robertson, leabhar dhealbhan a chaidh a thoirt do dh'Iain MhacCoinnich le Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh mus do dh'fhàg e Sealann Nuadh ann an 1899, leagaidhean slàna na h-irise, *The New Zealand Scot*<sup>376</sup>, agus grunn leagaidhean na h-irise *The New Zealand Public Opinion, Sportsman and Saturday Advertiser*. Ged a tha an litreachas sin a' toirt fianais air mairsinneachd na Gàidhlig aig ìre phrìobhaideach agus phoblach, tha na litrichean agus an càrd-puist cuide ri gainnead clò-bhuailidhean Gàidhlig ann an irisean mòr-roinneach a' dearbhadh gun deach Gàidhlig a chleachdadh airson chùisean maoth-inntinneach, pearsanta seach chùisean pragtaigeach, coitcheann. Aig cridhe an litreachais, tha miann cuid de Ghàidheil an cultar tùsail a ghlèidheadh, gu h-àraidh tro bhruithinn agus theagasg na Gàidhlig. Tha luach na Gàidhlig, agus mar sin cultar nan

---

376 A dh'aindeoin amas na h-irise susbaint inntinneach a thabham do na h-Albannaich air fad, chan eil ach aon cholbh Gàidhlig san iris air fad.

Gàidheal, ga chur an cèill gu tric le argamaidean a thogas air cleachdadh a' chànain ann an co-theacsa cràbhach agus ann an co-theacsa na h-aoise gaisgeile. An aghaidh na bhithgear an dùil, cha deach mòran litreachas Gàidhlig à Sealann Nuadh a lorg ann an Dunedin. Ged a thuinich a' mhòrchuid de Ghàidheil ann an Otago (tha Otago an seo a' gabhail a-steach Tìr a Deas), b' e dùbhlán a bh' ann litreachas Gàidhlig a lorg ann. An coimeas ri Wellington, ge-tà, lorgar mòran leabhraichean Gàidhlig a thug na h-eilthirich Ghàidhealach leotha air an turas gu Sealann Nuadh, leithid leabhraichean cràbhach. Tha cruinneachadh susbainteach de leabhraichean Gàidhlig suidhichte ann an Leabharlann Poblach Dhunedin agus, cuideachd, ann an taigh-tasgaidh Toitū. Gu fortanach, chaidh leabharlann Comann Gàidhlig Sealainn Nuaidh a thoirt do Leabharlann Poblach Dhunedin. Chaidh mòran de na leabhraichean a bhuin do Leabharlann a' Chomainn a chlà-bhualadh san 19mh linn. Leis gun do mhair an Comann gu 1981, bha grunn leabhraichean agus phàipearan a bhuin don Chomann ann an seilbh Evelyn agus Bob Entwistle<sup>377</sup> gu ruige am bàs. Chaidh na leabhraichean a shàbhaladh bho bhith air an tilgeil a-mach agus air an reic fon luach le buill a' Chomainn. Tha Alison Thornton a' coimhead às dèidh cuid dhiubh a-nis agus thug i pàipearan Evelyn Entwistle gu cruinneachadh Hockon far am faighear cothrom coimhead orra le cead bho theaghlach Evelyn. Gu h-inntinneach, ged as e iris Otago a bh' ann, chan eil ach glè bheag de leagaidhean an *New Zealand Public Opinion, Sportsman and Saturday Advertiser* an làthair ann an cruinneachadh Hockon. A bharrachd air sin, cha deach aig ùghdar an tràchdais ach air grunnan ghearraidhean Gàidhlig à pàipearan-naidheachd agus gearraidhean òran Gàidhlig a lorg ann an cruinneachaidhean prìobhaideach, leithid leabhar gearraidhean an Dr John Finlayson Gillies. Tha e a' tighinn am follais gu bheil deagh chothrom ann barrachd litreachas Gàidhlig a lorg ann an cruinneachaidhean prìobhaideach. Ged nach deach sgrìobhaidhean ùra, Gàidhlig a lorg, tha na leabhraichean Gàidhlig a' sealltainn cudromachd a' chànain ann am beatha nan eilthireach, gu h-àraidh ma chuimhnichear air cho gann 's a bha seilbhean nan eilthireach nuair a thàinig iad gu Sealann Nuadh. Gun teagamh, feumar taing mhòr a thoirt don luchd-rannsachaidh a chuir irisean Sealainn Nuaidh ann an cruth didseatach mar phàirt de phròiseact mhòr didseatachaidh Leabharlainn Nàiseanta Sealainn Nuaidh, *Papers Past*. Às aonais làrach-lìn *Papers Past*, cha bhiodh an tùs as motha de litreachas Gàidhlig à Sealann Nuadh air a bhith so-ruigsinneach airson feum an rannsachaidh seo. Mar a tha caibidealan an tràchdais seo a' dearbhadh, 's e sgàthan airson oidhirpean agus miannan luchd-iomairt Nuadh Sealannach na Gàidhlig a th' anns na colbhan Gàidhlig a chaidh a chlà-bhualadh, gu h-àraidh ann an Otago. Leis gu bheil a' phròiseact fhathast a' dol, tha dòchas

---

377 Chaochail Dr Bob Entwistle 16 Gearran 2016 agus Evelyn Entwistle 4 Màrt 2016. Bha Bob na cheannard do Chomann Gàidhlig Sealainn Nuaidh 1976-78 (Faic Entwistle, *The History of the Gaelic Society*.)

ann gun tèid barrachd irisean le colbhan Gàidhlig a lùghdachadh a-nìos air an làrach-lìn.

Tha feum ann rannsachadh air *diaspora* nan Gàidheal agus litreachas nan eilthireach Gàidhealach a leudachadh le bhith a' toirt sùil air leasachaidhean nan colonaidhean taobh ri taobh. Bidh e comasach leasachaidhean a tha fìor-shamhlachail do gach colonaidh aithneachadh le bhith a' dèanamh rannsachadh mionaideach agus coimeasach eadar corpasan litreachais gach colonaidh.

## Earr-ràdh

Tha an t-earr-ràdh seo a' toirt cothrom don leughadair beachd fhaighinn air an fharsaingeachd agus a' chruth a ghabh litreachas na Gàidhlig a nochd ann an irisean Sealainn Nuaidh. Gu h-ìosal, tha liosta le 44 irisean agus litrichean-giorrachaidh airson an ainmean. Eadar 1850 agus 1914, chlà-bhuail na h-irisean sin litreachas Gàidhlig ann an diofar chruthan agus fhaidean. Fo liosta giorrachaidhean ainmean nan irisean, tha liosta a sheallas dè an iris anns an do nochd Gàidhlig, cuin a chaidh a' Ghàidhlig a chlà-bhualadh, agus dè seòrsa stoidhle a ghabhas an litreachas Gàidhlig sin.<sup>378</sup>

Giorrachadh ainmean irisean:

Akaroa Mail and Banks Peninsula Advertiser: AMBPA

Ashburton Guardian: AG

Auckland Star: AS

Bruce Herald: BH

Bush Advocate: BA

Clutha Leader: CL

Cromwell Argus: CA

Daily Southern Cross: DSC

Daily Telegraph: DT

Dominion: D

Dunstan Times: DNT

Ellesmere Guardian: EG

Evening Star: ES

Free Lance: FL

Grey River Argus: GRA

Hastings Standard: HS

Hutt Valley Independent: HVI

Kumara Times KM

Lake Country Press: LCP

Lake Wakatip Mail: LWM

Lyttelton Times: LT

Mataura Ensign: ME

Nelson Evening Mail: NEM

New Zealand Herald: NZH

New Zealand Scot: NZS

New Zealand Times: NZT

---

<sup>378</sup> Tha an samhla “ a ’ comharrachadh gur e ath-aithris bhon loidhne roimhe a th’ ann. Mar eisimpleir, ma tha “ a ’ nochdadh ann an àite far am bu chòir stoidhle an sgrìobhadh a bhith sgrìobhte, tha sin a’ sealltainn gun gabh am pìos Gàidhlig an t-aon stoidhle litreachais a ghabh am pìos Gàidhlig san loidhne os cionn na loidhne.

North Otago Times: NOT  
Otago Daily Times: ODT  
Otago Witness: OW  
Poverty Bay Herald: PBH  
Press: P  
South Canterbury Times: SCT  
Southern Cross: SC  
Southland Times: ST  
Sun: S  
Taranaki Herald: TH  
Temuka Leader: TL  
Timaru Herald: TMH  
Tuapeka Times: TT  
Wanganui Chronicle: WC  
Wanganui Herald: WH  
Wellington Independent: WI  
Western Star: WS  
Westport Times: WT

**Iris/Deit/Cuspair**

AMBPA/15.02.1881/Òran  
AG/11.12.-12.12.1882/searmon Gàidhlig  
AG/14.12.1882/”  
AG/16.12.1882/”  
AG/18.12.1882/”  
AG/19.12.-23.12.1882/”  
AG/19.11.1891/briathrachas  
AS/26.06.1900/searmon Gàidhlig  
BH/06.07.1877/sgeulachd  
BH/06.08.1878/abairt  
BH/30.06.1893/Dàn  
BA/20.01.1909/bàrdachd  
CL/05.12.1884/searmon Gàidhlig  
CL/14.10.1887/”  
CL/13.01.1888/seanchas  
CL/201.01.1888/”  
CL/17.02.1888/briathrachas  
CL/02.03.1888/”  
CL/20.10.1905/beannachd  
CA/10.03.1903/gairm-chatha  
DSC/13.08.1850/seanchas  
DSC/06.09.1850/”  
DSC/10.09.1850/briathrachas  
DT/18.04.1895/sluagh-ghairm

DT/07.05.1895/Comann Gàidhealach Hawke's Bay  
DT/21.05.1895/Dannsa  
DT/07.09.1895/Sluagh-ghairm  
D/11.11.1907/Seirbhis  
D/18.11.1912/”  
DNT/22.04.1881/bàrdachd  
EG/01.07.1893/Dàn  
ES/22.01.1873/briathrachas  
ES/07.01.1889/Fonn  
ES/04.03.1897/Ainm òran  
ES/15.07.1899/sgeulachd  
ES/29.05.1901/Ainm leabhair  
ES/26.10.1901/beannachd  
ES/06.09.1902/Ainm òran  
ES/21.09.1903/“  
ES/05.11.1903/“  
ES/02.12.1903/“  
ES/26.08.1905/“  
ES/09.12.1905/Beannachd  
ES/08.06.1906/sluagh-ghairm&ainm òran  
ES/26.11.1908/seanchas  
ES/08.02.1912/Ainm òran  
ES/02.05.1912/“  
ES/08.08.1912/“  
ES/07.11.1912/beannachd  
FL/09.05.1914/òraid  
FL/16.05.1914/“  
GRA/14.01.1874/searmonan  
HS/19.01.1909/bàrdachd  
HS/10.12.1909/sanas  
HS/11.12.1909/“  
HS/13.12.-18.12.1909/“  
HS/20.12.-24.12.1909/“  
HS/28.12.-29.12.1909/“  
HS/31.12.1909/“  
HS/03.01.-08.01.1910/“  
HS/10.01.-15.01.1910/“  
HS/17.01.-19.01.1910/“  
HS/20.12.-23.12.1910/“  
HS/28.12.-31.12.1910/“  
HS/03.01.1911/“  
HS/05.01.-07.01.1911/“  
HS/09.01.-12.01.1911/“  
HS/14.01.1911/“

HS/16.01.-20.01.1911/“  
HS/26.01.1911/“  
HS/30.01.-01.02.1911/“  
HS/04.02.1911/“  
HS/08.02.1911/“  
HS/11.02.1911/“  
HS/16.02.1911/“  
HS/28.02.1911/“  
HS/06.03.1911/“  
HS/09.03.1911/“  
HS/10.03.1911/“  
HVI/01.11.1913/abairt  
KM/04.01.1882/searmon  
LCP/12.03.1903/gairm-chatha  
LWM/01.01.1886/briathrachas  
LWM/04.08.1893/bàrdachd  
LT/23.02.1889/seanchas  
ME/09.05.1884/briathrachas  
ME/17.06.1884/creideamh  
ME/21.10.1887/searmon  
ME/19.10.1888/Sgeulachd  
ME/21.12.1899/Sanas  
ME/23.12.1899/“  
ME/28.12.1899/“  
ME/30.12.1899/“  
ME/04.01.1900/“  
ME/06.01.1900/“  
ME/09.01.1900/“  
ME/11.01.1900/“  
ME/13.01.1900/“  
ME/16.01.1900/“  
ME/02.09.1908/Sgeulachd  
NEM/01.09.1883/Ainm  
NZH/28.11.1863/Litir  
NZH/09.09.1876/Sluagh-ghairm&abairt  
NZH/22.11.1876/Sluagh-ghairm  
NZH/25.08.1888/searmon  
NZH/25.07.1891/seirbhis  
NZH/24.02.1894/searmon  
NZH/30.10.1909/ainm-àite  
NZS/20.05.1914/òraid  
NZT/15.01.1901/briathrachas  
NOT/16.01.1872/Ainm òran  
NOT/12.09.1896/abairt&ainm òran

ODT/23.06.1870/briathrachas  
ODT/19.04.1872/ainm òran  
ODT/22.05.1872/diadhaidheachd  
ODT/19.04.1873/seanfhalacal  
ODT/21.01.1874/searmon  
ODT/08.03.1884/seanfhalacal  
ODT/24.02.1888/”  
ODT/10.03.1888/ainm-àite&ainm òran  
ODT/15.07.1890/ainm-àite  
ODT/19.07.1890/”  
ODT/08.12.1892/beannachd&ainm òran  
ODT/15.03.1895/ainm òran  
ODT/05.03.1897/“  
ODT/23.03.1898/sanas  
ODT/17.06.1898/òran  
ODT/12.04.1899/beannachd  
ODT/01.04.1899/beannachd&ainm òran  
ODT/10.06.1899/ainm òran  
ODT/07.11.1902/“  
ODT/30.08.1905/“  
ODT/05.02.1906/ainm leabhraìn  
ODT/05.08.1909/ainm òran  
ODT/04.02.1910/“  
ODT/08.10.1913/“  
ODT/28.02.1914/ainm comainn&òran  
ODT/08.04.1914/ainm òran  
ODT/15.04.1914/“  
ODT/09.05.1914/bàrdachd  
ODT/02.12.1914/ainm òran  
OW/02.07.1870/briathrachas  
OW/08.03.1873/bàrdachd  
OW/03.05.1873/seanfhalacal&ainm òran  
OW/10.01.1874/searmon  
OW/08.01.1876/bàrdachd  
OW/06.05.1876/”  
OW/16.12.1876/òran  
OW/02.06.1883/ainm òran  
OW/02.03.1888/seanfhalacal  
OW/16.03.1888/ainm òran  
OW/31.10.1889/ainm àite  
OW/11.03.1897/”  
OW/23.06.1898/òran  
OW/06.04.1899/beannachd  
OW/13.04.1899/ainm òran



OW/15.06.1899/”  
OW/08.02.1900/beannachd  
OW/21.06.1900/abairt&ainm òran  
OW/23.01.1901/ainm-pinn&briathrachas  
OW/20.02.1901/ainm-pinn  
OW/10.04.1901/“  
OW/26.06.1901/ainm-pinn  
OW/11.07.1901/seanfhalac&òran  
OW/13.08.1902/ainm òran&sgeulachd  
OW/07.01.1903/ainm òran  
OW/11.11.1903/“  
OW/05.10.1904/“  
OW/31.05.1905/ainm òran  
OW/24.01.1906/ainm-pinn  
OW/31.01.1906/ainm leabhraìn  
OW/18.08.1909/ainm òran  
OW/19.08.1908/briathrachas  
OW/02.12.1908/seanchas  
OW/16.02.1910/ainm-òran  
OW/17.01.1912/seanchas  
OW/14.08.1912/“  
OW/04.03.1914/“  
OW/09.12.1914/“  
PBH/14.09.1896/abairt&ainm òran  
P/12.12.1882/searmon  
P/15.12.1882/”  
P/19.12.1882/”  
P/21.12.1882/”  
P/10.09.1896/abairt&ainm òran  
P/25.07.1899/seanchas  
P/07.11.1911/“  
SCT/22.12.1882/searmon  
SCT/09.01.1888/cuimhneachan  
SC/16.09.1893/colbh Gàidhlig  
SC/14.10.1893/“  
SC/21.10.1893/“  
SC/28.10.1893/“  
SC/04.11.1893/“  
SC/11.11.1893/“  
SC/18.11.1893/“  
SC/25.11.1893/“  
SC/02.12.1893/“  
SC/16.12.1893/“  
SC/13.01.1894/“

SC/20.01.1894/“  
SC/10.03.1894/“  
SC/17.03.1894/”  
SC/31.03.1894/“  
SC/14.04.1894/“  
SC/28.04.1894/“  
SC/12.05.1894/“  
SC/02.06.1894/“  
SC/16.06.1894/“  
SC/”/Ainm òran  
SC/15.09.1894/colbh Gàidhlig  
SC/15.12.1894/“  
SC/29.12.1894/“  
SC/12.01.1895/òran  
SC/02.02.1895/colbh Gàidhlig  
SC/09.03.1895/“  
SC/13.04.1895/òran  
SC/04.05.1895/colbh Gàidhlig  
SC/08.06.1895/duanag  
SC/27.07.1895/colbh Gàidhlig  
SC/19.10.1895/“  
SC/26.10.1895/“  
SC/09.11.1895/òraid  
SC/28.12.1895/colbh Gàidhlig  
SC/25.04.1896/“  
SC/15.08.1896/“  
SC/10.10.1896/“  
SC/05.12.1896/“  
SC/02.01.1897/“  
SC/26.06.1897/“  
SC/07.05.1898/“  
SC/29.04.1899/moladh  
SC/21.04.1900/tàlaidh  
SC/16.02.1901/searmon  
SC/01.06.1901/seantans  
SC/02.11.1901/sluagh-ghairm&òraid  
SC/10.09.1904/sanas  
SC/24.09.1904/”  
ST/16.01.1874/”  
ST/19.01.1874/“  
ST/26.01.1874/“  
ST/28.01.1874/“  
ST/02.02.1874/“  
ST/04.02.1874/“

ST/06.02.1874 “  
ST/09.02.1874/“  
ST/11.02.1874/“  
ST/09.10.1880/searmon  
ST/18.12.1882/“  
ST/16.01.1884/sluagh-ghairm  
ST/12.01.1885/bàrdachd  
ST/31.03.1894/briathrachas  
S/30.06.1914/gairm-chatha  
TH/05.10.1885/òran  
TL/04.01.1887/ainm-pinn  
TL/12.06.1900/searmon  
TL/06.09.1900/“  
TL/08.09.1900/”  
TL/28.10.1911/sanas  
TMH/24.12.1880/seanchas  
TMH/10.01.1888/cuimhneachan  
TMH/15.06.1900/searmon  
TMH/07.09.1900/“  
TMH/14.11.1903/briathrachas  
TMH/10.08.1910/seantans  
TMH/16.08.1910/sluagh-ghairm  
TT/11.07.1877/briathrachas  
TT/11.12.1877/”  
TT/09.06.1883/briathrachas  
TT/25.03.1905/ainm-pinn  
TT/08.04.1905/”  
TT/06.05.1905/”  
TT/21.06.1905/”  
TT/07.03.1905/”  
TT/29.07.1905/”  
TT/17.01.1906/”  
TT/17.02.1906/”  
TT/23.05.1906/”  
WC/20.01.1909/”  
WC/21.01.1909/bàrdachd  
WH/27.05.1884/sanas  
WH/28.05.1884/“  
WH/29.05.1884/“  
WH/02.06.1884/“  
WI/19.10.1850/briathrachas  
WI/14.01.1874/searmon  
WS/09.02.1878/litir  
WS/19.12.1885/briathrachas

WT/19.02.1886/beannachd

## Clàr-leughaidh

### **Prìomh-thùsan**

#### Irisean

*An Teachdaire Gaidhealach*, Hobart.

*Ashburton Guardian*, Canterbury.

*Auckland Star*.

*Clutha Leadar*.

*Daily Telegraph*, Hawke's Bay.

*Dominion*, Wellington.

*Grey River Argus*, West Coast.

*Hawke's Bay Herald*.

*Manawatu Standard*, Manawatu-Wanganui

*New Zealand Herald*, Auckland.

*New Zealand Public Opinion, Sportsman and Saturday Advertiser*,  
Dunedin.

*Oamaru Mail*.

*Otago Daily Times*, Dunedin.

*Otago Witness*, Dunedin.

*Press*, Canterbury.

*Southern Cross*, Invercargill.

*Southland Times*, Invercargill.

*Star*, Canterbury.

*Tuapeka Times*.

*Wanganui Herald*.

*Wellington Independent*.

#### Leabhraichean

Barclay, Peter, *Gearr-Chunntasan Air New Zealand. Air Son Feuma Luchd-imrich*. (Edinburgh, 1872).

Cameron Robertson, Angus, *Echoes from Beyond the Wave*. (Dunedin, 1912).

Cameron Robertson, Angus *Salt Sea Tang* (Dunedin, 1927).

Mackenzie, John, *Sar-obair Nam Bard Gaelach; The Beauties of Gaelic Poetry* (Glasgow, 1841).

Maclean Sinclair, A., *The Gaelic Bards – From 1825 To 1875* (Sydney, 1904).

Maclean Sinclair, A., *Clarsach Na Coille – A Collection Of Gaelic Poetry* (Glasgow, 1928).

Mac Dhunleibhe, Uilleam, *Duain Agus Orain le Uilleam MacDhunleibhe, Am Bard Ileach* (Glasgow, 1882), ga chur a-mach air iarrtas agus fo iùil a' Chomainn Ilich.)

#### Measgaichte

Alexander Turnbull Library, MacLean, Hector, fl 1888 : Letters.

Alexander Turnbull Library, Wellington, Postcard to Robert MacNab, 23 of ? 1906, McNab, Robert, 1864-1917 : Papers.

Hocken Library (Dunedin), Ngaire Webb, 'A Portrait Of My Grandmother – lady Annie McKenzie', ann an 'McKenzie, Sir John', MS-1926/1122.

*The Eighth Annual Report Of The Society For The Support Of Gaelic Schools* (Edinburgh, 1819).

#### Pàipearan Pàrlamaid

*Appendix To The Journals Of The House Of Representatives.*

#### **Dàrna tùsan**

##### Leabhraichean

Arnold, Rolla, *The Farthest Promised Land*, (Wellington, 1981).

Braun, Virginia & Clarke, Victoria, 'Using thematic analysis in psychology'. *Qualitative Re-search in Psychology*, 3 (2) (2006), 77-101.

Brooking, Tom, *Lands For The People? The Highland Clearances and the Colonisation of New Zealand – A Biography of John McKenzie* (Dunedin, 1996).

Brooking, Tom, 'Introduction', ann an Tom Brooking and Jennie Coleman (deas.), *The Heather and the Fern – Scottish Migration & New Zealand Settlement* (Dunedin, 2003), 11-15.

Brooking, Tom "Sharing out the Haggis", ann an Tom Brooking and Jennie Coleman, *The Heather and the Fern; Scottish Migration & New Zealand Settlement* (Dunedin, 2003), 49-65.

Buelmann, Tanja, *Scottish Ethnicity And The Making Of New Zealand Society, 1850-1930* (Edinburgh, 2011).

- Buelmann, Tanja, Hinson Andrew & Morton, Graeme, *The Scottish Diaspora* (Edinburgh, 2013).
- Cardell Kerry & Cumming, Cliff, 'Gaelic Voices from Australia', *Scottish Gaelic Studies* Vol. 19 (1999), 21-58.
- Cardell, Kerry & Cumming, Cliff, 'Gaelic Voices from Australia Part II', *Scottish Gaelic Studies* Vol. 21 (2003).
- Cardell, Kerry & Cumming, Cliff, 'Gaelic Voices from Australia Part III', *Scottish Gaelic Studies* Vol. 25 (2009), 181-234.
- Cardell, Kerry & Cumming, Cliff, 'Gaelic Voices from Australia Part IV', *Scottish Gaelic Studies* Vol. 27 (2010), 45-108.
- Cardell, Kerry & Cumming, Cliff, 'Gaelic Voices from Australia Part V', *Scottish Gaelic Studies* Vol. 30 (2016), 5-53.
- Cohen, Robin, 'Fuzzy frontiers of identity: The British case, Social Identities', *Social Identities; Journal for the Study of Race, Nation and Culture* 1:1 (1995), 35-62.
- Crew, David F., 'Alltagsgeschichte: A New Social History "From below"?', *Central European History*, Vol. 22, No. 3/4, German Histories: Challenges in Theory, Practice, Technique (Sep. - Dec., 1989), 394-407.
- Cardell, Kerry & Cumming, Cliff, 'Scottish National Identity in an Australian Colony', *The Scottish Historical Review*, Volume LXXII, 1: No. 193: April 1993, 22-38.
- Dunbar, Robert, 'The poetry of the emigrant generation', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness* Vol. 64 (2008), 22-125.
- Entwistle, Evelyn, *The History of the Gaelic Society of New Zealand – 1881 – 1981* (Dunedin, 1981).
- Fairburn, Miles, *The Ideal Society and its Enemies* (Auckland, 1989).
- Graham, Jeanine, 'Settler Society', Geoffrey W. Rice (Ed.), *The Oxford History Of New Zealand – Second Edition* (Oxford, 1998), 112-140.
- Harper, Marjory, *Adventurers & Exiles; The Great Scottish Exodus* (London, 2004).

- Harper, Marjory, 'The evolution of emigrant travel to New Zealand in the nineteenth and twentieth centuries', *Journal for Maritime Research*, 18:1 (2016), 17-35.
- Hearn, Terry, 'Scots Miners In The Goldfields, 1861 – 1870', *The Heather and the Fern; Scottish Migration & New Zealand Settlement* (Dunedin, 2003), 67-85.
- Hewitson, Jim, *Far Off In Sunlit Places; Stories of the Scots in Australia and New Zealand* (Edinburgh 1998).
- Kidd, Sheila M., 'Kangaroos and cockatoos: Gaelic literature in the nineteenth-century Antipodes', *Scottish Literary Review*, 9(2) (2017): 1-18.
- Lenihan, Rebecca, *From Alba To Aotearoa – Profiling New Zealand's Scots migrants 1840-1920* (Dunedin 2015).
- MacKenzie, John M., 'A Scottish Empire? The Scottish diaspora and interactive identities', ann an Tom Brooking and Jennie Coleman, *The Heather and the Fern – Scottish Migration & New Zealand Settlement* (Dunedin, 2003), 17-32.
- McCarthy, Angela, 'For Spirit and Adventure': Personal accounts of Scottish migration to New Zealand, 1921 – 1961', *The Heather and the Fern; Scottish Migration & New Zealand Settlement* (Dunedin, 2003) 117-132.
- McCarthy, Angela, *Irishness and Scottishness in New Zealand since 1840* (Manchester, 2011).
- Meek, Donald E., *Tuath Is Tighearna, Tenants And Landlords; An Anthology of Gaelic Poetry of Social and Political Protest from the Clearances to the Land Agitation (1800-1890)* (Edinburgh, 1995).
- Newton, Michael, *We're Indians Sure Enough – The Legacy of the Scottish Highlanders in the United States* (Auburn 2001).
- Newton, Michael, *Seanchaidh na Coille; The Memory-Keeper of the Forest; Anthology of Scottish-Gaelic Literature of Canada* (Sydney, 2015).
- Palenski, Ron, 'The Making of New Zealanders; The evolution of national identity in the nineteenth century', *The English Historical Review*, 129:537, 1 April 2014, 1-354.



Parssinen, T.M, 'Popular Science and Society: The Phrenology Movement in Early Victorian Britain', *Journal of Social History*, Vol. 8, No. 1 (Autumn, 1974), 1-20.

Olssen, Erik, 'Towards a New Society', ann an Rice, *The Oxford History Of New Zealand*, 254-284.

Patton, M. Q., *Qualitative evaluation and research methods* (2nd ed.) (Sage 1990), às-earrann à Braun agus Clarke, 'Using thematic analysis in psychology'.

Patterson Brad, Brooking Tom, McAloon Jim, *Unpacking the Kists – The Scots in New Zealand* (Dunedin, 2013).

Reeves, William P., *The Long White Cloud* (London, 1898).

Richards, Eric, 'The Last of the Clan and Other Highland Emigrants', *The Heather and the Fern*, 33-47.

Simpson, Tony, *The Immigrants – The Great Migration From Britain To New Zealand, 1830 – 1890* (Auckland 1997).

Sutch, William B., *The Quest For Security in New Zealand 1840-1966* (Oxford, 1966).

Sutch, William B., *Poverty and Progress* (Wellington, 1969).

Youngson, A.J., *After the Forty-Five - The Economic Impact on the Scottish Highlands* (Edinburgh, 1973).

#### Làraich-lìn

Broughton, W. S., 'Bracken, Thomas', Dictionary of New Zealand Biography, first published in 1993, updated May, 2014. Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand, <https://teara.govt.nz/en/biographies/2b35/bracken-thomas> (ga chleachdadh 23 Sultain 2018).

Easton, Brian, 'Economic history - Boom and bust, 1870–1895', Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand, <http://www.TeAra.govt.nz/en/economic-history/page-5> (ga chleachdadh 3 Sultain 2018).

Easton, Brian, 'Sutch, William Ball', Dictionary of New Zealand Biography, first published in 2000. Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand, <https://teara.govt.nz/en/biographies/5s54/sutch-william-ball> (ga chleachdadh 23 Sultain 2018).

'Edward Gibbon Wakefield', URL: <https://nzhistory.govt.nz/people/edward-wakefield>, (Ministry for Culture and Heritage), updated 8-Nov-2017, ga chleachdadh 23 Sultain 2018).

'Overview of NZ in the 19th century: 1870-1900', URL: <https://nzhistory.govt.nz/classroom/ncea3/19th-century-history-1870-1900>, (Ministry for Culture and Heritage) (ga chleachdadh 3 Sultain 2018).

Phillips, Jock, 'History of immigration - The great migration: 1871 to 1885', Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand, <http://www.TeAra.govt.nz/en/history-of-immigration/page-8> (accessed 3 September 2018).

Sinclair, Keith, 'Reeves, William Pember', Dictionary of New Zealand Biography, first published in 1993. Te Ara - the Encyclopedia of New Zealand, <https://teara.govt.nz/en/biographies/2r11/reeves-william-pember> (ga chleachdadh 22 Sultain 2018).

*The Encyclopedia of New Zealand*, <https://teara.govt.nz/en>.

#### Tràchdas rannsachadh PhD

Logan, Norma Davies, 'Drink and Society: Scotland 1870-1914', tràchdas PhD, Oilthigh Ghlaschu, Glaschu, 1983.